Bòrd na Gàidhlig

A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Coinneamh air Dimàirt 18/05/2021 09.30 – 12.30
Tro Teams

Policy & Resources Committee
Meeting on Tuesday 18/05/2021 09.30 – 12.30
Via Teams

CLÀR-GNOTHAICH / **AGENDA**

SEISEAN DÙINTE		**CLOSED SESSION**	9.30 – 9.50
SEISEAN FOSGAILTE		**OPEN SESSION**	9.50 – 12.30
	Fàilte & Leisgeulan	**Welcome & Apologies**	
	A' nochdadh Chom-pàirtean	**Declarations of Interest**	
2.0	**RIAGHLADH**	**GOVERNANCE**	
2.3	**Ri Aontachadh** Bun-riaghailtean agus ballrachd na Comataidh PT1 Bun-riaghailtean na Comataidh PT2 Bun-riaghailtean Pannal nam Planaichean *Shona NicIllinnein, Ceannard*	**For Approval** Terms of Reference and Membership of the Committee PT1 Committee Terms of Reference PT2 Plans' Panel Terms of Reference *Shona MacLennan, Ceannard*	
2.4	**Ri Aontachadh** **Aithisg Bhliadhnail na Comataidh** PT1 Aithisg bhliadhnail *Dòmhnaill MacLeòid, Cathraiche na Comataidh*	**For Approval** **Committee Annual Report** PT1 Annual report *Donald MacLeod, Committee Chair*	
2.5	**Ri Aontachadh** **Èifeachdas na Comataidh** *Shona NicIllinnein, Ceannard*	**For Approval** **Committee Effectiveness** *Shona MacLennan, Ceannard*	
2.6	**Ri Aontachadh** Poileasaidhean Daonna PT1 Poileasaidh Ionnsachaidh is Leasachaidh *Louise Nicilleathain, Manaidsear Gnìomhan*	**For Decision** Poileasaidhean Daonna PT1 Learning and Development Policy *Louise Maclean, Operations Manager*	
2.7	**Ri Aontachadh** Aithisg Trèanaidh is Leasachaidh PT1 Aithisg trèanaidh is leasachaidh 20/21 *Louise Nicilleathain, Manaidsear Gnìomhan*	**For Approval** Training and Development Report PT1 Training and Development Report 20/21 *Louise MacLean, Operations Manager*	
3.0	**IONMHAS**	**FINANCE**	
3.1	**Airson Fiosrachadh** * Aithisg Ionmhais gu 31/03/2021* *Mairianne Stiùbhart, Ceann an Ionmhais & Chùisean Corporra*	**For Information*** Finance Statement to 31/03/2021 *Mairianne Stewart, Head of Finance & Corporate Affairs*	
3.2	**Ri Aontachadh** Prìomhachasan & Bun-riaghailtean Sgeamaichean Taic-airgid Foghlaim 2021/22 *Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan*	**For Decision** Priorities & Rules of 2021/22 Education Funding Schemes *Steven Kellow, Funding and Projects Officer*	
	Stad	**Break**	
4.0	**PLANA GNÌOMH 20-21**	**OPERATIONAL PLAN 20-21**	
4.1	**AIRSON FIOSRACHADH** * Plana Gnìomh 2020/21 - Sgrùdadh PT1 – Coileanadh a' phlana gnìomh 20/21 *Shona NicIllinnein, Ceannard*	**FOR INFORMATION** * Operational Plan 2020/21 – Monitoring PT1 – Operational plan delivery 20/21 *Shona MacLennan, Ceannard*	

5.0	**CLEACHDADH**	**USAGE**
5.1	**Ri Aontachadh** Amasan Àrd Ìre PT1 - PGR066 EO4 VisitAlba PT2 - PGR013 EO3 Comhairle Dhùn Phrìs is Gall-Ghàidhealaibh PT3 - PGR016 EO2 Comhairle Inbhir Chluaidh PT4 - PGR026 EO2 Comhairle Shruighlea *Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd*	**For Decision** High Level Aims PT1 - PGR066 EO4 VisitScotland PT2 - PGR013 EO3 Dumfries and Galloway Council PT3 - PGR016 EO2 Inverclyde Council PT4 - PGR026 EO2 Stirling Council *David Boag, Director of Language Planning & Community Developments*
6.0	**IONNSACHADH**	**LEARNING**
6.1	**Airson Fiosrachadh*** Ùrachadh air an ro-innleachd *Seumas Whannel, Stiùiriche Foghlaim*	**For Information*** Update: Strategy for Senior Phase Development within GME Secondary Education *Jim Whannel, Director of Gaelic Education*
6.2	**Airson Fiosrachadh*** Trusadh is Glèidheadh Luchd-teagaisg *Seumas Whannel, Stiùiriche Foghlaim* *Eòghan Stiùbhairt, Oifigear Leasachaidh*	**For Information*** Recruiting and retaining Teachers *Jim Whannel, Director of Gaelic Education* *Eoghan Stewart, Oifigear Leasachaidh*
6.3	**Airson Fiosrachadh*** Buaidh bho thaic BnG air obair òigridh PT1 – Clàr phròiseactan 20/21 *Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan*	**For Information*** Effect of BNG funding on youth work PT1 – Projects information 20/21 *Steven Kellow, Funding and Projects Officer*
7.0	**PLANA OBRACH NA COMATAIDH**	**COMMITTEE WORK PLAN**
7.1	**Airson Fiosrachadh** Dreachd Plana Obrach na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan PT1 – Dreachd Phlana obrach *Shona NicIllinnein, Ceannard*	**For Information** Policy & Resources Committee Draft Work Plan PT1 – Draft work plan *Shona MacLennan, Ceannard*
8.0	**GNOTHACH IOMCHAIDH SAM BITH EILE**	**ANY OTHER BUSINESS**
	Ceann-latha na h-ath choinneimh: 01/09/2021	Date for the next meeting: 01/09/2021
9.0	**TAISBEANADH**	**PRESENTATION**
	Comunn na Gàidhlig *Dòmhnall MacNèill, Ceannard* *Marina Mhoireach, Stiùiriche Leasachaidh* *Lèirmheas den choinneimh às dèidh làimh*	**Comunn na Gàidhlig** *Donald MacNeil, Chief Executive* *Marina Murray, Development Director* *Post-meeting Review of meeting*

Pàipearan Fiosrachaidh

- Tha pàipearan '*Airson Fiosrachadh*' airson a bhi a toirt-fa-near dhiubh agus chan eil ùine deasbad no còmhradh air an cur mun coinneamh sa chlàr gnothaich.
- Far am bheil cothrom ann deasbad is còmhradh a chumail air pàipearan '*Airson Fiosrachadh*', bidh na pàipearan sin air an comharrachadh le rionnag * air a chlàr gnothaich.
- Bidh cothrom aig Buill deasbad iarraidh air pàipearan '*Airson Fiosrachadh*' air nach eil rionnag * le bhi a' leigeil fios don Cathraiche na Comataidh co-dhiù latha ron choinneimh.
- Far am bheil ceistean aig Buill co-cheangailte ri leithid clàr-ghnìomhan, poileasaidhean, planaichean neo cùisean ionmhais a th' anns na pàipearan, thathar gam brosnachadh gus na ceistean sin a chur air post-d gu oifis@gaidhlig.scot co-dhiù dà latha obrach ron choinneamh. Cuiridh an sgioba rianachd a cheist sin air adhart chun oifigear iomchaidh airson am freagairt, agus airson a bhi cothromach thèid am freagairt a' sgaoileadh air na Buill gu lèir airson gum bidh an aon thuigse an uairsin aig a h-uile neach.

Seisean Fosgailte : Open Session
Pàipear 2.3

A' freagairt ri	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-latha na Coinneimh	18-05-2021
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	2.3

Tiotal a' Phàipeir	Bun-riaghailtean agus Ballrachd na Comataidh	
Moladh do Bhuill	Ri Aontachadh	
Neach labhairt:	Shona C NicIllinnein, Ceannard	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	07/07/2021	Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	Tha PT 1 – Bun-riaghailtean na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan PT 2 – Bun-riaghailtean Pannal nam Planaichean Gàidhlig	

1.0	**Adhbhar**
1.1	'S e as adhbhar don aithisg seo, cothrom a thoirt do Bhuill na Comataidh beachdachadh air Bun-riaghailtean airson na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan, ballrachd na Comataidh agus Bun-riaghailtean Pannal nam Planaichean Gàidhlig; agus molaidhean a thoirt seachad ma tha atharraichean sam bith a dhìth gus cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi siostaman-riaghlaidh èifeachdach ann fhathast.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	'S e am prìomh atharrachadh gun tèid Dòmhnall M MacAoidh ainmeachadh mar bhall den Chomataidh, is gum bi Mairi NicAonghais ga fàgail.
3.2	Cuideachd, thathar a' moladh gun tèid ball eile nach eil air a' bhòrd-stiùiridh a thrusadh airson leudachadh àireamh nam ball air a' Chomataidh. Tha seo ceadaichte fo Bhun-riaghailtean na Comataidh. Gus seo a thoirt air adhart, thèid an cothrom seo a shanasachd gu poblach, agus thèid an aon seòrsa dòigh-obrach a chur gu feum 's a tha ann airson a bhith a' trusadh buill a' bhùird-stiùiridh.
3.3	Mar phàirt den phròiseas leasachaidh leantainneach, thathar a' moladh gum biodh Bun-riaghailtean ann airson Pannal nam Planaichean Gàidhlig.
4.0	**Moladh**
4.1	Thathar ag iarraidh air Buill na Comataidh: • beachdachadh air na Bun-riaghailtean airson na comataidh (PT 1) agus molaidhean a thoirt seachad, ma tha atharraichean a dhìth; • beachdachadh air na Bun-riaghailtean airson Pannal nam Planaichean Gàidhlig (PT 2) agus molaidhean a thoirt seachad, ma tha atharraichean a dhìth; • an aonta a chur ris an dà Bhun-riaghailtean agus ballrachd na Comataidh agus am moladh don Bhòrd-stiùiridh airson an aonta; agus • an aonta a chur ris a' mholadh ball eile a thrusadh.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**

	Ma thèid ball bhon taobh a-muigh a thrusadh, bidh buaidh air ionmhais oir gheibh an neach soirbheachail cosgaisean airson na h-obrach a dhèanamh. Tha buidseat ann airson seo a dhèanamh.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Bidh obair a dhith bho oifigearan a thaobh trusadh bhall eile.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Bidh buaidh air ball ùr sam bith a thaobh trèanadh.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
	Tha na bun-riaghailtean a' cur ris an amas chorporra gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann	☐
Cultar	☐	Coimhearsnachdan	☐
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☐	Eaconamaidh	☐
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach		☒	

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	Tha deagh riaghlaidh a' cur ri deagh chliù airson na buidhne.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air Slàinte is Sàbhailteachd.
5.8	**Buaidhean Laghail**
	Tha Bun-riaghailtean cudromach a thaobh a bhith a' cumail taic ris a' bhuidhinn ann an coileanadh dhleastanasan reachdail is laghail, agus a thaobh deagh riaghaladh.
5.9	**Buaidhean air Co-ionannachd** Chan eil buaidh sam bith a bharrachd aig an aithisg seo air co-ionannachd.
5.10	**Buaidhean air an Àrainneachd**
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air an àrainneachd.

NA BUN-RIAGHAILTEAN

A' CHOMATAIDH POILEASAIDH IS GHOIREASAN

TERMS OF REFERENCE

POLICY AND RESOURCES COMMITTEE

Air aontachadh le/Approved by: **Am Bòrd-stiùiridh – The Board**

Air aontachadh air/Approved on: **2020-05-26**

Ath-nuadhachadh a dhìth/Review due on: **Cèitean 2022**

A' Ghàidhlig is Beurla Co-ionnan: **OND**

A' CHOMATAIDH POILEASAIDH IS GHOIREASAN NA BUN-RIAGHAILTEAN

Tha am Bòrd Stiùiridh air Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan a stèidheachadh mar Chomataidh den Bhòrd-stiùiridh gus taic a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig ann a bhith a' coileanadh an raon-dleastanais aige fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus Achd Foghlam (Alba) 2016, agus airson rianachd iomlan a thoirt air stòrasan ionmhasail is goireasan daonna na buidhne.

Ballrachd

- Is iad buill na comataidh Buill a' Bhùird-stiùiridh: Dòmhnall MacLeòid, Johan Nic a' Ghobhainn agus Dòmhnall M MacAoidh.
- Bidh Dòmhnall MacLeòid sa chathair air a' chomataidh.
- Bidh rùnaireachd na comataidh air a sholarachadh leis a' Cheannard.

Aithriseadh

- Bidh a' chomataidh ag aithris gu foirmeil ann an sgrìobhadh chun a' Bhùird-stiùiridh an dèidh gach coinneamh. Mar is àbhaist, bi geàrr-chunntas na coinneimh na bhun-stèidh airson na h-aithris.
- Bidh a' chomataidh a' toirt Aithisg Bhliadhnail don Bhòrd-stiùiridh, ann an deagh ùine gus taic a thoirt a thaobh crìoch a chur air an aithisg bhliadhnail agus air an aithris air riaghladh, anns an toir a' chomataidh geàrr-chunntas air na co-dhùnaidhean a rinneadh bhon obair aice rè na bliadhna.

Uallaichean

Bidh a' chomataidh

- a' cumail sùil air adhartas ùghdarrasan poblach ann an cur an gnìomh an cuid phlanaichean cànain;
- a' ceadachadh Amasan aig Àrd Ìre airson Phlanaichean Cànain;
- a' cumail sùil air adhartas an aghaidh targaidean is crìochan mar a chuireadh an cèill anns na Planaichean Corporra agus Gnìomh aig Bòrd na Gàidhlig;
- a' ceadachadh ro-innleachdan air rannsachadh agus fiosrachadh;
- a' ceadachadh Plana Ionmhasail sa Mheadhan-ùine (MTFP) ceangailte ris a' phlana chorporra agus ris an Ro-innleachd Ionmhasail sa Mheadhan-ùine aig Riaghaltas na h-Alba, agus a' moladh a' Phlana ris a' Bhòrd Stiùiridh;

POLICY AND RESOURCES COMMITTEE TERMS OF REFERENCE

The Board has established a Policy and Resources Committee as a Committee of the Board to support Bòrd na Gàidhlig in fulfilling its remit under the Gaelic Language (Scotland) Act 2005, the Education (Scotland) Act 2016, and for overall management of the organisation's financial and people resources.

Membership

- The members of the committee are Board Members: Donald MacLeod, Johan Smith and Donald M MacKay.
- The committee will be chaired by Donald MacLeod
- The committee will be provided with a secretariat function by the Ceannard.

Reporting

- The committee will formally report in writing to the Board after each meeting. A copy of minutes of the meeting will usually form the basis of the report.
- The committee will provide the Board with an Annual Report, timed to support finalisation of the annual report and the governance statement, summarising its conclusions from the work it has done during the year.

Responsibilities

The committee will

- monitor progress with implementation by public authorities of their Gaelic language plans;
- approve Gaelic Language Plans High Level Aims;
- monitor progress against targets and goals as set out in Bòrd na Gàidhlig's Corporate and Operational Plans;
- approve research and information strategies;
- approve the Medium-Term Financial Plan (MTFP) linked to its corporate plan and the Scottish Government Medium-Term Financial Strategy, and recommend the Plan to the Board;

- a' ceadachadh a' bhuidseit bhliadhnail (aig a bheil ceanglaichean soilleir ris an MTFP) agus a' moladh buidseat na buidhne ris a' Bhòrd-stiùiridh;
- a' cumail sùil air teachd-a-steach agus caiteachas an aghaidh bhuidseatan ùghdarraichte;
- a' dèanamh lèirmheas air cùisean is co-dhùnaidhean cudromach a thaobh aithriseadh ionmhasail;
- a' leasachadh agus a' ceadachadh poileasaidh corporra agus ro-innleachdan, nam measg air obrachadh ann an com-pàirteachas;
- a' sgrùdadh phoileasaidhean air goireasan daonna;
- a' dèanamh cinnteach gu bheil rianachd èifeachdach ann airson chùisean ceangailte ris an luchd-obrach taobh a-staigh na buidhne;
- a' ceadachadh atharrachaidhean mòra ris na structaran airson luchd-obrach agus gu luchd-obrach a bharrachd mar a tha an Ceannard a' socrachadh;
- a' marasgladh ullachaidhean a' Chòd Ghiùlain airson Buill Bhòrd na Gàidhlig agus mar a tha stiùireadh no atharrachaidhean poileasaidh sam bith air an toirt a-steach ann an co-rèir ri ullachaidhean a' Chòd; agus
- a' beachdachadh air cùisean sam bith eile a dh'fhaodar am Bòrd-stiùiridh òrdachadh no Ministearan na h-Alba a riaghladh bho àm gu àm.

Bidh a' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan cuideachd a' dèanamh lèirmheas air a' choileanadh is èifeachdas aice fhèin gach bliadhna agus ag aithris toraidhean an lèirmheis sin don Bhòrd-stiùiridh. Beachdaichidh Cathraiche na Comataidh air lèirmheas sam bith air ballrachd le Cathraiche a' Bhùird-stiùiridh.

Còraichean

Faodaidh a' chomataidh:

- buill a bharrachd a cho-thaghadh gus sgilean, fios agus eòlas sònraichte a thoirt dhan bhuidhinn;
- comhairle shònraichte fhaighinn air stèidh ad-hoc agus sin air a phàigheadh leis a' bhuidhinn, le ùmhlachd do chead buidseit bhon Bhòrd-stiùiridh no bhon Oifigear Chunntachail.

Ùghdarras

Tha a' chomataidh ùghdarraichte le Bòrd-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig na leanas, às an leth, a cheadachadh:

- Planaichean Gàidhlig

- approve the annual budget (which has clear links to the MTFP) and recommend the organisation's budget to the Board;
- monitor the income and expenditure against authorised budgets;
- review significant financial reporting issues and judgements;
- develop and approve corporate policy and strategies including partnership working;
- scrutinise HR policies;
- ensure there is effective management of people-related matters within the organisation;
- approve major changes to staffing structures and for additional staffing as determined by the Ceannard;
- oversee the provisions of the Code of Conduct for Members and the introduction of any guidance or policy changes in accordance with the provisions of the Code; and
- consider such other issues as may be prescribed by the Board or as Scottish Ministers may direct from time to time.

The Policy and Resources Committee will also annually review its own performance and effectiveness and report the results of that review to the Board. The Chair of the Committee will consider any review of membership with the Chair of the Board.

Rights

The committee may:

- co-opt additional members to provide specialist skills, knowledge and experience to the group;
- procure specialist ad-hoc advice at the expense of the organisation, subject to budgetary approval by the Board or Ceannard.

Authority

The commitee is authorised by the Board of Bòrd na Gàidhlig to approve, on their behalf:

- Gaelic Language Plans

- poileasaidhean obrachaidh
- poileasaidhean air luchd-obrach
- sgeamaichean thabhartasan is duaisean, ann an co-rèir ris an Sgeama airson Ùghdarras air a Thiomnadh

- operational policies
- people policies
- grants schemes and awards, as per the Scheme of Delegated Authority

Coinneamhan

Is iad modhan na comataidh:

- bidh a' chomataidh a' coinneachadh co-dhiù ceithir tursan gach bliadhna. Faodaidh Cathraiche na Comataidh coinneamhan a bharrachd a ghairm, mar a tha e/i ga mheas riatanach;
- mar ìos-mheud, bidh dithis bhall den Chomataidh an làthair mus bi coinneamh air a meas cuòraichte;
- am bitheantas, bidh an Ceannard an làthair aig coinneamhan na Comataidh, agus far a bheil cùisean ann a tha a' buntainn ris na dreuchdan aca bidh Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd, Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig, agus Ceann Roinn an Ionmhais an làthair;
- faodaidh a' Chomataidh iarraidh air oifigich sam bith eile bhon bhuidhinn a bhith an làthair gus a cuideachadh le còmhraidhean air cùis shònraichte;
- faodaidh a' Chomataidh iarraidh air a h-uile duine a tha an làthair nach eil nam buill den Chomataidh, no air feadhainn dhiùbhsan, a tharraing air ais gus deasbad fosgailte is fosgarra fhurastachadh air cùisean sònraichte;
- faodaidh am Bòrd Stiùiridh no an Ceannard iarraidh air a' Chomataidh coinneamhan a bharrachd a ghairm gus cùisean sònraichte a dheasbad air a bheil iad ag iarraidh comhairle na Comataidh.

Meetings

The procedures for meetings are:

- the committee will meet at least four times a year. The Chair of the Committee may convene additional meetings, as he/she deems necessary;
- a minimum of two members of the Committee will be present for a meeting to be deemed quorate;
- Committee meetings will normally be attended by the Ceannard, and for matters relating to their roles by the Director of Language Planning and Community Developments, Director of Gaelic Education, and the Head of Finance.
- the Committee may ask any other officials of the organisation to attend to assist it with its discussions on any particular matter;
- the Committee may ask any or all of those who normally attend but who are not members to withdraw to facilitate open and frank discussion of particular matters;
- the Board or Ceannard may ask the Committee to convene further meetings to discuss particular issues on which they want the Committee's advice.

Cuspair 2.3 PT2

BUN-RIAGHAILTEAN

PANNAL NAM PLANAICHEAN GÀIDHLIG

TERMS OF REFERENCE

GAELIC PLANS PANEL

Air aontachadh le/Approved by: **Am Bòrd Stiùiridh – The Board**

Air aontachadh air/Approved on: **xx-xx-2021**

Ath-nuadhachadh a dhìth/Review due on: xx-xx-2022

Cuspair 2.3 PT2

DLEASTANASAN Mus tèid dreachd phlana Gàidhlig air adhart do Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan (CPG) a' sireadh aonta, nì Pannal nam Planaichean Gàidhlig (am Pannal) sgrùdadh mionaideach air gach dreachd phlana Gàidhlig. Bidh am pannal an urra ri :- a. Moladh a thoirt dhan CPG gun tèid aontachadh ri dreachd phlana no b. Molaidhean airson atharrachaidhean sam bith a tha a dhìth a chur chun an ùghdarrais phoblaich gus am bi dreachd phlana air a mheas deiseil airson aonta CPG.	**RESPONSIBILITIES** In advance of seeking approval for a draft Gaelic language plan from the Bòrd's Policy and Resources Committee (PRC), the Gaelic Plans Panel (Panel) will undertake detailed scrutiny of all draft Gaelic language plans. The panel will be responsible for :- a. Recommending to the PRC approval of a draft plan or b. Proposing any modifications, if any, to the public authority until a draft plan is deemed ready for approval by the PRC.
BALLRACHD Is iad buill a' Phannail, ainmichte gach bliadhna leis a' Bhòrd-stiùiridh :- • Ball a' Bhùird-stiùiridh bho Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan (CPG) • Ball a' Bhùird-stiùiridh bhon Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachadh (CSD) Bidh aon de na buill ainmichte den Bhòrd-stiùiridh anns a' chathair aig a' Phannal.	**MEMBERSHIP** Members of the Panel to be nominated annually by the Board are :- • A Board member from the Policy and Resources Committee (PRC) • A Board member from the Audit & Assurance Committee (AAC) The Panel will be chaired by one of the nominated Board members.
CÒRAICHEAN Faodaidh am Pannal: • Buill a bharrachd a cho-thaghadh gus sgilean, fios agus eòlas sònraichte a thoirt dhan Phannal. • Comhairle shònraichte fhaighinn air stèidh ad-hoc agus sin air a phàigheadh leis a' bhuidhinn, le ùmhlachd do chead buidseit bhon Bhòrd-stiùiridh no bhon Cheannard.	**RIGHTS** The Panel may: • Co-opt additional members to provide specialist skills, knowledge and experience to the Panel. • Procure specialist ad-hoc advice at the expense of the organisation, subject to budgetary approval by the Board or Ceannard.
COINNEAMHAN Is iad modhan na coinneamhan:	**MEETINGS** Procedures for meetings are:

• Coinnichidh am Pannal nuair a bhios feum air gus sgrùdadh a dhèanamh air suas ri dà dhreachd phlana Gàidhlig aig gach coinneamh.	• The Panel will meet as required to provide scrutiny for a maximum of two draft Gaelic language plans per meeting.
• Feumaidh dithis bhall a' bhùird-stiùiridh a bhith an làthair mus bi coinneamh air a meas cuòraichte – aon bho CPG agus aon bhon CSD.	• Two Board members will be present for the Panel to be quorate – one from the PRC and one from the AAC.
• Mura bheil e comasach do bhall a' bhùird-stiùiridh ainmichte a bhith an làthair no ma tha iad a' nochdadh com-pàirt ann am plana a tha fo sgrùdadh, faodaidh ball eile a' bhùird-stiùiridh bhon CPG no CSD a bhith an làthair nan àite gus am bi riochdachadh ann bho gach comataidh air a' Phannal. Bidh aonta a dhìth bho chathraiche na comataidh iomchaidh anns an t-suidheachadh seo.	• If a nominated Board member is unable to attend the Panel or have a conflict of interest with a draft plan being presented, another member from either the PRC or AAC may attend in their place to ensure representation from both committees on the Panel. In this case the replacement Board members will be decided by the appropriate committee chairs.
• A bharrachd air dithis bhall a' bhùird-stiùiridh, bidh an Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd agus sgioba nam planaichean (2 x Oifigearan Phlanaichean Cànain agus Oifigear Buileachaidh nam Planaichean) an làthair aig a' Phannal mar as àbhaist.	• In addition to the two Board members, the Panel will normally be attended by the Director of Language Planning and Community Developments and the Gaelic Language Plans team (2 x Language Plans Officers and Gaelic Plans Implementation Officer)
• Gheibh am Pannal taic bhon sgioba rianachd gus coinneamhan a' Phannail a chur air dòigh agus gus geàrr-chunntas nan co-dhùnaidhean a chumail.	• The Panel will be provided with support from the administration team to organise Panel meetings and to minute conclusions.
• Thèid pàipearan a' Phannail a sgaoileadh co-dhiù 10 latha ron choinneimh.	• Papers for the Panel will be circulated at least 10 days in advance.
• Feumaidh buill a' bhùird-stiùiridh a tha a' nochdadh com-pàirt ann am plana Gàidhlig aig ùghdarras poblach a tha fo sgrùdadh fios a leigeil gu neach-taic	• Board members with an interest in a public authority draft Gaelic language plan must declare this to the Panel administrative support officer as soon as

rianachd a' Phannail cho luath 's a ghabhas agus chan fhaod iad pàirt a ghabhail anns a' Phannal nuair a tha sgrùdadh a' dol air adhart air an dreachd phlana sin. • Faodaidh am pannal iarraidh air oifigich sam bith eile bhon bhuidhinn a bhith an làthair gus cuideachadh le còmhraidhean air cùis shònraichte.	possible and withdraw from the Panel whilst that draft plan is scrutinised. • The Panel may ask any other officials of the organisation to attend to assist it with its discussions on any particular matter.
CLAR-AMA Bidh am Pannal ann cho fad 's a tha am Bòrd-stiùiridh a' meas gu bheil e iomchaidh. Ma thig am Pannal gu ceann, bu chòir am Bòrd-stiùiridh dearbhadh gu bheil dòigh fhreagarrach ann gus sgrùdadh mionaideach a dhèanamh air dreachd phlanaichean Gàidhlig.	**TIMESCALE** The Panel will exist for as long as it is considered appropriate by the Board. If it ceases to exist, the Board should ensure that there is a mechanism to undertake detailed scrutiny of draft Gaelic language plans.

Seisean Fosgailte
Cuspair 2.4

A' freagairt ri	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-latha na Coinneimh	18/05/2010
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	2.4

Tiotal a' Phàipeir	Aithisg Bhliadhnail bho Chathraiche Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan	
Moladh do Bhuill	Ri Aontachadh	
Neach labhairt:	Shona NicIllinnein, Ceannard	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	07/05/2021	Airson aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT 1 – Aithisg Bhliadhnail	

1.0	**Adhbhar**
1.1	'S e adhbhar na h-aithisge seo cunntas a thoirt air an obair a rinn a' Chomataidh bho thòisich i gu deireadh na bliadhna ionmhais 2020/21.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Bha sia coinneamhan aig a' Chomataidh. Chaidh iad uile a chumail air-loidhne.
4.0	**Moladh**
4.1	Thathar ag iarraidh air a' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan: • beachdachadh air an aithisg bhliadhnail a chithear ann an PT 1; agus • aonta a chur ris an aithisg gus an tèid a cur air beulaibh a' Bhùird-stiùiridh aig an ath choinneimh aca san Ògmhios 2021.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Chan eil buaidh ionmhasail dhìreach sam bith aig an aithisg seo.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air an luchd-obrach.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air trèanadh.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachdach agus Corporra**
	Tha am plana obrach a' cur ris an amas chorporra gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.
5.5	**Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	**AR LUACHAN**
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann is Òigridh	☒
Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
Àrainneachd	☒	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			☒

5.6	**Buaidhean air Cliù**

	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air cliù na buidhne.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air Slàinte is Sàbhailteachd.
5.8	**Buaidhean Laghail**
	Tha an aithisg a' sealltainn gu bheil a' Chomataidh a' coileanadh nan dleastanasan aice, agus tha cuid dhiubh mar dleastanasan reachdail is laghail.
5.9	**Buaidhean air Co-ionannachd** Chan eil buaidh sam bith a bharrachd aig an aithisg seo air co-ionannachd.
5.10	**Buaidhean air Àrainneachd** 'S e an aon buaidh a tha air an àrainneachd nach robh aig buill no oifigear a bhith a' siubhal airson nan coinneamhan is tha sin math a thaobh na h-àrainneachd.

Seisean Fosgailte
Cuspair 2.4PT1

AITHISG BHLIADHNAIL NA COMATAIDH POILEASAIDH IS GHOIREASAN DHAN BHÒRD-STIÙIRIDH	ANNUAL REPORT TO THE BOARD FROM THE POLICY AND RESOURCES COMMITTEE
1. CÙL-FHIOSRACHADH	**1. BACKGROUND**
1.1 Bidh a' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan (CPG) a' dèanamh aithris gach bliadhna dhan Bhòrd-stiùiridh air a h-obair thar na bliadhna, agus air na h-aithisgean a chaidh a thoirt dhan Chomataidh le luchd-rannsachaidh is eile.	1.1 The Policy and Resources Committee (PRC) reports annually to the Board on its activities over the year, and on the reports presented to the Committee by researchers and others.
1.2 Tha an Aithisg Bhliadhnail seo air a toirt seachad às leth na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan agus i a' coimhead air a h-obair eadar an Giblean 2020 agus am Màrt 2021.	1.2 This Annual Report is presented on behalf of the Policy and Resources Committee to cover the period April 2020 to March 2021.
2. TAR-SHEALLADH	**2. OVERVIEW**
2.1 Tha ùine na h-Aithisg Bliadhnail seo a' gabhail a-steach beachdachadh air na cunntasan deireannach airson 2020/21.	2.1 The period of this Annual Report covers consideration of final accounts for 2020/21.
2.2 Tha a' Chomataidh air a bhith a' cumail sùil air obair oifigearan agus luchd-rannsachaidh a chaidh a chur air bhonn leis a' bhuidhinn.	2.2 The Committee has continued to have oversight of the work of officers and external research commissioned by the organisation.
2.3 Choinnich a' Chomataidh sia tursan rè àm na h-aithisg seo.	2.3 The Committee met six times during the period covered by this report.
3. OBAIR NA COMATAIDH	**3. WORK OF THE COMMITTEE**
Coinneamhan CPG	**Meetings of the PRC**
3.1 Tha Leas-phàipear A a' liostadh ballrachd na Comataidh thar na h-ùine cho math ri luchd-frithealaidh cunbhalach bhon Sgioba-stiùiridh.	3.1 Annex A lists the membership of the Committee over the period and the regular attendees from the Leadership Team.
3.2 Chùm CPG coinneamhan air 21 Giblean 2020; 9 Ògmhios 2020; 24 Lùnastal 2020; 27 Dàmhair 2020; 2 Gearran 2021 agus 15 Gearran 2021. Chaidh na coinneamhan uile a chraoladh beò air Teams Live. Thug Cathraiche na CPG seachad dreachd de na geàrr-chunntasan airson ceithir de na coinneamhan aig CPG dhan ath choinneimh Bùird-stiùiridh, is thèid dreachd de na geàrr-	3.2 The PRC held meetings on 21 April 2020; 9 June 2020; 24 August 2020; 27 October 2020; 2 February 2021; 15 February 2021. All of these meetings were broadcast live via Teams Live. The PRC Chair presented a draft of the minutes of four meetings to the following Board meeting, and draft minutes of two minutes will be

chunntasan airson dà de na coinneamhan aig CPG dhan ath choinneimh Bùird-stiùiridh air sgàth clàr-ama nan coinneamhan.	presented to a future board meeting, due to timetabling of meetings.
Prìomh ghnìomhan	**Key Activities**
4. A bharrachd air aithisgean bhon luchd-stiùiridh air adhartas air plana gnìomh 2019-20, aithisgean ionmhais is buaidh COVID-19 air BnG fhèin agus air na buidhnean is pròiseactan air am maoineachadh le BnG, bheachdaich a' Chomataidh air grunn chùisean eile tron bhliadhna.	4. In addition to management reports on progress with the operational plan 2020-21, financial reports and the impact of COVID-19 on BnG itself and the organisations and projects funded by BnG, the Committee also considered a number of other issues throughout the year.
4.1.1 Tha dleastanas air a' Chomataidh gus planaichean Gàidhlig a sgrùdadh agus aontachadh. Thèid na planaichean seo a sgrùdaidh le Pannal nam Planaichean mus tèid iad air adhart dhan Chomataidh. Tron ùine Giblean 2020 gu Màrt 2021, dh'aontaich a' Chomataidh ri Amasan Àrd-ìre aig 13 buidhnean (Foghlam Alba; Coilltearachd na h-Alba; Riaghaltas na h-Alba; Ùghdarras Theisteanas na h-Alba; Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath; Nàdar Alba; Oilthigh Ghlaschu; Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba; Ùghdarras Poilis na h-Alba; Poileas Alba; Seirbheis Ambaileans na h-Alba; Comhairle Baile Obar Dheathain; agus Stòras Mara Cailleanach Earranta) agus ri 10 Planaichean Gàidhlig (Comhairle Fhìobha; Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas; Comhairle Siorrachd Chlach Mhanainn; Comhairle Dhùn Bhreatainn an Ear; Comhairle Dhùn Bhreatainn an Iar; Comhairle na h-Eaglaise Brice; Coimisean na Croitearachd; Comhairle Lodainn an Ear; Comhairle Siorrachd Àir a Deas; agus Comhairle Lodainn Mheadhanaich).	4.1.1 The Committee has responsibility for scrutinising and approving Gaelic language plans. These are considered in detail by the Plans' Panel before being submitted to the Committee. During the period April 2020 – March 2021, the Committee agreed the High Level Aims for 13 organisations (Education Scotland; Scottish Forestry; Scottish Government; Scottish Qualifications Authority; North Lanarkshire Council; Nature Scot; University of Glasgow; Scottish Fire and Rescue Service; Scottish Police Authority; Police Scotland; Scottish Ambulance Service; Aberdeen City Council; and Caledonian Maritime Assets Ltd) and 10 Gaelic Language Plans (Fife Council; South Lanarkshire Council; Clackmannanshire Council; East Dunbartonshire Council; West Dunbartonshire Council; Falkirk Council; Crofting Commission; East Lothian Council; South Ayrshire Council; and Midlothian Council).
4.1.2 Dh'aontaich CPG ris an dreachd Plana Gnìomh airson 21/22, agus ris an dreachd buidseat airson 21/22 agus mhol iad dhan Bhòrd-stiùiridh iad.	4.1.2 The Committee approved the draft Operational Plan 21/22 and the draft budget 21/22 and recommended them to the Board.
4.1.3 Dh'aontaich CPG grunn iarrtasan taic-airgid. Dh'aontaich a' Chomataidh ris na Prìomhachasan is Bun-riaghailtean aig Sgeamaichean Taic-airgid ùra 2021/22. Dh'aontaich CPG cuideachd ris a'	4.1.3 The Committee agreed a number of funding applications. The Committee agreed the new Priorities and Rules for 2021/22 Funding Schemes. PRC also agreed the public

cho-chomhairle phoblach air maoineachadh BnG agus gun tèid buidheann-obrach a stèidheachadh gus molaidhean a thoirt air adhart.	consultation on BnG funding and establishment of a working group to bring forward proposals.
4.1.4 Fhuair a' Chomataidh aithisg air buaidh taic BnG air obair òigridh is chuir iad fàilte air an adhartas. Fhuair iad aithisg air Buaidh COVID-19 air pròiseactan maoinichte le BnG cuideachd.	4.1.4 The Committee received a report on the impact of BnG support on youth work and welcomed the progress. They also received a report on the impact of COVID-19 on BnG-funded projects.
4.1.5 Fhuair a' Chomataidh aithisgean cunbhalach air cuspairean co-cheangailte ri foghlaim, mar eisimpleir Leasachadh Ìre as Àirde, Bogadh airson Tidsearan, Leasachaidhean Foghlam Luchd-Ionnsachaidh, agus àireamhan foghlaim.	4.1.5 The Committee received regular reports on education topics, such as Senior Phase Development, Immersion for Teachers, Gaelic Learners Education developments and education data.
4.1.6 Dh'aontaich a' Chomataidh ri moladh gun tèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air mar a tha an Stiùireadh Reachdail air a chleachdadh le molaidhean airson leasachadh.	4.1.6 The Committee agreed a review of how the Statutory Guidance is being used and proposals for development.
4.1.7 Bheachdaich a' Chomataidh air Ro-innleachd ICT2020-23 is mhol iad dhan Bhòrd-stiùiridh i.	4.1.7 The Committee considered the ICT Strategy 2020-2023 and recommended it to the Board.
4.1.8 Dh'aontaich a' Chomataidh ris na poileasaidhean a leanas: Measadh Coileanaidh (Ùrachadh); Siubhal is Cosgaisean (Ùrachadh); Dìomhaireachd; Cleachdadh Post-d agus an Eadar-lìn.	4.18. The Committee agreed the following policies: Performance Management (updated), Travel and Subsistence (updated), Confidentiality, and E-mail and Internet Use.
4.1.9 Rinn buill na Comataidh fèin-mheasadh air èifeachdas na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan. Chaidh na freagairtean a chruinneachadh agus a bharrachd air a bhith a' comharrachadh grunn phrìomh neartan aig a' Chomataidh thug iad cunntas cuideachd air grunn raointean airson leasachadh. Chaidh na gnìomhan a chur ri clàr puingean gnìomh na Comataidh.	4.1.9 Committee members carried out a self-assessment of the effectiveness of the Policy and Resources Committee. The responses were collated and as well as identifying a number of key strengths of the Committee it also reported a number of areas for improvement. The recommendations were added to the Committee's register of action points.
Co-dhùnaidhean	**Conclusions**
5. Tha a' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan den bheachd gu bheil i air a bhith soirbheachail ann a bhith a' toirt air adhart prìomhachasan corporra a' Bhùird-stiùiridh rè ùine na h-aithisg bliadhnail seo.	5. The Policy and Resources Committee considers that it has been successful in progressing the Board's corporate priorities during the period covered by this annual report.

Seisean Fosgailte
Cuspair 2.4PT1

6. Feuchaidh a' Chomataidh ri sùil a chumail air dòigh-obrach agus dòigh-làimhseachaidh na buidhne a thaobh prìomhachasan corporra, eadar poileasaidhean, ro-innleachdan agus goireasan a chur gu feum anns an dòigh as èifeachdaiche.	6. The Committee will seek to continue to have oversight of the organisation's corporate priorities, through strategies, policies and the most effective use of resources.
7. Bu toil leam taing a thoirt do Bhuill eile a' Bhùird-stiùiridh a bha air a' CPG. Bu mhath leam taing a thoirt dhan Sgioba-stiùiridh agus dhan Sgioba Rianachd cuideachd airson an cuid taice ann a bhith a' cur coinneamhan comataidh air dòigh agus ag ullachadh phàipearan agus airson an deòin, agus an dìcheall a bhith daonnan a' feuchainn ri piseach a thoirt air an dòigh sa bheil sinn ag obair.	7. I would like to thank my fellow Board members who served on the PRC. I would also like to thank the Leadership Team and the Administration Team for their support in facilitating and in their preparation of papers for the Committee meetings and in their willingness, and determination, to continually strive for improving the way we work.
Dòmhnall MacLeòid **Cathraiche na Comataidh Poileasaidhean is Ghoireasan** **An Cèitean 2021**	**Donald MacLeod** **Policy and Resources Committee Chair** **May 2021**

Seisean Fosgailte
Cuspair 2.4PT1

Eàrr-ràdh A

Ballrachd Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan aig Bòrd na Gàidhlig Giblean 2020 gu Màrt 2021

Buill:
Dòmhnall MacLeòid (Cathraiche)
Màiri T NicAonghais
Johan Nic a' Ghobhainn

Làthaireachd:

Ball	Àireamh de choinneamhan 2020-21	Làthaireachd
Dòmhnall MacLeòid (Cathraiche)	6	6
Màiri NicAonghais		6
Johan Nic a' Ghobhainn		6

An Làthair gu cunbhalach:
Sgioba-stiùiridh
Shona NicIllinnein
Daibhidh Boag
Jim Whannel
Ailig Greumach (gu 31 Faoilleach 2021)

An Làthair gu neo-chunbhalach:
Oifigearan
Steven Kellow
Joanne McHale
Peadar Morgan
Louise NicIlleathain
Mairianne Stewart (bho 1 Gearran 2021)

Taobh a-muigh
Liz Taylor

Annex A

Membership of the Bòrd na Gàidhlig Policy and Resources Committee April 2020 to March 2021

Members:
Donald MacLeod (Chair)
Mary MacInnes
Johan Smith

Attendance:

Member	Number of meetings 2020-21	Attendance
Donald MacLeod (Chair)	6	6
Mary MacInnes		6
Johan Smith		6

Regular Attendees:
Leadership Team
Shona MacLennan
Daibhidh Boag
Jim Whannel
Alex Graham (until 31 January 2021)

Occasional Attendees:
Officers
Steven Kellow
Joanne McHale
Peadar Morgan
Louise Maclean
Mairianne Stewart (from 1 February 2021)
External Attendees:
Liz Taylor

Seisean Fosgailte
Cuspair 2.5

A' freagairt ri	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-latha na Coinneimh	18/05/2021
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	2.5

Tiotal a' Phàipeir	Èifeachdas na Comataidh	
Moladh do Bhuill	Ri Aontachadh	
Neach labhairt:	Shona NicIllinnein	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba Stiùiridh	07/05/2021	Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 – Bun-riaghailtean na Comataidh (aig Pàipear 2.3)	

1.0	**Adhbhar**
1.1	'S e deagh chleachdadh a th' ann gu bheil gach comataidh a' sgrùdadh cho èifeachdach 's a bha a' bhuidheann tron bhliadhna. Tha am pàipear seo airson deasbad a chumail air beachdan buill na comataidh agus aonta a dhèanamh air leasachaidhean sam bith a bhiodh feumail.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Chaidh lèirmheas a dhèanamh le dithis bhall air obair na comataidh sa bhliadhna 2020/21. Bha sia coinneamhan ann le iomradh san aithisg bhliadhnail air obair na Comataidh.
2.2	Tha an aon obair a' dol air adhart le Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd agus leis a' Bhòrd-stiùiridh.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Chuir dithis bhall na foirmichean aca air ais a' measadh mar a chaidh obair na comataidh a choileanadh tron bhliadhna. Bha na sgòraichean gu math faisg air a' chèile is mar sin, tha e nas fhasa a ràdh gun robh iad ag aontachadh gun robh cùisean ag obair gu math. Cha deach puing a thogail far an robh draghan aig buill air dòigh-obrach na Comataidh.
3.2	Chaidh na beachdan seo a toirt seachad: <u>Coileanadh na Comataidh (Committee Performance):</u> *Bidh an Cathraiche is an Ceannard a' tighinn do choinneamhan le deagh eòlas aca air na nithear air a' chlàr-gnothaich. Uaireannan, thèid barrachd fiosrachaidh iarraidh le buill is gheibhear seo sa bhad. (The Chair and the Ceannard come to meetings well-briefed about agenda items. Occasionally, further information is requested by members and this is received by return.)* <u>Clàran-gnothaich is geàrr-chunntasan na Comataidh (Committee agendas and minutes):</u> *Thar ùine, tha na siostaman againn air a bhith a' leasachadh gu leantainneach agus tha ullachadh airson coinneamhan a' fàs fìor èifeachdach mar thoradh air seo. (Over*

	time, our systems have continually improved and this is leading to very effective preparation for meetings.) <u>Dòigh-ghiùlain nan Coinneamhan Comataidh (Conduct of Committee meetings):</u> Tha ruith nan coineamhan air fàs gu math èifeachdach mar thoradh air a bhith a' gluasad gu coinneamhan air-loidhne airson na comataidh. Tha misneachd nam ball agus an luchd-obrach ann an cleachdadh teicneòlas air fàs. Tha barrachd mothachaidh air fosgarrachd agus follaiseachd a chionn 's gu bheil na coinneamhan fosgailte dhan phoball. Tha dòighean-obrach gus clàran-ghòthaich ullachadh a bhios a' sàbhaladh ùine ann an dòighean cruthachail, a' seachnadh dùblachadh air an cleachdadh gu cunbhalach. (*The move to online meetings for the committee has resulted in slick organisation of meetings. Confidence of members and staff in the use of technology has increased. There is heightened awareness of openness and transparency as the meetings are open to the public. Approaches to refining agendas, saving time in creative ways avoiding duplication are regularly deployed.)* <u>Sgilean buill na Comataidh (Committee members' skills):</u> *Tha seo mar a mhol an dithis bhall an-uiridh – i.e. ionmhas is HR. (This is as the two members recommended last year – i.e. finance and HR.)* *Stiùireadh atharrachadh, eòlas air chùisean ionmhais, riaghlaidh corporra. (Change management, financial knowledge, corporate governance.)* <u>Bun-riaghailtean (Terms of Reference):</u>
3.3	*Ged a tha na Bun-riaghailtean soilleir, uaireannan cha bhi sinn a' cur an ùghdarrais a tha am bòrd-stiùiridh air toirt dhuinn gu feum. 'S ann mu dheidhinn aontachadh phoileasaidhean is phlanaichean a tha seo oir bidh cuid air am moladh le CPG dhan bhòrd-stiùiridh airson aonta. (Although the Terms of Reference are clear, sometimes we do not use the authority given to us by the board. This is with reference to policies and plans as some are recommended by the CPG to the Board for approval.)* <u>Eile (Other):</u>
3.4	*Tha deagh eòlas aig gach ball den Chomataidh air obair a' bhùird, agus tha iad mìon-eòlach cuideachd air obair nam buidhnean Gàidhlig agus air na diofar choimhearsnachdan Gàidhlig. Tha an t-eòlas agus fiosrachadh seo a' cur ri pròiseasan co-dhùnaidh agus dìcheall iomchaidh na comataidh. (All members of the Committee are experienced in the work of the board, and are also familiar with the work of the Gaelic organisations and the various Gaelic communities. This knowledge and experience contributes to the due diligence and decision-making processes of the board).* **Leasachaidhean**
3.5	Tha molaidhean nam ball a' cur fòcas air leudachadh àireamh buill na comataidh agus air na sgilean is eòlas a bhiodh feumail a thaobh plana obrach na comataidh. Tha moladh ann am Pàipear 2.4 gun tig am ball ùr, Dòmhnall M MacAoidh, air a' Chomataidh. Ma ghabhas a' Chomataidh ri sin, bidh ball air a' Chomataidh le deagh eòlas air cùisean ionmhais. Dh'fhaodadh gun do thachair a' phuing fo Eile air sgàth atharrachadh ann an dòigh-obrach na Comataidh. Gus leasachadh a dhèanamh air a' phuing sin, thathar a' moladh barrachd trèanadh do na h-oifigearan gus a bhith cinnteach gu bheil iadsan a' dèanamh a' mholaidh iomchaidh nuair a bhios iad a' sgrìobhadh phàipearan.

4.0	**Moladh**
4.1	Thathar a' moladh: • gum beachdaich a' Chomataidh air na puingean seo; agus • gun toir iad aonta dhan dà phuing aig 3.4 agus 3.5.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Chan eil buaidh ionmhaisail ann.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Cha bhi buaidh mhì-àbhaisteach ann air an luchd-obrach.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Nuair a thig buill ùra air a' chomataidh, bhiodh e iomchaidh inntrigeadh a thoirt dhaibh do dh'obair na comataidh. Bidh seisean trèanaidh a dhith leis na h-oifigearan a bhios a' sgrìobhadh phàipearan.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachdach agus Corporra**
	Tha an lèirmheas air èifeachdas a' cur ris an amas chorporra gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	**AR LUACHAN**
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann	☐
Cultar	☐	Coimhearsnachdan	☐
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☐	Eaconamaidh	☐
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach		☒	

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	Tha deagh riaghlaidh cudromach do chliù na buidhne agus tha an lèirmheas a' sealltainn gu bheil a' Chomataidh an dà chuid a' coimhead air na dòighean-obrach aice agus gu bheil i a' leantainn deagh chleachdadh.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Chan eil buaidh air slàinte is sàbhailteachd
5.8	**Buaidhean Laghail**
	Tha èifeachdas na Comataidh a' cur ri coileanadh dleastanasan reachdail is laghail aig a' bhuidhinn.
5.9	**Buaidhean air Co-ionannas**
	-
5.10	**Buaidhean air an Àrainneachd**
	Chan eil buaidh air an àrainneachd.

Seisean Fosgailte
Cuspair 2.6

A' freagairt ri	A' Chomataidh Poileasaidh is Goireasan
Ceann-latha na Coinneimh	18/05/2021
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	2.6

Tiotal a' Phàipeir	Poileasaidh Ionnsachaidh is Leasachaidh (Ùrachadh)	
Moladh do Bhuill	Ri Aontachadh	
Neach labhairt:	Louise NicIlleathain	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	08/04/2020	Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 – Poileasaidh Ionnsachaidh is Leasachaidh (Ùrachadh)	

1.0	**Adhbhar**
1.1	Chaidh am poileasaidh seo ùrachadh ri linn gnìomh 1.2.4 anns a' phlana leasachaidh (Updated training policy guidance and procedures).
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Thathas air ùrachaidhean a dhèanamh air a' phoileasaidh seo gus am biodh am poileasaidh nas fhaisg air cleachdadh na buidhne.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Chaidh soillearachadh a dhèanamh air dleastanasan agus air am pròiseas.
3.2	Chaidh am poileasaidh a-mach gu co-chomhairle leis an luchd-obrach airson cola-deug sa Ghearran 2021.
4.0	**Moladh**
4.1	Aonta a chur ris a' phoileasaidh mar a tha e ann am PT1.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Tha buidseat airson trèanadh is ionnsachadh ann an 2021/22 air an stèidheachadh.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Tha am poileasaidh seo a' dèanamh soilleir an luach a tha Bòrd na Gàidhlig a' cur ann an leasachadh is ionnsachadh an luchd-obrach.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Tha am poileasaidh agus na modhan obrach ceangailte ris a' soillearachadh a' phròiseas agus a' cur ri cultar trèanaidh is leasachaidh na buidhne.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**

Seisean Fosgailte
Cuspair 2.6

	Tha ùrachadh a' phoileasaidh a' cur ris an amas chorporra gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann	☐
Cultar	☐	Coimhearsnachdan	☐
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☐	Eaconamaidh	☐
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	Chan eil buaidh air cliù.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Chan eil buaidh air slàinte is sàbhailteachd
5.8	**Buaidhean Laghail**
	Chan eil buaidh laghail ann.
5.9	**Buaidhean air Co-ionannas**
	Chan eil buaidh air co-ionannas.
5.10	**Buaidhean air an àrainneachd**
	Cha bhi buaidh air an àrainneachd.

*Fosgailte airson deasbad aig a choinneamh

Learning and Development Policy

1. Purpose

This policy sets out how Bòrd na Gàidhlig will manage learning and development in a consistent and fair manner. Bòrd na Gàidhlig believes everyone's performance to be critical in building and maintaining a high performing organisation and this is reflected in our People Strategy and Workforce Plan. The aim of this policy is to create a framework for learning and development in the organisation.

2. Scope

This policy applies to full time and part time employees on a permanent or fixed term contract and to associated persons such as secondees.

This policy should be used during the following activities:

- Agreeing personal development plans (PDP)
- Setting personal objectives
- Applying for and approving formal training, learning, study leave and/or funding
- Allocating/prioritising resources for learning activities
- Devising annual learning and development plans

3. Policy statement

All employees are entitled to:

- Equal opportunities in all aspects of their development
- An induction into their job, their team and the organisation
- An explanation of the direction and the objectives of the organisation
- Clear and measurable objectives for their performance at work
- Regular performance reviews with their line manager
- A manager who is committed to employee development
- Coaching to enhance learning, development and career progression

4. Objectives of learning and development

All learning and development activities have clearly stated learning objectives and the primary objective of those activities is to:

- Support the organisation in achieving its corporate plan
- Support the employee's skill development to enable effectiveness and satisfaction in their role
- Support the development of employees to enable career progression both internally and externally
- Reflect the learning objectives stated in the individual's PDP

DRAFT

5. Roles and responsibilities

The Senior Leadership Team (SLT) bears the primary responsibility for implementing this learning and development policy, by ensuring employees are given the necessary opportunities to undertake appropriate learning and development activities.

Managers and employees should discuss, agree and evaluate learning and development interventions as follows:

Line manager

- Ensure all development links to achievement of corporate plan
- Act as role model
- Provide opportunities to develop and learn
- Recommend /authorise employee development opportunities
- Arrange and attend the pre and post course development meetings to discuss achievement of learning objectives and transfer /application of knowledge, skill or behaviour into the workplace
- Provide ongoing coaching

Individual employee

- Develop in line with PDP
- Demonstrate ownership of career and willingness to develop and learn
- Transfer new skill, knowledge or behaviour into the workplace in appropriate way and timescale
- Share knowledge and skill with others
- Identify development needs
- Proactively seek opportunities to upgrade knowledge, skills and behaviours required in current position
- Ensure pre and post course development meetings with manager are booked organised and attended
- Evaluate effectiveness of learning and development

Finance and Corporate Services

- Provide support to managers in the development of their employees
- Implement and monitor the corporate training plan
- Assist in sourcing suppliers for formal learning and development activities and evaluate appropriately
- Source learning and development materials which may be accessed by employees in the workplace
- Provide reports to the SLT and Board on the progress of the corporate training plan

Managers should ensure that employees are recording training undertaken in People HR and that evaluation forms are completed. This will ensure that allocation of training budget and monitoring of the corporate training plan can be accurate reported to the SLT.

6. Identifying needs

Training needs will be identified and determined by self-assessment, by line managers and by the organisation. (Appendix 2)

DRAFT

Individual needs will be recorded on a PDP. When a formal learning or development activity which incurs a cost is needed, even if already recorded on a PDP, the learning and development application must be completed on People HR and submitted. The application is then automatically forwarded to your line manager and then to Finance and Corporate Services. Any queries regarding the application should be sent to treanadh@gaidhlig.scot (Appendix 3). You will be notified if your application is approved or not.

Learning and development can take place either formally or informally and occurs in many forms including mentoring, coaching, books, courses, workshops, online materials, conferences, meetings, action learning sets, self-study, reflection, secondments/visits and more. (Appendix 1)

Learning and development needs will arise at various times as outlined below:

Reviewing the Operational Plan
Reviewing performance against the Operational Plan and establishing new objectives is an ongoing process and may well result in learning & development being identified for teams or individuals. This process will be conducted by SLT in conjunction with Finance and Corporate Services as part of the planning cycle.

Induction & essential training
Induction is an important activity, ensuring that new employees become familiar with the organisation, their area and other employees, and ensuring that they are comfortable in a new work environment.

Restructuring or change in area objectives
Change is ongoing and may be identified as a result of internal organisational development or the external environment. Consideration must be given to significant change and the resulting impact on employees and their development needs to cope with the changing demands of their role.

Performance, development, and review
The performance review process is an opportunity to reflect on individual performance and clarify the objectives for the coming year. Individuals and managers are responsible for identifying and recording learning and development activity required for success on the PDP.

Meetings
Regular meetings between individuals, teams and their managers support an effective working, proactive and responsive environment. Learning & development needs may be identified as a result. Managers should meet regularly with individual team members to review progress with performance and development objectives and refresh the plans agreed on their PDP every 6 months.

When looking for a learning solution, learning styles and preferences should be considered. (See Appendix 1)

DRAFT

7. Funding and budgets

A central budget is held by Finance and Corporate Services for all learning and development activities. All purchase orders and invoices relating to such activities are raised and submitted by Finance and Corporate Services. Each activity is recorded under a department to ensure that, at a glance, each department is receiving its fair share of development investment throughout the year.

Training is considered part of your working day, so travel and subsistence and time spent travelling to and from an event can be claimed back in the usual way.

If you and your line manager have identified training that is not available in house, you may submit a training application form via People HR. The Training Officer may be able to help with finding appropriate external training where required. Once the application is approved, you may book the training.

What will be funded?

- Activities and programmes designed to meet organisational needs will be funded both in terms of fees and time off work to attend workshops.
- Financial support may be provided for an individual undertaking professional studies linked to agreed PDPs, for example qualification to a professional body that will enhance organisational and individual performance.

Approval for these activities is discretionary and will be decided by the line manager in conjunction with Finance and Corporate Services. Final approval will be required from the Ceannard.

If it is agreed the Bòrd will fully fund your development. This will include payment of exam fees (but not for re-sits) and purchase of required books and materials.

You will receive time off, and travel & subsistence where required, to sit exams including re-sits and your line manager may authorise reasonable time off to study.

For educational or professional development that is not essential to your current post, but will help to further your career with us, the Bòrd may contribute up to a maximum of 80% of the course fees (including exam fees but not re-sits) and 50% for books and materials. Support is conditional on the benefit which the Bòrd will see from your development, so include that in your business case.

The amount of funding, and what support is offered is at the discretion of Bòrd na Gàidhlig.

What will not be funded?

- activities and programmes that do not link with an agreed PDP
- activities and programmes that do not proactively help in developing and delivering the individual or the corporate plan

8. Repayment of costs

DRAFT

If you do not complete your study or you leave Bòrd na Gàidhlig within 2 years of completing your studies, you will be asked to pay back all or some of the funds provided for educational and professional development.

This applies only to educational and professional development that you requested and does not apply to any learning and development activities which the Bòrd instructed you to undertake or deemed essential for your role.

- 1 -12 months, employee must pay 100% of funds received for course fees and exam costs but not including books and materials as these remain the property of the Bòrd.
- 13 - 24 months, employee must pay 50% of funds received for course fees and exam costs but not including books and materials as these remain the property of the Bòrd

The amount due will be deducted from your final salary. If the amount due is greater than your final salary, you must make alternative arrangements with the training budget holder to repay the difference.

9. People HR

Once your training has been approved, you should ensure that you update People HR with the details of the training to be undertaken and then when it is completed. This will trigger the evaluation form to be sent to you for completion.

10. Evaluation and Feedback

On completion of any internal or external course you and your line manager should arrange a post development de-briefing. After this discussion you will be asked to complete a course evaluation form which will be sent to you automatically from the Training Officer.

Your feedback will help ensure the success of both the planning and delivery of learning and development activities and will assess how effective the development has been.

Analysis of the evaluation forms gathered will be undertaken by the training officer and the findings will be reported to the SLT and used for future business planning and the planning of continued investment in learning and development.

DRAFT

Appendix 1

Types of Activities That May Be Considered Developmental

It is recognised that individuals have different learning styles and there are many workplace activities that, when used in combination, can make up a highly efficient and effective development programme.

The term 'blended learning' is used to describe this style of learning, where a blend of different structured activities carried out over time, create a stimulating and very effective learning programme.

The list below includes a number of activities that can be blended together.

- Examples of activities which when blended together enhance personal development Reading (books, journals, reports, newspapers)
- Networking (both internally and with people external to the organisation)
- Instruction - being shown how to do something and subsequently putting this into practice
- Attending conferences/seminars/development forums
- Being a member of committees or working groups
- Work shadowing
- Attending a formal training event (both internal and external)
- Taking on new tasks or additional responsibilities to develop particular skills you identify
- Moving into a new or different work role
- Watching training/educational videos
- Being involved in role plays or simulations
- Using case studies to develop your knowledge (both those described in books/journals, and cases that colleagues or acquaintances may be able to tell you about)
- Using diagnostic instruments (e.g., learning styles questionnaire, Belbin team types questionnaire)
- Asking for feedback on your own performance from those who work closely with you
- Listening to relevant documentaries/news items
- Involvement in coaching/mentoring relationships (can be developmental for both parties)
- Keeping a personal development journal – reflection on experience
- Participating in a group discussion
- Working towards a qualification (academic, professional, or vocational qualifications)
- Belonging to an action learning group (meeting with peers to discuss work related issues with the aim of finding solutions to problems)
- E-learning – a large selection of computer-based courses is now available and can generally be completed from the comfort of your own desk. E-learning tends to be interactive, carefully designed (to meet the diverse needs of as many people as possible) and may include video, sound, pictures, as well as text and check tests to measure understanding.

DRAFT

Cuspair 2.6

Examples of potentially developmental experiences which may arise in (or be integrated into) the course of normal work activity

- Attending various meetings
- Working with external committees/stakeholders
- Using the internet or intranet to research something
- Working on a task which requires you to solve a problem
- Giving, or preparing, a presentation on a topic with which you are not familiar
- Discussing how to deal with a particular problem with someone you work with
- Undertaking a project or assignment that is in some way different to those you have worked on previously
- Observing how others deal with a particular problem or respond in a given situation
- Delegating tasks to others
- Being a member of a working group or task force
- Being involved in various tasks (both those which are familiar and unfamiliar to you)
- Adjusting to a new or changed work role
- Managing a change
- Managing a team, or co-ordinating a project group
- Talking things through with your line manager
- Taking on additional tasks and responsibilities that present you with a challenge

DRAFT

Appendix 2


Learning and Development Cycle
Organisation vision, values, strategy
Organisational Development Needs
Corporate Plan
Corporate Training Plan
Departmental Objectives
Individual Performance Objectives and KPIs
PDP
Regular Performance Reviews
Agreed Development
Development Implemented
Evaluate performance
Personal Development Record
Evaluation

Appendix 3

Bòrd na Gàidhlig – Learning & Development Process

EMPLOYEE	LINE MANAGER	CORPORATE SERVICES
Employee identifies learning needs and records in PDP for discussion with line manager. PDP covers next 6 months but can be updated at any point in performance cycle	Manager/Employee review and discuss PDP agreeing development needs and objectives and how these will be met	On an annual basis Operations Manager drafts training plan using SLT priorities aligned to strategy, mandatory training and People HR Training Requests/Planned Training
Following discussion with line manager Employee sources potential training provider and submits Training Request Form on People HR (for paid training)	Manager receives automatic notification and authorises Training Request via People HR	
Employee receives notification of authorisation and books training OR Employee contacts Training Officer to request training is booked		Training Officer sources and purchases training where required
Employee updates People HR with training (Planned/In Progress) for both formal and informal development	Manager provides ongoing support to employee through development process	Operations Manager reviews training plan and reports to SLT on progress quarterly.
Employee undertakes development activity		
Employee updates PDP and People HR Learning Record (In Progress/Complete).	Manager/Employee review learning activity and implementation of new skills in workplace.	
Employee Completes Evaluation Form for both Formal/Informal training		On a monthly basis, Training Officer sends out evaluation forms for completion

DRAFT

Seisean Fosgailte
Cuspair 2.7

A' freagairt ri	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-latha na Coinneimh	18/05/2021
Àite:	Air MS Teams
Nì a' Chlàir-ghnothaich	2.7

Tiotal a' Phàipeir	Aithisg Trèanaidh is Leasachaidh 2020/21	
Moladh do Bhuill	Ri Aontachadh	
Neach labhairt:	Louise NicIlleathain, Manaidsear Gnìomhan	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	21/04/20201	Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	Tha PT1 – Aithisg Trèanaidh is Leasachaidh 2020/21	

1.0	**Adhbhar**
1.1	Tha an aithisg seo a' freagairt air gnìomh 1.2.5 anns a' phlana leasachaidh "Training Review report for both staff and board members format drafted and agreed".
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Tha an aithisg seo a' toirt seachad fiosrachadh air an trèanadh is leasachadh a rinneadh aig Bòrd na Gàidhlig ann an 2020/21.
4.0	**Moladh**
4.1	Gun gabh a' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan ris an aithisg seo.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Tha am buidseat airson trèanadh is leasachadh ann an 2021/22 air aontachadh.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Cha bhi buaidh aig an aithisg seo air an luchd-obrach.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Cha bhi buaidh aig an aithisg seo air trèanadh.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
	Tha seo a' cur ris an amas gum bi Bòrd na Gàidhlig a' leasachadh nan dòighean obrach aige.
5.5	**Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

	AR N-ADHBHAR		**AR LUACHAN**	
	Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach	
	AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
	Còraichean daonna	☐	Clann	☐
	Cultar	☐	Coimhearsnachdan	☐
	Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
	Slàinte	☐	Eadar-Nàiseanta	☐
	Foghlam	☐	Eaconamaidh	☐
	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			☐

5.6	**Buaidhean air Cliù**

Seisean Fosgailte
Cuspair 2.7

	Tha an aithisg seo a' sealltainn gu bheil Bòrd na Gàidhlig a' cur luach ann an trèanadh is leasachadh airson luchd-obrach agus buill a' Bhùird-stiùiridh.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Cha bhi buaidh air slàinte is sàbhailteachd.
5.8	**Buaidhean Laghail**
	Cha bhi buaidh laghail ann.
5.9	**Buaidhean air Co-ionannas**
	Cha bhi buaidh air co-ionannas.
5.10	**Buaidhean air an àrainneachd**
	Cha bhi buaidh air an àrainneachd.

*Fosgailte airson deasbad aig a' choinneimh

Seisean Fosgailte
Cuspair 2.7PT1

Aithisg Trèanaidh Bòrd na Gàidhlig 2020-21

Ro-ràdh

Tha Bòrd na Gàidhlig air prògram trèanaidh is leasachaidh coileanta is èifeachdach a lìbhrigeadh ann an 2020-21. Tha seo a dh'aindeoin Covid-19 a thug, mar a bhiodh dùil, buaidh air trèanadh is leasachadh. Chaidh an trèanadh a dhèanamh air-loidhne agus tha ionnsachadh air-loidhne air barrachd chothroman agus barrachd ruigsinneachd a lìbhrigeadh air cùrsaichean nach robh ruigsinneach roimhe do Bhòrd na Gàidhlig. Ach, tha sinn mothachail nach eil lìbhrigeadh air-loidhne a' còrdadh ris h-uile duine, agus nuair a bhios trèanadh agus cothroman leasachaidh aghaidh-ri-aghaidh rim faighinn a-rithist, cleachdaidh sinn iad sin a rèir togradh luchd-obrach far a bheil poileasaidhean siubhail a' comasachadh seo mar an dòigh lìbhrigidh as fheàrr.

Cosgaisean agus Buidseat

B' e £40k am buidseat airson na bliadhna 20/21. Is e £15,435 an toradh ris a bheil dùil. Faodar an t-eadar-dhealachadh a mhìneachadh le grunn nithean a thug buaidh air a' chaiteachas air trèanadh is leasachadh ann an 2020/21. Is iad sin:

1. Chaidh a' cho-labhairt luchd-obrach 2-latha a lìbhrigeadh gu tur air-loidhne seach an luchd-obrach air fad a bhith an làthair. Bhathar an dùil seo a dhèanamh mar thachartas còmhnaidh ann an Dùn Dè air 22 is 23 Giblean 2020, leis an luchd-obrach air fad a' siubhal agus a' fuireach co-dhiù aon oidhche. Lùghdaich an lìbhrigeadh air-loidhne a bha riatanach mar fhreagairt do COVID-19 cosgaisean na co-labhairt gu mòr agus 's e sin am prìomh adhbhar airson fo-chosg buidseit;
2. Tha COVID-19 air àrdachadh adhbharachadh ann an lìbhrigeadh chùrsaichean air-loidhne a bhiodh mar as trice air tachairt aghaidh ri aghaidh. Tha seo a' ciallachadh gun deach cuid de chùrsaichean fhaighinn aig prìs nas ìsle, a-rithist a' lùghdachadh caiteachas an coimeas ris na bha dùil sa bhuidseat;
3. Tha sinn a' brosnachadh ionnsachadh fèin-stiùirichte;
4. Chaidh 2 sheisean trèanaidh speisealta a lìbhrigeadh le solaraichean taobh a-muigh agus thàinig na cosgaisean airson sin à buidseat eile;
5. Chaidh grunn chothroman ionnsachaidh is leasachaidh a chumail leis an luchd-obrach againn fhèin, a' tabhann barrachd cothroim sgilean agus eòlas luchd-obrach aithneachadh agus aig an aon àm a' lùghdachadh iarrtas air a' bhuidseat trèanaidh.

Leasachaidhean agus pròiseasan

Siostaman làithreach

Tha uallach airson sùil a chumail air ionnsachadh is leasachadh air a' Mhanaidsear Gnìomhan, dreuchd ùr a thòisich sa Ghiblean 2020.

Seisean Fosgailte
Cuspair 2.7PT1

Lìbhrig sinn a' chiad cho-labhairt luchd-obrach gu tur air-loidhne againn thairis air 2 latha air 22 agus 23 Giblean 2020. Chaidh seiseanan a lìbhrigeadh le luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig agus solaraichean taobh a-muigh. Am measg nan cuspairean bha slàinte agus foghainteachd inntinn, slàinte is sàbhailteachd nuair a bhios tu ag obair aig an taigh, agus cuid de ghnìomhan cur-seachad leithid Yoga tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha am preantas ceumnaiche againn air a' chiad bhliadhna aca a chrìochnachadh gu soirbheachail agus tha iad a-nis air an dàrna bliadhna den chùrsa BA le Urram Stiùireadh Gnothachais aca.

Is e eisimpleirean de chùrsaichean foirmeil a chaidh a ghabhail am-bliadhna:

- GDPR agus trèanadh dìon dàta (Bòrd agus luchd-obrach)
- Meantaireachd
- Sgilean ionmhais
- Stiùireadh chlàran poblach
- A' togail geàrr-chunntasan choinneamhan
- Dùbhlan èifeachdach air an àrd sgioba riaghlaidh
- Comataidh Sgrùdaidh èifeachdach
- Trèanadh inntrigidh
- A' toirt buaidh agus a' cur impidh

Is iad eisimpleirean de thrèanadh neo-fhoirmeil:

- Tèarainteachd saidhbear (Bòrd agus luchd-obrach)
- Gnàth-riaghailtean (Bòrd agus luchd-obrach)
- Fòram Cheannardan na h-Alba
- Pannal nam Planaichean
- Stiùireadh Atharrachaidh – Carson a tha/nach eil e ag obair
- Na Còig Lochdan ann an Sgioba
- Òraidean Ted

Leasachaidhean ann an 2020/21

Nuair a chaidh pròiseasan làithreach ath-sgrùdadh, thuigeadh gu robh feum air leasachaidhean. Chaidh am poileasaidh ionnsachaidh is leasachaidh ath-sgrìobhadh agus ùrachadh, agus thèid e chun na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan sa Chèitean 2021 airson aonta. B' e amas a' phoileasaidh ath-sgrìobhte dreuchdan agus dleastanasan a sgioblachadh, a shoilleireachadh agus a dhèanamh nas sìmplidh. A thaobh phròiseasan, tha sinn air foirmean luachaidh dealanach a chur an gnìomh airson trèanadh foirmeil agus neo-fhoirmeil agus bidh an t-Oifigear Trèanaidh a' cumail sùil air freagairtean.

B' e pròiseas ùr eile ann an ionnsachadh agus leasachadh aig BnG a bhith a' toirt a-steach Planaichean Leasachaidh Pearsanta (PDPan) a rinn gach neach-obrach agus ball den bhòrd-stiùiridh airson na bliadhna 21-22. Tha susbaint nam foirmean sin air taic fiosrachaidh a thoirt don phlana trèanaidh againn air feadh na buidhne. Cuidichidh am plana seo sinn le prìomhachas agus ullachadh airson trèanadh san àm ri teachd, agus ann an co-bhonn ri Planaichean Obrach Pearsanta (POPan) neartaichidh sinn ionnsachadh agus leasachadh taobh a-staigh BnG. Thèid na PDPan a chrìochnachadh ro dheireadh an Fhaoillich gach bliadhna agus bidh an luchd-obrach agus am manaidsear-loidhne aca gan ath-sgrùdadh an dèidh 6 mìosan. Faodaidh luchd-obrach agus buill a' bhùird-stiùiridh trèanadh iarraidh tron bhliadhna.

Seisean Fosgailte
Cuspair 2.7PT1

Anns an Dùbhlachd 2020, dh'aontaich an sgioba stiùiridh gum faigheadh gach neach-obrach 2 uair a thìde airson ionnsachadh fèin-stiùirichte. Chaidh cuiridhean leabhar-latha a chur a-mach don h-uile neach-obrach airson 2021/22. Bha beachd math air a' chiad seisean, a chaidh a chumail sa Ghearran 2021, aig na bha an làthair.

Chaidh foirm luachaidh ùr a chur ri chèile gus trèanadh neo-fhoirmeil a chomharradh gus dèanamh cinnteach gu bheil barrachd trèanaidh neo-fhoirmeil air a luachadh oir tha sinn mothachail gum faod ionnsachadh neo-fhoirmeil a bhith a cheart cho buannachdail ri cùrsaichean foirmeil a chaidh a bhrosnachadh don luchd-obrach air fad.

Stèidhichte air an sgrùdadh sgilean Gàidhlig a rinneadh ann an 2020, dh'obraich sinn còmhla ri Ruairidh MacIllEathain agus Comhairle nan Leabhraichean gus sreath de thrèanadh sgilean Gàidhlig air-loidhne a dhealbhadh stèidhichte air Cùrsa Gràmair Ruairidh. Gu h-iomlan fhritheil 12 luchd-obrach suas ri 13 clasaichean 1.5 uair a thìde bhon Fhaoilleach chun Mhàirt 2021. Air sgèile 1 gu 5, le 1 a' comharradh nach deach feumalachdan a fhreagairt idir agus 5 a' comharrachadh gun deach feumalachdan a fhreagairt gu h-iomlan, bha a' mhòr-chuid den luchd-obrach a' meas nan clasaichean aig 4 no 5.

Anns an Fhaoilleach 2021, rinn gach neach-obrach agus ball den bhòrd-stiùiridh plana leasachaidh pearsanta (PDP) airson a' chiad uair. Thug seo taic fiosrachaidh do phlana trèanaidh na buidhne. Thèid seo a chumail suas leis an t-Oifigear Trèanaidh agus am Manaidsear Gnìomhan. Tachraidh am pròiseas PDP gach bliadhna. Tha an comharrachadh air feumalachdan trèanaidh seo air leth bho na feumalachdan trèanaidh is leasachaidh air an tèid bruidhinn aig POPan luchd-obrach agus rè measaidhean bliadhnail buill a' bhùird, agus measaidhean èifeachdas comataidh agus bùird-stiùiridh.

Tha sinn air ar Coinneamhan Dè tha Dol? seachdaineach a leasachadh le seisean deasbaid gach 4 seachdainean a bhios ann airson luchd-obrach agus buill a' bhùird-stiùiridh. Mar eisimpleir, bhruidhinn Colm Ó hArgáin à Foras na Gaeilge air na tha e a' dèanamh gus Gaeilge a bhrosnachadh am-measg dhaoine òga.

Leasachaidhean air an dealbhadh airson 2021/22

Nì sinn barrachd cleachdaidh air ar goireasan sgiobachd air-loidhne airson iarrtasan trèanaidh a chur a-steach agus aontachadh, agus airson luchd-obrach a bhith a' clàradh gach gnìomh ionnsachaidh is leasachaidh gus cuideachadh le aithris agus sgrùdadh. Coinnichidh am Manaidsear Gnìomhan agus an t-Oifigear Trèanaidh gach mìos gus beachdachadh air a' phlana trèanaidh, trèanadh a chaidh a dhèanamh air a' mhìos sin, luachadh a chaidh a chur a-steach, luachadh ri chur a-steach agus gnìomhan sam bith a tha riatanach mar thoradh air beachdan air ais a fhuaireadh air a' mhìos sin.

Tha am Manaidsear Gnìomhan air nota deasg a chruthachadh airson na rianachd timcheall air a' phròiseas ionnsachaidh is leasachaidh aig Bòrd na Gàidhlig a tha a' toirt cunntas air dreuchdan agus dleastanasan. Bidh na notaichean deasg a' stèidheachadh an t-siostaim airson lorg a chumail air agus luachadh a dhèanamh air cothroman trèanaidh is leasachaidh aig Bòrd na Gàidhlig.

Co-dhùnadh

Bha luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig agus buill a' bhùird-stiùiridh an sàs ann an grunn chothroman ionnsachaidh is leasachaidh tro 2020/21, gach cuid foirmeil agus neo-fhoirmeil. Thàinig na gnìomhan sin bho bhith a' comharrachadh feumalachdan leasachaidh ro-innleachdail na buidhne a bharrachd air siostaman airson a bhith a' comharrachadh feumalachdan fa leth. A bharrachd air sin, chaidh grunn tachartasan ionnsachaidh is leasachaidh tron bhliadhna, leithid co-labhairt an luchd-obrach, fhiosrachadh le molaidhean is iarrtasan luchd-obrach. Tha lìbhrigeadh prògram farsaing air cur ris na

sgilean agus an eòlas taobh a-staigh na buidhne, mar a chithear bho na beachdan air ais a fhuaireadh. Tha an t-àrdachadh anns an uiread seiseanan trèanaidh fo stiùir luchd-obrach ann an 2020/21 na rud a tha sinn an dùil cumail a' dol air feadh 2021/22.

Le poileasaidh aontaichte, ath-sgrìobhte stèidhichte, agus modhan-obrach gus dèanamh cinnteach gum bi e air a bhuileachadh gu h-èifeachdach, tha sinn a' coimhead air adhart ri bliadhna ionnsachaidh eile ann an 2021/22.

Louise NicIlleathain

Manaidsear Ghnìomhan

04 Cèitean 2021

Seisean Fosgailte : Open Session
Cuspair 3.1

For	Policy and Resources Committee
Date of Meeting	18/05/2021
Location:	Online
Item on Agenda	3.1

Paper Title	Finance Report	
Recommendation	For Information *	
Spokesperson	Mairianne Stewart, Head of Finance & Corporate Services (Interim)	
Governance Route	**Date of Meeting**	**Decision**
Leadership Team	21/04/2021	For Information
Appendices:	PT1 – Finance Report to 31.03.2021	

1.0	**Purpose**
1.1	To give information to the Committee on the financial situation from 1 April 2020 to 31 March 2021. The paper is in English as the report will be presented in English.
2.0	**Background**
2.1	Grant in Aid for 2020-21 was revised in March 2021, increasing from £5.179m to £5.329. We received an additional £150k to strengthen the Gaelic Development Officer network. The high level Income and Expenditure budgets are detailed below:
2.2	

Income:	**£m**
Grant-in-Aid	5.329
Other Income (CnP)	0.100
Carried forward from 19/20	0.072
Returned Funding	0.060
Total	**5.561**

Costs:	
Development	4.005
Running Costs	1.556
Total	**5.561**

2.3 **Summary of Expenditure**

31 March 2021	Expenditure Year to Date	Budget Year to Date	Variance Year to Date	Annual Budget
Summary	**£m**	**£m**	**£m**	**£m**
Development - Usage	2.392	2.045	(0.347)	2.045
Development - Learning	1.429	1.585	0.156	1.585
Development - Promotion	0.324	0.375	0.051	0.375
Development - TOTAL	4.145	4.005	(0.140)	4.005
Running Costs	1.508	1.556	0.048	1.556
TOTAL	**5.653**	**5.561**	**(0.092)**	**5.561**

2.4 **Summary of Income and Expenditure**

31 March 2021	Current Month	Year to date	Annual Budget Total
Income	**£m**	**£m**	**£m**
Grant in Aid	0.457	5.329	5.329
Other Income (CnP.)	0.000	0.065	0.100
Returned Funding	0.075	0.183	0.060
	0.532	5.577	5.489
Expenditure	1.266	5.653	5.561
	-0.734	-0.076	-0.072
Funds carried forward	0.824	0.166	0.166
Funds going forward	0.090	0.090	0.094

3.0 **Main Points**

3.1 At the end of the financial year, both Development Spend and Running costs were closely aligned to the full year budget.

3.2 Development spend at the end of Quarter 3 was behind budget by 21%, partly as a result of Covid. During Quarter 4, significant effort was focussed into working with development partners to manage this and as expected, the budget was fully utilised.

3.3 Running Costs ended the year 3% lower than budget. We obtained agreement to vire the underspend to Development costs.

4.0	**Recommendation**
4.1	Members are requested to consider the report and note the information.
5.0	**Main Strategic Impacts**
5.1	**Impact on Finance**
	As described above.
5.2	**Impact on Staff**
	N/a.
5.3	**Impact on Training**
	N/a
5.4	**Links to Strategic and Corporate Aims**
	This paper supports the Committee in fulfilling the aims for the year.
5.5	**Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta/ Links to the National Performance Framework**
	n/a
5.6	**Buaidhean air Cliù/Impacts on Reputation**
	It is important the BnG continues to demonstrate effective management of its finances.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd/Impacts on Health and Safety**
	n/a
5.8	**Buaidhean Laghail/Legal Impacts**
	n/a
5.9	**Buaidhean air Co-ionannas/Impacts on Equality**
	n/a
5.10	**Buaidhean air Àrainneachd/Impacts on the Environment**
	n/a

Cuspair 3.2

A' freagairt ri	Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-latha na Coinneimh	18/5/2021
Àite:	MS Teams
Nì a' Chlàir-ghnothaich	3.2

Tiotal a' Phàipeir	Prìomhachasan & Bun-riaghailtean Sgeamaichean Taic-airgid Foghlaim 2021/22	
Moladh do Bhuill	Ri Aontachadh	
Neach labhairt:	Steven Kellow	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	07/05/2021	Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	Chan eil	

1.0	**Adhbhar**
1.1	A' sireadh aonta bhon Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan air prìomhachasan is bun-riaghailtean sgeamaichean taic-airgid Tabhartasan nan Tràth-bhliadhnaichean agus Tabhartasan Foghlaim 2021/22.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Bidh na sgeamaichean taic-airgid Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean agus Tabhartasan Foghlaim a' fosgladh airson iarrtasan 2020/21 a dh'aithghearr.
2.2	A' leantainn na dòigh-obrach a bha ann airson tabhartasan GLAIF, Colmcille agus Taic Freumhan Coimhearsnachd airson 2021/22, thathar a' sireadh bheachdan bho bhuill na Comataidh air prìomhachasan is bun-riaghailtean nan sgeamaichean seo.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Is e an dà sgeama seo na prìomh dhòighean anns am bi Bòrd na Gàidhlig a' cumail taic-airgid ri buidhnean tràth-bhliadhnaichean is ri oileanaich a tha trèanadh a dh'ionnsaigh dreuchd ann an foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig.
3.2	Airson sgeama taic-airgid Tabhartasan nan Tràth-bhliadhnaichean, tha suas ri £100,000 de bhuidseat an sgeama a' tighinn tro thabhartas bho Chomann nam Pàrant, a tha faighinn taic bho sgeama CYPFEIF is ALEC aig Riaghaltas na h-Alba, a tha air an ruith leis an CORRA Foundation.
3.3	Bidh an t-suim seo nas ìsle a rèir a' co-dhùnaidh air iarrtas taic-airgid bho Chomunn na Gàidhlig agus Comann nam Pàrant, a tha moladh pàirt den taic-airgid sin a chleachdadh a dh'ionnsaigh oifigear a chuireas taic ri roinn nan tràth-bhliadhnaichean.
3.4	Leis gu bheil taic-airgid airson sgeama Tabhartasan nan Tràth-bhliadhnaichean a' tighinn bho CORRA Foundation, tha prìomhachasan a thathar a' moladh airson an sgeama sin a'

Cuspair 3.2

freagairt gu dlùth air amasan a th' aig maoin CYPFEIF is ALEC, is iad seo air aontachadh le Comann nam Pàrant is an CORRA Foundation ro làimh.

3.5 Airson sgeama nan Tabhartasan Foghlaim, chan eil prìomhachasan sònraichte ann airson tagraichean, ach gu bheil iad clàraichte air cùrsa teagaisg iomchaidh – is diofar ìrean taic ri fhaighinn a rèir dè an cùrsa agus dè an taic-airgid a tha iad air faighinn tron sgeama a-cheana.

3.6 Gheibhear tuilleadh fios gu h-ìosal air prìomhachasan is bun-riaghailtean an dà sgeama, agus gheibhear fiosrachadh fo phuing 5.4 air mar a tha na sgeamaichean seo a' freagairt air gnìomhan Plana Chorporra agus Plana Gnìomh Bòrd na Gàidhlig.

3.7 **Tabhartasan nan Tràth-bhliadhnaichean**

A' fosgladh	A' dùnadh	Pròiseactan a' ruith
20 Cèitean 2021	8 Iuchar 2021	Lùnastal 21 – Ògmhios 22

3.8 Buidseat 2021/22 (tuairmse): £100,000

3.9 Prìomhachasan

- A' daingneachadh gu bheil cothrom seasmhach aig clann is teaghlaichean air solar tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig
- A' cur ris an àireamh chloinne a tha a' cumail a' dol le ionnsachadh tron Ghàidhlig aig ìrean eadar-ghluasaid
- A' cuideachadh barrachd theaghlaichean ann an Alba a bhith mothachail air na buannachdan a thig bho dhà-chànanas agus air na cothroman a gheibhear le foghlam tron Ghàidhlig
- A' cuideachadh phàrantan gus am bi eòlas nas fheàrr aca air goireasan agus air na cothroman a th' ann gus taic a chumail is conaltradh a dhèanamh ri an cuid chloinne tron Ghàidhlig san taigh agus sa choimhearsnachd

3.10 Bun-riaghailtean

- Tha an sgeama fosgailte do bhuidhnean sam bith, ach le prìomhachas air buidhnean carthannais (gus deagh riaghladh a bhrosnachadh am measg buidhnean tràth-bhliadhnaichean) agus an uair sin air buidhnean saor-thoileach
- Chan fhaod buidhnean ach 1 iarrtas a chur a-steach
- Chan fhaodar iarrtas a chur a-steach airson còrr is £5,000, ach ma tha a' bhuidheann a' ruith barrachd na aon seisean san t-seachdain, faodar iarrtas a chur a-steach suas ri £15,000

3.11 Slatan-tomhais

- A' freagairt air prìomhachasan na maoine
- Comasan air seiseanan Gàidhlig aig deagh inbhe a' lìbhrigeadh
- Cho math is a tha a' bhuidheann a' cur ri cleachdadh, ionnsachadh is cur air adhart na Gàidhlig
- Soirbheachas na buidhne ann a bhith a' cur ri àireamhan frithealaidh, àireamhan a' dol a-steach gu FtG agus a bhith a' cur air adhart na Gàidhlig san sgìre
- Comasan na buidhne gus sùil a chumail air is measadh a dhèanamh air adhartas
- A' brosnachadh co-ionnanas agus a' toirt seachad cothroman do chlann a tha fo chùram
- Luach an airgid ga shealltainn anns an iarrtas

Cuspair 3.2

3.12 **Tabhartasan Foghlaim**

A' fosgladh	A' dùnadh	Pròiseactan a' ruith
1 Ògmhios 2021	2 Sultain 2021	Sultain 2021 – Ògmhios 22

3.13 Buidseat 2021/22 (tuairmse): £75,000

3.14 Prìomhachasan

Tha an sgeama ann gus taic a chumail ri:

- Oileanaich air cùrsa teagaisg Gàidhlig
- Oileanaich air cùrsa thràth-bhliadhnaichean neo cùraim-chloinne Gàidhlig
- Luchd-teagaisg an sàs ann am foghlam tron Ghàidhlig (a tha airson cùrsa a dhèanamh gus na sgilean aca a leasachadh)

3.15 Bun-riaghailtean

- Tha taic airson cìsean suas ri £1,820, ri fhaighinn ach ma tha e ceadaichte do thagraiche na cìsean aca a phàigheadh tro SAAS chan fhaod iad taic iarraidh airson cìsean
- Tha tabhartas suas ri £1,000 ri fhaighinn mar thabhartas a rèir dè a' chùrsa agus dè an ìre den chùrsa air a bheil an tagraiche (m.e. suim nas ìsle airson cùrsa pàirt-thìde)
- Tha tabhartas suas ri £5,000 gu h-iomlan ri fhaighinn airson daoine a tha air dreuchd làn-thìde a leigeil seachad airson an cùrsa a ghabhail, is tha an t-suim seo air lùghdachadh a rèir dè cho fada is a tha an tagraiche air a bhith ann an obair (m.e. £5,000 ma tha iad air a bhith ann an obair airson 4+ bliadhna, ach dìreach £2,000 ma tha iad air a bhith ann an obair airson 1 bliadhna)

3.16 Slatan-tomhais

Thèid iarrtasan a mheasadh, còmhla ri fianais a bharrachd a thathar a' sireadh, gus dearbhadh gu bheil an neach freagarrach airson taic-airgid fhaighinn, is ma tha iad freagarrach gheibh iad an t-suim air a bheil iad airidh.

3.17 Tha oifigearan a' cur fàilte air beachdan nam ball air na prìomhachasan, bun-riaghailtean is slatan-tomhais seo is tha iad toilichte molaidhean a ghabhail airson biadhachadh a-steach do sgeamaichean foghlaim 2021/22.

4.0 Moladh

4.1 Aontachadh ri prìomhachasan is bun-riaghailtean nan sgeamaichean taic-airgid foghlaim airson 2021/22.

5.0 Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach

5.1 Buaidhean air Ionmhas

Tha na bun-riaghailtean a thaobh suimeannan taic-airgid a dh'fhaodas luchd-iarrtais iarraidh air a bhith aig an ìre seo o chionn beagan bhliadhnaichean.

5.2 Buaidhean air Luchd-obrach

Cha bhith gin ann.

5.3 Buaidhean air Trèanadh

Cha bhith buaidh air trèanadh air luchd-obrach a' Bhùird.

5.4 Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra

5.4.1 Bidh na sgeamaichean seo a' cur taic ris na gnìomhan a leanas bho Phlana Corporra Bòrd na Gàidhlig:

Cuspair 3.2

5.4.2	**Cleachdadh na Gàidhlig** • "A' toirt taic do bhuidhnean is daoine fa leth airson barrachd chur-seachadan, thachartasan is ghoireasan a chur air dòigh, agus feadhainn nas fheàrr, do dhaoine òga agus a' toirt taic do dh'fheadhainn a thèid a chur air dòigh le daoine òga" (Tràth-bhliadhnaichean) • "A' cur barrachd chothroman, is cothroman nas fheàrr, air adhart far am bi teaghlaichean a' cleachdadh na Gàidhlig anns an dachaigh aca" (Tràth-bhliadhnaichean)
5.4.3	**Ionnsachadh na Gàidhlig** • "Ag obair còmhla ri buidhnean de phàrantan is buidhnean buntainneach gus fàs a thoirt air FtG" (Tràth-bhliadhnaichean, Foghlam) • "A' cur iomairtean air dòigh le luchd-compàirt gus barrachd taic a thoirt do theaghlaichean nuair a tha a' chlann aca aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean" (Tràth-bhliadhnaichean) • "A' toirt taic do luchd-compàirt gus cothroman ionnsachaidh proifeiseanta a chruthachadh is a lìbhrigeadh leis an amas gum bi barrachd luchd-obrach ann agus barrachd sgilean aig luchd-obrach" (Foghlam) • "A' toirt taic do chothroman dreuchdail agus ionnsachadh proifeiseanta airson luchd-obrach proifeiseanta is luchd-obrach taice a tha ag obair ann am foghlam, agus a' dèanamh sanasachd air na cothroman is air an ionnsachadh sin" (Foghlam)
5.4.4	Bidh na sgeamaichean a tha air ainmeachadh sa phàipear seo a' coileanadh nan gnìomhan a leanas ann am Plana Gnìomh 2020/21: • "Ann an com-pàirteachas le CnamP, dìon maoineachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil maoineachadh a bheir CORRA seachad a' coileanadh nam Prìomh Chomharran Coileanaidh aca" (Tràth-bhliadhnaichean) • "Cuir aghaidh air buaidh COVID-19 le bhith a' toirt taic do Bhuidhnean Tràth-bhliadhnaichean gus dòighean ùra a chruthachadh airson a bhith ag obair air-loidhne agus air a' bhlàr a-muigh, a' gabhail a-steach a bhith a' lìbhrigeadh 24 seiseanan tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig air-loidhne" (Tràth-bhliadhnaichean) • "A' toirt cothrom do bhuidhnean Tràth-bhliadhnaichean obrachadh tro lìbhrigeadh Sgeamaichean Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean agus tro cheannach àrachas airson buidhnean thràth-bhliadhnaichean." (Tràth-bhliadhnaichean)
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☒	Clann	☒
Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒

Cuspair 3.2

	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒			
5.6	**Buaidhean air Cliù**				
	Tha na sgeamaichean seo a' cur ri cliù na buidhne is iad a' cumail taic ri luchd-ùidh ann an raointean sònraichte gus Gàidhlig a leasachadh.				
5.6	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**				
	Bidh aig gach pròiseact a gheibh taic-airgid tro Thabhartasan nan Tràth-bhliadhnaichean ri dhearbhadh mar phàirt de dh'aonta cùmhnant taic-airgid gum bi am pròiseact aca a' leantainn an lagh is stiùireadh slàinte as ùire ri linn sgaoileadh a' choròna-bhìorais.				
5.7	**Buaidhean Laghail**				
	Airson gach sgeama taic-airgid aig Bòrd na Gàidhlig tha sinn ag iarraidh air luchd-iarrtais a bhith mothachail air clann a tha fo chùram is cothroman a chruthachadh dhaibh, is seo mar dhleastanas oirnn fo Achd na Cloinne is nan Daoine Òga (Alba) 2004 agus Plana Pàrantan Corporra aig Bòrd na Gàidhlig.				
5.8	**Buaidhean air Co-ionannas**				
	Tha co-ionannas is Pàrantan Corporra mar pàirt àbhaisteach de dh'fhoirmichean-iarrtais Bòrd na Gàidhlig gus am bi luchd-iarrtais mothachail air na dleastanasan aca gus co-ionannas is cothroman a bhrosnachadh do chlann a tha, no a th' air a bhith, fo chùram.				

Seisean Fosgailte
Cuspair 4.1

A' freagairt ri	Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-latha na Coinneimh	18/05/2021
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	4.1

Tiotal a' Phàipeir	Coileanadh a' Phlana Gnìomh	
Moladh do Bhuill	Airson fiosrachadh *	
Neach-labhairt:	Shona NicIllinnein, Ceannard	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	07/05/2021	Airson aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	Tha- PT1 – Coileanadh a' Phlana Gnìomh 20-21	

1.0	**Adhbhar**
1.1	'S e as adhbhar don phàipear seo fiosrachadh a thoirt don Chomataidh air coileanadh ghnìomhan ann an 2020/21 mu choinneamh na chaidh a chur ron bhuidhinn ann am Plana Chorporra 2018/23 agus Plana Gnìomh 2020/21.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Tha am Plana Corporra aig Bòrd na Gàidhlig a' comharrachadh 9 builean coileanaidh a bhios gan cleachdadh airson measadh a dhèanamh air coileanadh mu choinneamh phrìomhachasan ro-innleachdail a tha rin coileanadh ro 2023.
2.2	Tha Plana Gnìomh 2020/21 a' comharrachadh ghnìomhan sònraichte a thèid a choileanadh gus adhartas a dhèanamh le prìomhachasan ro-innleachdail bhon Phlana Chorporra. Tha na clàran san aithisg an cois seo a' toirt iomradh air an adhartas a tha ga dhèanamh leis a seo.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Aig an ìre seo, tha aon phuing gu sònraichte cudromach – buaidh Covid-19. Tha fios ann nach tèid cuid de na gnìomhan a choileanadh agus tha oifigearan ag obair taobh a-staigh agus taobh a-muigh na buidhne gus slighean eile a chur an gnìomh gus an tèid na toraidhean a libhrigeadh. Aig an àm seo, thathar den beachd gur ann mar seo a tha an suidheachadh: Àireamh de Ghnìomhan uile gu lèir: 49 Air an coileanadh: 31 (63%) Fo sheòl le dùil gum bi iad dèanta taobh a-staigh 3 mìosan: 10 (20%) Cha deach iad air adhart air sgàth COVID-19: 8 (16%) Tha barrachd fiosrachadh sa phàipear PT1 air gach Prìomh Chomharra Coileanadh agus gach gnìomh. A bharrachd air an obair sa Phlana Gnìomh 20/21, tha e cudromach a chomharrachadh obair eile a chaidh a dhèanamh tro bhliadhna a bha cho eadar-dhealaichte bho bhliadhna sam bith eile ann an iomadh dhòigh. • Tha a' bhuidheann air fad air gluasad gu bhith ag obair air-loidhne is aig an

taigh gu soirbheachail; na measg sin, tha coinneamhan Chomataidhean is a' Bhùird-stiùiridh air-loidhne is fosgailte dhan phobaill;

- Chaidh dà sgeama-taic airgid ùr is fa leth a chur air dòigh tron bhliadhna gus taic a chumail ri buidhnean a bha a' fulaing air sgàth buaidhean COVID-19 is sgaoil BnG £283,423 tron dà sgeama sin;
- Thug Riaghaltas na h-Alba barrachd taic-airgid dhan bhuidhinn is chaidh aontachadh ri iarrtas bho Chomunn na Gàidhlig is Fèisean nan Gàidheal gus oifigearan a stèidheachadh, gu sònraichte sna h-Eilean an Iar, gus cleachdadh na Gàidhlig a neartachadh;
- Chaidh com-pàirteachas ùr a stèidheachadh eadar Fearann Coimhearsnachd na h-Alba is BnG gus maoin a chur air bhonn airson taic a chumail ris na coimhearsnachdan sna h-eileanan gus na pròiseactan is planaichean aca a chur an gnìomh; le co-dhùnaidhean air cò gheibh airgid air a dhèanamh gu h-ionadail;
- Chaidh lìonra proifeasanta a chur air dòigh son oifigearan Gàidhlig, le fòcas gu sònraichte air daoine a tha stèidhichte ann an coimhearsnachdan;
- Gus barrachd taic agus conaltradh nas làidire a dhèanamh eadar buidhnean, chaidh dòigh-obrach a stèidheachadh far am bi ceannardan bhuidhnean Gàidhlig, nam measg MG, RnA is SMO, a' coinneachadh uair gach mìos; agus an aon seòrsa lìonraidh airson oifigearan conaltraidh Gàidhlig.
- Chaidh 3 co-chomhairlean poblaich a chumail – aon a' sireadh bheachdan air mar a thèid am maoineachadh aig BnG a chleachdadh; aon a' sireadh bheachdan airson an ath Phlana Nàiseanta; agus aon, le com-pàirtichean, a' sireadh bheachdan bho òigridh air cleachdadh na Gàidhlig is dòighean gus sin a neartachadh.

4.0	**Moladh**
4.1	Tha am pàipear seo airson fiosrachadh is thathar ag iarraidh air Buill toirt fa-near don fhiosrachadh seo
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Bha buaidh aig COVID air mar a bha pròiseactan a' ruith, le cuid a' ruith air dheireadh, cuid nach robh air tòiseachadh agus gun do steidhich BnG dà mhaoin sònraichte airson dèiligeadh ri buaidh COVID air a' Ghàidhlig. A dh'aindheoin sin, chaidh am buidseat aig BnG a chosg gu h-èifeachdach tron bhliadhna 20/21.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Bha buaidh mhòr air an luchd-obrach oir tha an aithisg seo a' toirt iomradh air iomadh gnìomh a tha an sgioba a' toirt air adhart, a' mhòr chuid a bha sa Phlana Gnìomh 20/21 ach tòrr obair eile a nochd tron bhliadhna.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air trèanadh ach le cuid de na gnìomhan, tha iad a' ciallachadh gum bi trèanadh a bharrachd a dhìth air cuid.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
	Tha am pàipear seo a' cur ris na ceithir amasan corporra aig Bòrd na Gàidhlig.
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha

sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach		ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach	
AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann is Òigridh	☒
Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
Àrainneachd	☒	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			☒

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	Thathar an dùil gum bi an aithisg seo a' cur ri cliù na buidhne leis an eòlas a tha ri fhaighinn air obair na buidhne.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air Slàinte is Sàbhailteachd.
5.8	**Buaidhean Laghail**
	Chan eil buaidh laghail dhìreach sam bith aig an aithisg seo.
5.9	**Buaidhean air Co-ionannachd**
	Chan eil buaidh sam bith a bharrachd aig an aithisg seo air co-ionannachd.
5.10	**Buaidhean air Àrainneachd**
	Bhathar an dùil gum biodh targaidean àireamhail air an cruthachadh gus eimiseanan carboin a lùghdachadh ach leis nach robh e comasach dhan sgioba am fiosrachadh a bha san oifis fhaighinn, cha robh e comasach na targaidean a chur air bhonn. A dh'aindeoin sin, tha an dòigh-obrach ùr a' dèanamh feum dhan àrainneachd oir cha robh siubhal ann tron bhliadhna is bidh na dòighean-obrach ùra a' buaileadh air mar a bhios sinn ag obair sna bliadhnaichean ri teachd.

Seisean Fosgailte
Cuspair 4.1

A' COILEANAIDH A' PHLANA GNÌOMH 2020-21

Ar Lèirsinn: Gum bi a' Ghàidhlig air a faicinn is air a cluinntinn gu làitheil air feadh Alba, chun na h-ìre 's gum bi i air a h-aithneachadh mar phàirt bhunaiteach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha.	**Our Vision:** Gaelic is seen and heard on a daily basis across Scotland, such that it is widely recognised as an integral part of Scottish life and a national and economic asset

1. A' Cleachdadh na Gàidhlig

1. Using Gaelic

Prìomhachasan Ro-innleachdail Barrachd dhaoine a' cleachdadh agus a' faighinn buannachd bho Ghàidhlig san àite-obrach, aig an dachaigh agus anns a' choimhearsnachd	**Strategic Priority 1** More people are using and benefiting from Gaelic at work, at home and in the community

▪ **Ciamar a tha an t-adhartas a' cuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh na lèirsinn?**	Tha am Plana Corporra 2018-23 aig Bòrd na Gàidhlig gu mòr stèidhichte air a' Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-23 agus tha e a' toirt stiùir dhuinn air mar a bhios an obair againn a' dèanamh diofar gus am bi a' Ghàidhlig air a faicinn is air a cluinntinn gu làitheil air feadh Alba, chun na h-ìre 's gum bi i air a h-aithneachadh mar phàirt bhunaiteach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha. Tha Bòrd na Gàidhlig a' cuideachadh barrachd dhaoine le bhith a' cleachdadh agus a' faighinn buannachd bho Ghàidhlig san àite-obrach, aig an dachaigh agus anns a' choimhearsnachd.
▪ **A bheil adhartas mu choinneamh na lèirsinn mar a bhiodh dùil?**	Tha e fìor a ràdh nach robh an t-adhartas mar a bha sinn an dùil am-bliadhna air sgàth COVID-19. Cha robh e comasach dhuinn cuid de na pròiseactan a thoirt air adhart idir, bha e comasach dhuinn cuid a thoirt air adhart gu ìre agus bha e comasach barrachd adhartais fhaicinn le cuid de na pròiseactan na bha sinn an dùil. Le prògram banachdaich a-nis fo sheòl tha e nas coltaiche gu bheil sinn ceumannan nas fhaisg air cleachdadh na Gàidhlig aghaidh ri aghaidh san àite-obrach agus anns a' choimhearsnachd fhaicinn a-rithist a dh'aithghearr. Tha pàirt fada nas cudromaiche air a bhith aig teicneòlais na bha sinn an dùil agus tha seo air a bhith gu math cudromach ann a bhith a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh. Tha sinn air tòrr ionnsachadh tron iomairt #cleachdiaigantaigh gus taic a chumail ri cleachdadh na Gàidhlig am measg daoine òga agus thathas an dùil gum bi pìosan de seo a' leantainn air adhart mar deagh chleachdadh thairis air na bliadhnaichean ri thighinn. Tha e fìor a ràdh cuideachd gu bheil draghan mòra ann mu dheidhinn suidheachadh na h-eaconamaidh air feadh na dùthcha agus gu sònraichte ann an cuid de na roinnean, leithid cultar agus turasachd, far a bheil dlùth cheangal ri cleachdadh na Gàidhlig.

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 31/03/21	Coileanadh gu 31/03/2021	Dùil aig 31/03/2021	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Orainds/ Uaine		
Prìomh Chomharra Coileanaidh 1: Barrachd chothroman do dhaoine an sgilean Gàidhlig a chur gu feum	Tuigse nas fheàrr air na cnapan-starra a tha ann am measg fhileantach ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig sna h-Eileanan Siar	Tha an coimisean rannsachaidh a bhuil Bòrd na Gàidhlig air Oilthighean Ghlaschu is Dhùn Èideann a' coimhead air dèiligeadh ris na cnapan-starra. Ri linn paindeamaig COVID-19, thathar air gluasad bho choinneamhan aghaidh ri aghaidh gu agallamhan bhiortail, le sìneadh sa chlàr-ama gu deireadh an Iuchair 2021 san dòchas gun gabh cuid de chòmhraidhean a chumail, aig astar sòisealta, sa bhliadhna ionmhais ùir. Leis an ùine a bharrachd, chaidh an rannsaiche-raoin tùsail a chall, ach tha tè ùr san Eilean Sgitheanach (mar sin faisg air na h-eileanan fo sgrùdadh) air a fastadh.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
	Barrachd cleachdaidh den Ghàidhlig ann an coimhearsnachdan air feadh Alba	Tha Bòrd na Gàidhlig a' cumail taic ri pròiseactan ann an coimhearsnachdan air feadh Alba a bhios a' cur air adhart cleachdadh na Gàidhlig. Gu ruige seo ann am bliadhna ionmhais 20-21 tha sinn a' cumail taic ris na leanas: - 17 pròiseactan Colmcille - 51 pròiseactan GLAIF - 74 pròiseactan Taic Freumhan Coimhearsnachd (TFC) - 51 tabhartasan foghlaim - 26 buidhnean tràth-bhliadhnaichean - 53 pròiseactan ri linn COVID-19 - 3 pròiseactan tron Mhaoin Co-obrachaidh - 13 prìomh bhuidhnean lìbhrigidh - 49 pròiseactan "Eile" nach eil tighinn fo sgèith nan sgeamaichean gu h-àrd **337** pròiseactan uile-gu-lèir a bhios a' cur air adhart cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan air feadh Alba.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd

		Cuideachd, tha Bòrd na Gàidhlig ag obair le 67 ùghdarrasan poblach aig a bheil planaichean Gàidhlig reachdail aontaichte no a tha ag obair a dh'ionnsaigh fear a chruthachadh. Tha na buidhnean seo ag obair ann an coimhearsnachdan air feadh Alba.			
Prìomh Chomharra Coileanaidh 2: Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt "Tha a' Ghàidhlig a' dèanamh diofar nam bheatha"	Comharrachadh àireamh bhun-loidhne de dhaoine a tha ag aithris gu bheil buaidhean deimhinneach ann mar thoradh air cleachdadh na Gàidhlig	Tha an obair seo stèidhichte air an fhiosrachadh a bhios anns na h-aithisgean adhartais agus deireannach a chuireas buidhnean gu Bòrd na Gàidhlig. Tha an obair seo a' dol air adhart beag air bheag agus mar bu chòir, ach tha dàil air a bhith ann le bhith a' faighinn aithisgean bho bhuidhnean air sgàth duilgheadasan le bhith a' ruith nam pròiseactan air sgàth COVID-19.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
	Fianais gu bheil barrachd chothroman do dh'òigridh a bhith ag inntrigeadh margaidh na h-obrach, far a bheil iad a' cur an cuid sgilean Gàidhlig gu feum	Tha còmhraidhean a' dol air adhart le Sgilean Leasachaidh na h-Alba, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Comhairle nan Eilean Siar gus fàs a thoirt air cothroman preantasachd a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig no far am bi cothrom aig daoine òga na sgilean Gàidhlig aca a chur gu feum anns an àite-obrach. Ghabh 4 daoine òga pàirt anns an sgeama grèis gnìomhachas aig Comhairle nan Eilean Siar le taic-airgid bho Bhòrd na Gàidhlig thairis air mìosan an t-samhraidh, a dh' aindeoin na duilgheadasan a bh' ann ri linn COVID-19.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd

Cothroman Ùra
Dè na gnìomhan eile a dh'fhaodadh cuideachadh le adhartas leis an lèirsinn?

- Tha na h-àireamhan dhaoine a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig air loidhne fhathast gu math fallain gu sònraichte tro Duolingo (460k) agus tro LearnGaelic.scot. Tha e cudromach gu bheil sinn a' gabhail an cothrom seo a) gus fàs a thoirt air àireamhan luchd-cleachdaidh na Gàidhlig anns na bliadhnaichean ri teachd b) gus taic airson na Gàidhlig ann an Alba a leudachadh agus c) gus am bi am margaid airson seirbheisean Gàidhlig nas motha.
- Tha barrachd dhaoine ag obair bhon taigh a-nis agus bidh an t-suidheachadh seo a' leantainn air adhart airson na mìosan ri thighinn. Tha cothroman ann le seo a) nach bi daoine le sgilean Gàidhlig a ghluasad air falbh bho choimhearsnachdan Ghàidhlig agus b) bidh cothrom aig daoine le sgilean Gàidhlig gluasad gu coimhearsnachdan Ghàidhlig.
- Le barrachd dhaoine nas sgileil a thaobh a bhith coinneachadh ri daoine eile air loidhne mar eisimpleir tro Zoom mar a bha iad, tha cothrom ann gum bi comasan aig barrachd dhaoine pàirt a ghabhail ann an tachartasan Gàidhlig air loidhne thairis air na mìosan ri thighinn.
- Le pròg̀ram banachdaich a-nis fo sheòl tha e nas coltaiche gu bheil sinn ceumannan nas fhaisg air cleachdadh na Gàidhlig aghaidh ri aghaidh san àite-obrach agus anns a' choimhearsnachd fhaicinn a-rithist a dh'aithghearr.
- Tha sinn air tòrr a ionnsachadh tron iomairt #cleachdiaigantaigh gus taic a chumail ri cleachdadh na Gàidhlig am measg daoine òga agus thathas an dùil gum bi pìosan de seo a' leantainn air adhart mar deagh chleachdadh thairis air na bliadhnaichean ri thighinn

Seisean Fosgailte
Cuspair 4.1

1.1 Gnìomhan 2020-21

1. A' Cleachdadh na Gàidhlig	Gnìomhan 2020-21	Adhartas gu 31/03/3021	Coileanadh gu 31/03/2021	Dùil aig 31/03/2021	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Orainds/Uaine		
Cuir ri cleachdadh na Gàidhlig am measg na feadhna aig a bheil sgilean Gàidhlig	Crìoch a chur air pròiseact rannsachaidh tùsail sna h-Eileanan Siar gus cnapan-starra aithneachadh a thaobh cleachdadh na Gàidhlig am measg luchd-labhairt fileanta na Gàidhlig sa choimhearsnachd ud	Tha an coimisean rannsachaidh a bhuil Bòrd na Gàidhlig air Oilthighean Ghlaschu is Dhùn Èideann a' coimhead air dèiligeadh ris na cnapan-starra. Ri linn paindeamaig COVID-19, thathar air gluasad bho choinneamhan aghaidh ri aghaidh gu agallamhan bhiortail, le sìneadh sa chlàr-ama gu deireadh an Iuchair 2021 san dòchas gun gabh cuid de chòmhraidhean a chumail, aig astar sòisealta, sa bhliadhna ionmhais ùir. Leis an ùine a bharrachd, chaidh an rannsaiche-raoin tùsail a chall, ach tha tè ùr san Eilean Sgitheanach (mar sin faisg air na h-eileanan fo sgrùdadh) air a fastadh.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
	Iomairt #cleachdi air a leasachadh thar nan roinnean poblach, prìobhaideach agus saor-thoileach	Às dèidh pròiseas solarachaidh, fhuair Comhairle nan Leabhraichean cùmhnant bathar #cleachdi a sgaoileadh às leth Bòrd na Gàidhlig fad bliadhna. Thòisich iad sa Ghiblean 2021 agus tha iad an-dràsta a' rannsachadh prìsean is a' cur òrdughan a-staigh airson bathar #cleachdi ùr fhaighinn. Cha b' urrainn dhuinn bathar a th' againn aig Taigh na Ghlinne Mhòr fhaighinn air sgàth riaghailtean Covid. Thathar an dùil gun tòisich Comhairle nan Leabhraichean air bathar a sgaoileadh anns a' Chèitean no san Ògmhios.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
	Cuir air dòigh lìonra de charaidean cleachdaidh air-loidhne gus cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud	Tha oifigearan aig Bòrd na Gàidhlig air planaichean ullachadh airson na h-iomairt #cleachdi Còmhla. Bidh Bòrd na Gàidhlig a' lorg buidheann fa-leth airson an obair seo a lìbhrigeadh agus cleachdaidh sinn am pròiseas solarachaidh airson a' chùmhnant. Bidh #cleachdi Còmhla na goireas air-loidhne/làrach-lìn a bhios a' tional, a' taisbeanadh is a' sgaoileadh fios mu chothroman cleachdaidh is còmhraidh sa Ghàidhlig. Bidh e cuideachd a' tabhainn trèanadh do dh'oidean is luchd-treòrachaidh bhuidhnean ann an uidheamachd, bathar-bog, dòighean-teagaisg agus goireasan. Tha sinn ann an conaltradh le SpeakGaelic mu seo gus a bhith cinnteach gu bheil sinn uile mothachail air na tha a' dol gach taobh.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
Cuir am meud cothroman do dh'inbhich a tha ag ionnsachadh sgilean Gàidhlig a bhith a' cleachdadh an cuid Gàidhlig nas trice	Pròiseactan thar-churraicealaim air am maoineachadh gus taic a chumail ri sgoilearan àrd-sgoile ann am foghlam na Gàidhlig gus a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig nas trice	Tha Bòrd na Gàidhlig a' toirt maoineachadh gu diofar phròiseactan gus taic a chumail ri cleachdadh na Gàidhlig am measg sgoilearan àrd-sgoile – gu sònraichte Oifigearan Iomairt aig Comunn na Gàidhlig, le dlùth ceangal ri sgoilearan àrd-sgoile air feadh na h-Alba agus le lìonra gu sònraichte làidir anns na h-Eileanan Siar. Bha e comasach do Bhòrd na Gàidhlig barrachd taic-airgid a thoirt do Chomunn na Gàidhlig agus Fèisean nan Gàidheal gus na sgiobaidhean aca a neartachadh gus barrachd taic a chumail ri cleachdadh na Gàidhlig a neartachadh am measg sgoilearan àrd-sgoile.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
	Cuir air dòigh lìonra de dh'àiteachan is cothroman do dhaoine a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig nas trice	Tha sinn air tòrr adhartais fhaicinn am-bliadhna far am bi lìonraidhean a' tighinn ri chèile gus Gàidhlig a chleachdadh còmhla, mar eisimpleir #cleachdiaigantaigh. Tha fios againn bho rannsachadh a rinn Comunn nam Pàrant gu bheil teaghlaichean a' faicinn nan cothroman cleachdaidh beò seo mar rud gu math luachmhor. Leis an glasadh-sluaigh bhon Mhàirt 2020 air adhart, cha robh e comasach cothroman cleachdaidh aghaidh-ri-aghaidh a dhèanamh ro dheireadh a' Mhàirt 2021 mar a bhathas an dùil ach tha e fa-near dhuinn seo a thoirt air adhart mar phàirt den sgeama #cleachdi Còmhla san àm ri teachd.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
	Pròiseactan air am maoineachadh a tha a' furastachadh tar-chur eadar-ghinealach de sgilean Gàidhlig	Tha Bòrd na Gàidhlig a' maoineachadh phròiseactan a bhios a' cur air adhart tar-chur eadar-ghinealaich, am measg nam prìomh bhuidhnean leasachaidh mar eisimpleir Tobar an Dualchais, An Comunn Gàidhealach agus Fèisean nan Gàidheal.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
Brosnachadh aithne den cheangal eadar cleachdadh na Gàidhlig agus piseach air sunnd	Thèid frèam a chruthachadh gus buannachdan sunnd a thomhas agus iad ceangailte ri bhith a' cleachdadh na Gàidhlig	Tha sinn air fios a thogail bho aithisgean dheireannach thairis air grunn bhliadhnaichean gu bheil ceangal làidir ann eadar a bhith a' gabhail pàirt ann an tachartasan Gàidhlig agus sunnd inntinneil, faireachail, sòisealta agus corporra. Tha barrachd is barrachd tuigse againn air cho cudromach 's a tha deagh shunnd ach cha deach a' cheist seo a thogail le buidhnean a tha a' faighinn maoineachadh bhuainn ann an dòigh fhoirmeil. Thathas a' moladh gun tèid ceist mu dheidhinn deagh shunnd a thogail le buidhnean bho 01 Giblean 2021 agus gum bi seo mar tè de na prìomh chomharran coileanaidh bho seo a-mach.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd

Seisean Fosgailte
Cuspair 4.1

1. A' Cleachdadh na Gàidhlig	Gnìomhan 2020-21	Adhartas gu 31/03/3021	Coileanadh gu 31/03/2021	Dùil aig 31/03/2021	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Orainds/Uaine		
	Foillseachadh 6 rannsachaidhean cùise a tha ga dhèanamh nochdte gu bheil ceangal eadar cleachdadh na Gàidhlig agus sunnd	Chaidh 4 postaichean a sgaoileadh air na meadhanan sòisealta a' comharrachadh phròiseactan le ceangal ri Gàidhlig is sunnd ro 31/03, le 1 eile a' dol a-mach air 01/04 is am post mu dheireadh air fàire ro dheireadh a' Ghiblein. 'S e "Gàidhlig agus Sunnd" tiotal an t-sreath. Eisimpleir - https://www.facebook.com/bordnagaidhlig/photos/4343751615638383			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
Obair le coimhearsnachdan gus dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig air a fighe a-steach ann an leasachaidhean sòisealta, cultarail is eaconamach	Cairt Coimhearsnachd Ghàidhlig nan Eilean Siar ann an com-pàirteachas le Comhairle nan Eilean Siar agus Riaghaltas na h-Alba air a cur air bhonn agus air a thoirt am follais.	Tha còmhraidhean air a bhith a' leantainn air adhart gu math eadar Bòrd na Gàidhlig agus Comhairle nan Eilean Siar gus "Cairt na Gàidhlig" a stèidheachadh san sgìre. Tha an dà bhuidhinn ag obair air àrd phrionnsabalan an-dràsta, leis an dùil conaltradh a chumail mu dheidhinn le coimhearsnachdan. Thathas an dùil gum bi co-obrachadh eadar ùghdarrasan poblach, buidhnean Gàidhlig agus buidhnean choimhearsnachd aig teas mheadhan na h-iomairt seo.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
	Cothroman air an leasachadh do dhaoine òga le sgilean Gàidhlig a bhith a' dol bhon sgoil a-steach gu obraichean de dheagh chàileachd far an tèid aca air na sgilean sin a chleachdadh.	Tha còmhraidhean a' dol air adhart le Leasachadh Sgilean na h-Alba, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Comhairle nan Eilean Siar gus fàs a thoirt air cothroman preantasachd a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig no far am bi cothrom aig daoine òga na sgilean Gàidhlig aca a chur gu feum anns an àite-obrach. Ghabh 4 daoine òga pàirt anns an sgeama grèis gnìomhachas aig Comhairle nan Eilean Siar le taic-airgid bho Bhòrd na Gàidhlig thairis air mìosan an t-samhraidh, a dh' aindeoin nan duilgheadasan a bh' ann ri linn COVID-19.			stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd

2. 0 Ionnsachadh na Gàidhlig

2. Learning Gaelic

Prìomhachas Ro-innleachdail 2: Tha cothroman air leudachadh, agus nas ruigsinniche, do dhaoine aig aois sam bith gus an sgilean Gàidhlig a leasachadh	**Strategic Priority 2:** Opportunities for people to develop their Gaelic skills at any age have increased and are more accessible

▪ **Ciamar a tha an t-adhartas a' cuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh na lèirsinn?**	Tha an t-adhartas gu ruige seo a' cur ris ar lèirsinn tro: Leasachaidhean le cothroman a bharrachd airson an cànan ionnsachadh (luchd-fileanta agus luchd-ionnsachaidh) Neartachadh ìomhaigh a' chànain (ann an coimhearsnachdan eadar-dealaichte agus gu nàiseanta) A' leudachadh siostaman conaltraidh agus co-obrachaidh airson na targaidean sa Phlana Nàiseanta a choileanadh.
▪ **A bheil adhartas mu choinneamh na lèirsinn mar a bhiodh dùil?**	Ri linn Covid-19 tha sinn a' beachdachadh gu faiceallach air na dòighean-obrach againn – gu seachd àraidh leis gu bheil an galar a' bualadh gu mòr air seirbheisean foghlaim (de gach seòrsa).

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 31/03/2021	Coileanadh gu 31/03/2021	Dùil aig 31/03/2021	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Orainds/Uaine		
Prìomh Chomharra Coileanaidh 3: A' cumail taic ri seirbheisean làithreach. *Maintain support for existing provision.*	Cruinnichidh sinn 'Plana B' bho gach buidheann a fhuair maoineachadh tro sgeama Thabhartasan Tràth-bhliadhnaichean.	Dèante. Tha 27 buidhnean air planaichean B a chur air adhart thugainn gu ruige seo is 18 air ath-thòiseachadh eadar air-loidhne no air a' bhlàr a-muigh (6). Tha seo a' gabhail a-steach gach buidheann a ghabh ri cùmhnant maoineachaidh bho Bhòrd na Gàidhlig.			Stiùiriche Foghlam
	Pròg̀ram air a lìbhrigeadh le goireas ri fhaighinn air-loidhne gach seachdain eadar Am Faoilleach agus am Màrt 2021.	Chaidh an clàr-ama a shìneadh rud beag. Chaidh an goireas 'Gìog ort' fhoillseachadh sa Mhàrt 2021 ann an co-bhann le Stòrlann, Bòrd na Gàidhlig agus Comann nam Pàrant. Gu ruige seo, chaidh 5 bhideothan a sgaoileadh air-loidhne, le 5 eile clàraichte agus a thèid an sgaoileadh anns na seachdainean a tha romhainn. A rèir figearan luchd-amharc choimhead barrachd is 200 neach air a' chiad bhideo agus nì sinn trusadh air fianais a bharrachd ann an co-bhann le Stòrlann.			Stiùiriche Foghlam
	6 cothroman trèanaidh air loidhne ri fhaighinn tron bhliadhna.	Dèante. Ann an co-bhann le Stòrlann, chaidh 4 seiseanan trèanaidh air goireas Gàidhlig nan Òg a chumail eadar an t-Samhain is An Dùbhlachd le 24 an làthair.			Manaidsear Foghlam

Seisean Fosgailte
Cuspair 4.1

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 31/03/2021	Coileanadh gu 31/03/2021	Dùil aig 31/03/2021	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Orainds/Uaine		
		Chaidh 1 seisean trèanaidh mu dheidhinn 'ionnsachadh air a bhlàr a-muigh' a lìbhrigeadh le CALA sa Mhàrt 2021 le 20 an làthair. Bha aon de na bhideothan 'Gìog Ort' ag amas air a' bhlàr a-muigh cuideachd airson taic a bharrachd a thoirt do bhuidhnean.			
	Measaidhean deimhinneach air seiseanan trèanaidh air an trusadh, air cnuasachadh orra, is air an cur an gnìomh.	Chaidh measaidhean a dhèanamh le Stòrlann agus CALA agus tha sinn an dùil ri fiosrachadh a dh'aithghearr. A bharrachd air sin bha riochdaire Bhòrd na Gàidhlig an làthair aig gach seisean trèanaidh.			Manaidsear Foghlam
Prìomh Chomharra Coileanaidh 4: Barrachd chothroman aig daoine an sgilean Gàidhlig a leasachadh *More opportunities for people to enhance their Gaelic skills*	Meudachadh ann an àireamh nan sgoilearan ann an FtG agus FLI	Tha sinn an dùil gum bi àireamh na cloinne ann am FtG a' dol am meud. A thaobh FLI tha coltas ann gum bi sinn feumach air sealladh nas fhad-ùiniche (gus am bi leasachaidhean leis an ATQ Gaelic a' toirt buaidh air an t-siostam, mar eisimpleir). Bha àrdachadh anns na h-àireamhan am FtG aig ìre na bun-sgoile eadar: 2018/19 (3,471) agus 2019/20 (3,701) agus ann am FtG aig ìre na h-àrd-sgoile 2018/19 (1,423) agus 2019/20 (1,451). Chaidh na h-àireamhan airson FLi am meud cuideachd: 2018/19 (3,266) agus 2019/20 (3,605). Tha sinn ag obair gu dlùth le Comann nam Pàrant Nàiseanta, Comann nam Pàrant Ghlaschu, Sgioba Taice Riaghaltas na h-Alba, oifigearan is ceannardan poilitigeach ann an Glaschu air an t-suidheachadh ann an Glaschu le àireamhan de dhaoine a' cur a steach airson àiteachan ann am FtG a' dol am meud (airson seisein 21-22)			Manaidsear Foghlam
	Meudachadh ann an àireamh an luchd-ionnsachaidh inbheach	Obair a' leantainn ann am com-pàirteachas – tha fianais ann gu bheil ùidh ann an ionnsachadh air-loidhne air fàs gu mòr (Learn Gaelic, Duolingo is msaa). Tha sinn a' dèanamh measadh air aithisgean stadastaireachd bho Learn Gaelic – tha fianais ann gu bheil ùidh sa chànain fhathast a' dol am meud.			Stiùiriche Foghlam
	Meudachadh de Churraicealam FtG aig Tràth-ìre na h-Àrd-sgoile	Lèirsinn againn gum biodh seo na leasachadh leantainneach – a' togail suas lìbhrigidh gach seisean. Bidh adhartas air seo a' crochadh air libhrigeadh èifeachdach ann am planadh / aithriseadh bliadhnail. Coinneamh Sgrùdaidh leis an OECD Curriculum Review 2.10 - le BnaG/CnamP/Fèisean nan G agus Comhairle Baile Ghlaschu a 'riochdachadh FtG. Chruthaich sinn Aithisg sgrìobhte airson An Sgrùdaidh Nàiseanta air A' Churraicealam (ann am compàirteachas le Fèisean / CnamP / Luchd-teagaisg à deifir àrdsgoiltean. Copaidh aig an LPM Iain Swinney, buidhnean nàiseanta Gàidhlig, buill Phàrlamaid le ùidh sa Ghàidhlig, Foghlam Alba, GLAN is msaa.			Stiùiriche Foghlam
	Tha plana Gàidhlig air a chur an gnìomh aig gach Àrd-sgoil a tha a' lìbhrigeadh FtG/FLI	Tha an obair seo a' leantainn agus chaidh planaichean àrd-sgoile a thogail aig coinneamhan le Comhairle Aonghais, Comhairle Pheairt is Ceann Rois agus Comhairle nan Eilean Siar aig deireadh na bliadhna. Tha seo cuideachd air a' chlàr airson coinneamh GLAN far am bi riochdairean bho ùghdarrasan ionadail eadar-dhealaichte an làthair aig deireadh an Fhaoillich 2021. Coinneamh GLAN air 29.01 am measg cùisean a thog sinn aig a' choinneimh. Deagh adhartas ann an Earra-Ghàidheal is Bòd (mar phàirt dheatamach a-nis dhen frèama fèin-measaidh airson àrd-sgoiltean a tha a' toirt seachad FtG) agus tha fianais ann gu bheil oifigearan ag obair air leasachaidhean ann an Comhairle na Gàidhealtachd.			Stiùiriche Foghlam
Prìomh Chomharra Coileanaidh 5: Barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt "Tha mi air na sgilean Gàidhlig agam a leasachadh" *More people agreeing with the statement "I have enhanced my Gaelic skills"*	Meudachadh anns an raon de dh'fhiosrachadh staitistigeil airson piseach a thomhas	Bidh fianais ann gun dèan sinn adhartas le seo thairis air a' bhliadhna.			Stiùiriche Foghlam
	80% de dhaoine ag aontachadh ris a' bharail seo	'S e seo fhathast ar targaid agus bidh sinn ag aithris air adhartas tron bhliadhna.			Stiùiriche Foghlam

Cothroman Ùra Dè na gnìomhan eile a dh' fhaodadh cuideachadh le adhartas leis an lèirsinn
Le Covid-19 tha e follaiseach gu bheil an dùthaich air fad a' beachdachadh air dòighean-lìbhrigidh eadar-dhealaichte airson seirbheisean – a' gabhail a steach seirbheisean foghlaim. Tha coltas ann gum bi cuid de na h-atharraichean an lùib seo maireannach. Tha coltas ann gum bi cothroman airson ionnsachaidh air-loidhne a' fàs – a' bualadh air cothroman ionnsachaidh, cothroman trèanaidh agus siostaman conaltraidh nas fharsaing is msaa. Bidh cothroman againn gus dòighean-obrach ùra a chruthachadh gus a bhith cinnteach gu bheil leasachaidhean airson na Gàidhlig co-ionann ri / nas fheàrr na leasachaidhean a' bualadh air lìbhrigeadh tron Bheurla.

Seisean Fosgailte
Cuspair 4.1

2.1 Gnìomhan 2020-21

2. Ionnsachadh na Gàidhlig	Gnìomhan 2020-21	Adhartas gu 31/03/2021	Coileanadh gu 31/03/2021	Dùil aig 31/03/2021	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Orainds/Uaine		
Meudachadh de 10% san àireimh de sheiseanan Bookbug bhon bhun-loidhne far a bheil i an-dràsta; meudachadh na h-àireimh de theaghlaichean	Àireamh iomchaidh de sheiseanan Bookbug a bharrachd air an lìbhrigeadh [19/20 335 seiseanan: 2309 Inbhich, 3209 Clann]	Chan deach seo a choileanadh ri linn Covid-19. Tha seiseanan Bookbug a' ruith air-loidhne agus tha sinn gam foillseachadh air na meadhanan sòisealta. Tha Bòrd na Gàidhlig ann an conaltradh leis na buidhnean tràth-bhliadhnaichean agus Urras Leabhraichean na h-Alba gus dàta a chruinneachadh mu na seisean Bookbug Gàidhlig a chaidh a lìbhrigeadh air loidhne.			Stiùiriche Foghlam
Thathar a' comharrachadh clàradh theaghlaichean aig Seiseanan Tràth-bhliadhnaichean gus fios a bhith ann air bun-loidhne agus coileanadh de mheudachadh 10% ann am frithealadh le buill teaghlaich.	Meudachadh de 10% san àireimh de theaghlaichean ann an Seiseanan Tràth-bhliadhnaichean gan lìbhrigeadh thar 2020-21.	Dèante. 'S ann air: a' cumail taic ri seirbheisean làithreach, a tha sinn a-nis ag amas. Tha 27 buidhnean air planaichean B a chur air adhart thugainn gu ruige seo is 18 air ath-thòiseachadh eadar air-loidhne no air a' bhlàr a-muigh (6). Tha seo a' gabhail a-steach gach buidheann a ghabh ri cùmhnant maoineachaidh bho Bhòrd na Gàidhlig.			Stiùiriche Foghlam
Sgrùdadh air solar sheirbheisean an-dràsta airson Aireach-cloinne is Luchd-cùraim air a chur ri chèile agus aithisg dheireannach air a dèanamh	Aithisg Sgrùdaidh air a crìochnachadh, a bhios na bunait airson planadh seirbheisean ann an 21-22	Chaidh conaltradh a dhèanamh leis a' bhuidhinn Scottish Childminding Association (SCMA), a' feitheamh ri fiosrachadh air ais bhuapa. Cha deach seo a choileanadh ri linn Covid-19.			Manaidsear Foghlam
Sgrùdadh air ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh ann an roinn nan tràth-bhliadhnaichean	Crìoch air a cur air an sgrùdadh	Dèante. Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air na buidhnean tràth-bhliadhnaichean a-rithist sa Mhàrt 2021. Tha an aithisg deiseil agus a' sealltainn gu bheil 6 buidhnean a' lìbhrigeadh seiseanan air a' bhlàr a-muigh. Chaidh rannsachaidhean-cùise a' sgaoileadh mu dà bhuidhinn air na meadhanan sòisealta agus do bhuidhnean eile mar eisimpleirean de dheagh-chleachdadh.			Manaidsear Foghlam
A' cruthachadh 2-3 cothroman trèanaidh gus ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh a chur am meud (Tuath/Deas/Eileanan)	Trèanadh air a thoirt seachad agus ais-mholadh foirmeil air èifeachdas / ath cheumannan	Dèante. Ann an co-bhann le Stòrlann, chaidh 4 seiseanan trèanaidh air goireas Gàidhlig na Òg a chumail eadar an t-Samhain is An Dùbhlachd le 24 an làthair. Chaidh 1 seisean trèanaidh mu dheidhinn 'ionnsachadh air a bhlàr a-muigh' a lìbhrigeadh le CALA sa Mhàrt 2021 le 20 an làthair. Bha aon de na bhideothan 'Giog Ort' ag amas air a bhlàr a-muigh cuideachd airson taic a bharrachd a thoirt do bhuidhnean.			Manaidsear Foghlam
A' neartachadh com-pàirteachas le Comann nam Pàrant	Prìomh raointean leasachaidh air an comharrachadh	Dèante. Tha sinn air sreath de choinneamhan a chumail tron bhliadhna eadar Comann nam Pàrant, Bòrd na Gàidhlig is buidhnean Gàidhlig / foghlaim agus chaidh am fear mu dheireadh a chumail san Dùbhlachd 2020. Mar thoradh air a' choinneimh sin, choinnich Bòrd na Gàidhlig, Learn Gaelic is Comann nam Pàrant gus beachdachadh air taic a bharrachd a thoirt do phàrantan gus Gàidhlig ionnsachadh. Obair leantainneach le Comann nam Pàrant a thaobh nan tràth-ìrean agus maoineachadh a tha a' tighinn bho CORRA. Coinneamhan a bharrachd tron Ghearran / Mhàirt 21 le CnamP agus CNAG a' solarachadh comhairle proifeiseanta is taic a thaobh nam molaidhean aca airson pròiseact le fòcas air na tràth-bhliadhnachan.			Manaidsear Foghlam
Gach àrd-sgoil le Plana Gàidhlig/Aithisg Inbhean is Càileachd Bliadhnail	Meudachadh ann an solar chuspairean agus meudachadh ann an tagraidhean SQA air feadh na dùthcha	Obair leantainneach agus tha seo air a' chlàr airson coinneamh le riochdairean bho ùghdarrasan ionadail aig deireadh an Fhaoillich 2021. Aithisg sgrìobhte airson na coinneimh san Fhaoilteach 21 a' gabhail a-steach fiosrachadh air ciamar a dh'fhaodas oifigearan taic a bharrachd fhaighinn leis a' mholadh seo.			Stiùiriche Foghlam
Co-labhairt Àrd-luchd-stiùiridh	Co-labhairt ga lìbhrigeadh le àrd-sgiobaidhean stiùiridh air an trèanadh	Air còmhraidhean a chumail le Riaghaltas na h-Alba agus Cathraiche GLAN mu bhith a' lìbhrigeadh trèanadh do riochdairean aig Ùghdarrasan Ionadail, tha seo air a' chlàr airson coinneamh GLAN aig deireadh an Fhaoillich gus fianais a thrusadh air na feumalachdan as motha a th' aig ùghdarrasan ionadail.			Stiùiriche Foghlam/ Manaidsear Foghlam

Seisean Fosgailte
Cuspair 4.1

2. Ionnsachadh na Gàidhlig	Gnìomhan 2020-21	Adhartas gu 31/03/2021	Coileanadh gu 31/03/2021	Dùil aig 31/03/2021	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Orainds/Uaine		
		Plana ann a-nis airson tachartas trèanaidh san Ògmhìos 21 le program airson 3 tachartasan trèanaidh gach bliadhna (An Dàmhair/ Am Màrt/An t-Ògmhìos)			
Àireamh de luchd-teagaisg ag obair ann am FtG agus FLI a' fàs mar thoradh air co-obrachadh le buidhnean nàiseanta.	Slighean a-steach gu ATQ a tha soilleir agus rannsachaidhean cùise gan cruthachadh air deagh chleachdadh	Ann an co-bhann leis an Sgioba Conaltraidh chaidh speac ullachadh airson iomairt sanasachd a chur air dòigh a bhios a' brosnachadh dreuchdan ann am foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach teagasg agus tràth-bhliadhnaichean. Thèid seo fhoillseachadh tràth sa bhliadhna ùir. Obair a thaobh an ATQ Gàidhlig a' leantainn - 9.12.20 coinneamh le Oilthigh Srath Chluaidh le Sgioba Foghlaim / Oifigear à Sgioba Planadh Cànain airson taic a thoirt don oilthigh le pròiseasan maoineachais. Dh'aontaich sinn iarrtas airson maoineachais sa Mhàirt 21 agus taic proifeiseanta a' leantainn le Srath Chluaidh / Glaschu/ CCTA			Stiùiriche Foghlam
Obair le SDS air bursaraidhean (mac-samhail STEM)	Frèam bhursaraidhean air bhonn	Obair cruinneachaidh a thaobh cothroman maoin eadar-dhealaichte, dèante. Aonta a dhìth air an dòigh as fheàrr gus seo fhoillseachadh.			Stiùiriche Foghlam
Rannsachadh air cùrsaichean bogaidh air feadh Alba	Rannsachadh crìochnaichte	Ri linn Covid-19 chan eil sinn a' dol air adhart leis a' ghnìomh seo aig an àm seo.			Stiùiriche Foghlam
Cùrsa Bogaidh Eadar-amail do thidsearan	Maoineachadh agus pròiseas airson barantachadh càileachd air a chur air bhonn	Deànte. Chaidh aonta a thoirt seachad san Ògmhios 2020 air iarrtas bho 1 Ùghdarras Ionadail airson triùir luchd-teagaisg (1 bun-sgoile agus 2 àrd-sgoile) a chur air adhart do chothroman bogaidh. Chaidh na cothroman airson 2021-22 fhoillseachadh sa Ghearran 2021 agus bidh iad a-rithist ann an co-bhann le Oilthigh Ghlaschu agus OGE. Tha na cothroman seo fosgailte do luchd-obrach tràth-ionnsachaidh a bharrachd air luchd-teagaisg am-bliadhna.			Manaidsear Foghlam
Obair an co-bhonn le LearnGaelic gus àireamh an luchd-ionnsachaidh inbheach a chur am meud.	An àireamh de luchd-ionnsachaidh inbheach a' cur stuthan LearnGaelic gu feum a' dol am meud. An àireamh de luchd-ionnsachaidh inbheach ann an gnìomhachdan ionnsachaidh foirmeil a' dol am meud.	Tro cho-obrachadh air Adhartas nas Luaithe, tha staitistearachd againn gu bheil an àireamh de dhaoine a tha a' cleachdadh na làraich-lìn agus nam meadhanan sòisealta aig LearnGaelic a' dol am meud. Tha seo a' leantainn - aithisg as ùire Am Màrt 21. Coinneamh Bòrd-stiùiridh LearnGaelic 06.20/ 09.20 / 11.20. BnG air a riochdachadh aig a' choinneimh.			Stiùiriche Foghlam
Beachdan a' tighinn air ais thugainn bho sgrùdadh air sgilean aig Seiseanan nan Tràth-bhliadhnaichean	Fiosrachadh air a chruinneachadh is a mheasadh.	Dèante. Sheall an sgrùdadh air na buidhnean tràth-bhliadhnaichean a chaidh a dhèanamh sa Mhàrt 2021 gu bheil trèanadh air sgilean comataidh a dhìth agus tha sinn ag obair ann an com-pàirteachas le Comann nam Pàrant gus seo a thoirt gu buill le taic tro mhaoin CYPFEIF & ALEC. Thàinig e am follais gum biodh trèanadh air a' bhlàr a-muigh feumail do bhuidhnean ri linn Covid-19 agus chaidh seo a choileanadh sa Mhàrt 2021.			Manaidsear Foghlam
Co-labhairt NQT	Co-labhairt air a lìbhrigeadh an co-bhonn leis an fheadhainn aig a bheil ùidh	Dèante. Chaidh seo ath-dhealbhadh mar thachartas air-loidhne, 1.06.20 agus 8.06.20. Dèante. Ais-mholaidhean bhon tachartas gu math taiceil. Fios ùr air a dhol a mach airson Co-labhairt 21 air 24/25 Cèitean.			Stiùiriche Foghlam
Beachdan a' tighinn air ais thugainn bho ghnìomhachdan le maoineachadh bho BhnG no bho thachartasan BhnG	Fiosrachadh air a chruinneachadh is a mheasadh	Obair leantainneach tron bhliadhna, fianais air tilleadh bho phròiseactan a fhuair maoineachadh tro Thabhartasan Tràth-bhliadhnaichean 2019/20 agus Tabhartasan Foghlam 2019/20.			Stiùiriche Foghlam
Lìbhrigeadh Sgeama Tabhartasan Foghlam na Gàidhlig agus cruinneachadh an fhiosrachaidh a thig air ais thugainn	Sgeama air a ruith agus fiosrachadh a thig air ais air a chruinneachadh is a mheasadh	Dèante. Measadh dèante & chaidh aontachadh taic a chumail ri 51 (36 do dh'oileanaich teagaisg / tràth-bhliadhnaichean & 15 do luchd-teagaisg clàraichte airson cùrsaichean eile) iarrtasan luach £84,476. Obair a thaobh pàigheadh tabhartasan a-mach do dh'oileanaich a' leantainn air adhart mar bu chòir.			Manaidsear Foghlam
2-3 Buidhnean Fòcais còmhla ri Sgoilearan le #cleachdi	Buidhnean Fòcais gan ruith an co-bhonn le feadhainn aig a bheil ùidh	Dèante. Chaidh aithisg a sgìobhadh air na toraidhean bho na buidhnean fòcais agus thèid seo a chleachdadh anns an obair a tha a' dol mu choinneimh a' Phlana Nàiseanta ùir.			Stiùiriche Foghlam
Co-obrachadh le LearnGaelic, SDS agus Stòrlann gus sgilean a rannsachadh an taca ris an CEFR	Fiosrachadh air a chruinneachadh is a mheasadh.	Aonta aig coinneamh nan oifigearan (05.20) gun cuir sinn an dòigh coinneamh le SDS / LearnGaelic / Stòrlann san Lùnastal 2020 airson an CEFR a chur air adhart. Chan eil sin coileanta fhathast – LearnGaelic a' cleachdadh an CEFR leis a' chùrsa nàiseanta ùr.			Stiùiriche Foghlam

Seisean Fosgailte
Cuspair 4.1

3. A' Cur na Gàidhlig air Adhart

3. Promoting Gaelic

Prìomhachas Ro-innleachdail 3: Gum bi barrachd dhaoine ann an Alba taiceil is bàidheil don Ghàidhlig agus a cultar	**Strategic Priority 3:** More people in Scotland are positive about Gaelic language and culture

▪ **Ciamar a tha an t-adhartas a' cuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh na lèirsinn?**	'S e aithneachadh am facal as cudromaiche ann an co-theacsa a' phrìomhachais ro-innleachdail a tha seo. 'S ann tro bhith a' cur air adhart na Gàidhlig, tro na gnìomhan gu h-ìosal a bhios Bòrd na Gàidhlig ag amas gum bi barrachd aithneachadh am measg a' phobaill ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta gu bheil Gàidhlig mar phàirt bunaiteach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha.
▪ **A bheil adhartas mu choinneamh na lèirsinn mar a bhiodh dùil?**	Tha adhartas air a bhith mar a bhiodh dùil. Tha sinn a' faicinn gu bheil na h-àireamhan a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig fhathast a' fàs le còrr is 460,000 dhaoine a-nis clàraichte le Duolingo na Gàidhlig agus àireamhan luchd-tadhal LearnGaelic gu math fallain. Tha an deasbad cudromach mu dheidhinn suidheachadh na Gàidhlig anns na h-Eileanan a' leantainn air adhart agus còmhraidhean feumail aig àrd ìre air a bhith ann, le daoine a' togail dlùth ceangal eadar gnothaichean sòiseo-eacanomaigeach agus fàs na Gàidhlig anns na h-Eileanan agus sgìrean dùthchail eile.

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 31/03/2021	Coileanadh gu 31/03/2021	Dùil aig 31/03/21	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Orainds/Uaine		
Prìomh Chomharra Coileanaidh 6: A' dèanamh cinnteach gu bheil barrachd àite aig a' Ghàidhlig ann an aithne nàiseanta na h-Alba, aithne-dùthcha fhosgailte le iomadh taobh is cultar	Thèid ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig aithneachadh/àbhaisteachadh ann an tòrr de shuidheachaidhean air feadh na dùthcha air fad	Tha na h-àireamhan de dhaoine a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig air-loidhne a' sìor-fhàs. Tha seo a' ciallachadh gu bheil ionnsachadh na Gàidhlig a' fàs ann an Alba agus mar thoradh air sin, thathas an dùil gum bi cleachdadh na Gàidhlig a' fàs nas àbhaistiche cuideachd.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
	Barrachd còmhraidh, ionnsachaidh is com-pàirtichean le raon farsaing de bhuidhnean ann an Alba.	Tha Bòrd na Gàidhlig a' co-obrachadh le tòrr diofar bhuidhnean air feadh Alba – anns an roinn phoblaich, companaidhean prìobhaideach agus buidhnean anns an roinn shaor-thoileach.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
Prìomh Chomharra Coileanaidh 7: Barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt "Tha Gàidhlig cudromach do dh'Alba"	Meudachadh ann an dol-a-mach ciatach a thaobh na Gàidhlig (còrr is 81% - *Scottish Social Attitudes Survey*)	Cha deach an t-suirbhidh seo air adhart ann an 2020 mar a bhathas an dùil ri linn COVID-19. Tha aonta air a shoighneadh eadar Bòrd na Gàidhlig agus NatCen (às leth ScotCen) gus fichead ceist a chur san t-suirbhidh Albannach ann an 2021. Tha dreachd cheistean air an aontachadh le co-chomhairliche aig Oilthigh Dhùn Èideann, Dr Fiona O'Hanlon, mar bhunait airson còmhradh ri ScotCen sa bhliadhna ionmhais ùir.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
	Stuthan a tha ann agus stuthan ùra air an gabhail os làimh gu soirbheachail	Tha beagan adhartais air a bhith ann leis a' phròiseact seo, leis an dùil gum bi Bòrd na Gàidhlig a' cruthachadh bhideothaan gu math coltach ris an fear "Scottish Gaelic Explained" ag amas air sgoilearan ann am bun-sgoiltean agus ann an àrd-sgoiltean, tro mheadhan na Gàidhlig agus tro mheadhan na Beurla.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
	Barrachd phàrtaidhean poilitigeach a' gealltainn taic ri leasachadh na Gàidhlig	Tha Bòrd na Gàidhlig air a bhith ann an conaltradh leis na diofar pàrtaidhean poilitigeach le iomradh air prìomhachasan airson na Gàidhlig anns an àm ri teachd. Sgrìobh Cathraiche BnG san Fhaoilleach 21 do cheannardan nam pàrtaidhean poilitigeach air an riochdachadh ann an Taigh an Ròid. Tha taic airson na Gàidhlig air ainmeachadh anns na manifestothan aca. Chaidh lethbhreac den litir a thoirt do na prìomh bhuidhnean Gàidhlig gus am brosnachadh litrichean a sgrìobhadh; agus chaidh lethbhreac a thoirt do BhPA a tha air a bhith aig coinneamh Gàidhlig tron bhliadhna. Mhol BnG gum biodh hustings Gàidhlig aig coinneamh Bhuidheann Thar-phàrtaidh na Gàidhlig air 15 Gearran 2021 is bhruidhinn riochdaire bho na pàrtaidh as motha air dè nì iadsan airson na Gàidhlig, le cathraiche Bhòrd na Gàidhlig anns a' chathair. Bha e follaiseach bhon choinneimh gu bheil taic thar-phàrtaidh ann airson na Gàidhlig.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd

Cothroman Ùra Dè na gnìomhan eile a dh 'fhaodadh cuideachadh le adhartas leis an lèirsinn:
'S e an taghadh airson Pàrlamaid na h-Alba air 06 Cèitean 2021 an cothrom as motha a th' ann an-dràsta gus Gàidhlig a chur air adhart. Seo na prìomh theachdaireachdan a thog sinn leis na pàrtaidhean poilitigeach: 1. Ag aithneachadh gu bheil slàinte is beothalachd cultaran dùthchasach na h-Alba a' beartachadh na dùthcha. 2. Taic airson a bhith a' buileachadh Plana Nàiseanta leantainneach airson na Gàidhlig.

3. Feuchainn ri Ath-sgrùdadh fhaighinn air Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 gus coimhead air mar a ghabhadh a neartachadh gus adhartas a nochdadh, agus gus a dèanamh nas fhreagarraiche airson dèiligeadh ri dùbhlain san àm ri teachd.
4. Feuchainn ri dhèanamh cinnteach gu bheil gach moladh poileasaidh aig Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh agus a' toirt iomradh air cultar Gàidhlig na h-Alba.
5. Cumail taic ris na coimhearsnachdan Gàidhlig ro-chudromach sna h-eileanan agus ann an sgìrean dùthchail.
6. Cumail taic ri leasachadh a bharrachd air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus a bhith ag aithneachadh nam buannachdan bho bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig.
7. Cumail taic ris a' Ghàidhlig mar stòras eaconamach airson na h-Alba, a' brosnachadh turasachd, a' cruthachadh chothroman obrach agus a' toirt chothroman do dh'òigridh a bhith a' togail chùrsaichean-dreuchd leis a' Ghàidhlig.
8. Nuair a thathar a' dealbhadh phoileasaidhean a thaobh iomadachd is co-ionannachd, dèan cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig agus a cultar daonnan mar phàirt de seo.

3.1 Gnìomhan 2020-21

3. A' Cur na Gàidhlig air Adhart	Gnìomhan 2020-21	Adhartas gu 31/03/21	Coileanadh gu 31/03/21	Dùil aig 31/03/21	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Orainds/Uaine		
Obraichidh sinn còmhla ris, agus ionnsaichidh sinn bho, na buidhnean eile a bhios ag iomairt gus cùisean sònraichte àbhaisteachadh sa chomann-sòisealta. M.e. Stonewall Scotland	Meudachadh ann an co-obrachadh a dh'fhàgas sinn le tuigse nas fheàrr de dh'atharrachaidhean sòisealta – aon dòigh-obrach ùr air a gabhail os làimh.	Bhruidhinn am Manaidsear Chom-pàirteachais ri riochdaire bho Stonewall Scotland sa Mhàirt. Tha dòighean-obrach is goireasan glè adhartach aca cho math ri bhith a' toirt buaidh air an riaghaltas is buidhnean poilitigeach. Chaidh cuireadh thuca bruidhinn ri luchd-obrach BnaG aig a' cho-labhairt sa Ghiblean 2021 ach cha robh iad saor airson seo a dhèanamh dhuinn. Tha iad deònach tighinn uaireigin eile airson innse dhuinn mun dòighean obrach aca agus mar a tha iad a' toirt buaidh air atharrachaidhean sòisealta.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
Obair ann an co-bhonn, bidh sinn a' cruthachadh stuthan gus taic a chumail ri sgoiltean, buidhnean is daoine fa leth airson tuigse nas fheàrr fhaighinn air àite na Gàidhlig ann an Alba.	Stuthan ùra gan cruthachadh is na stuthan a tha ann gan cur air adhart tro GLAN, SQA agus Foghlam Alba.	Tha beagan adhartais air a bhith ann leis a' phròiseact seo, leis an dùil gum bi Bòrd na Gàidhlig a' cruthachadh bhideothan gu math coltach ris an fhear "Scottish Gaelic Explained" ag amas air sgoilearan ann am bun-sgoiltean agus ann an àrd-sgoiltean, tro mheadhan na Gàidhlig agus tro mheadhan na Beurla.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
Le com-pàirteachadh, a' cur air bhonn iomairt gus daoine a bhrosnachadh a bhith a' lìonadh nan ceistean air Gàidhlig ann an Cunntas-sluaigh 2021	Iomairt ann bhon Dùbhlachd 2020 agus ga lìbhrigeadh air làraichean mheadhanan sòisealta bhon Fhaoilleach chun a' Mhàirt 2021	Air sgàth COVID-19, thèid an Cunntas-sluaigh air adhart anns a' Mhàirt 2022 a-nis.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
Bheir sinn seachad stiùireadh ann an co-òrdanachadh agus lìbhrigeadh den iomairt Adhartas nas Luaithe a bharrachd air a bhith a' brosnachadh tuilleadh obair chom-pàirteach ann an lìbhrigeadh nam Planaichean Gàidhlig (an dà chuid, reachdail is saor-thoileach)	Meudachadh ann an conaltradh tàr-roinneil agus coileanadh phròiseactan.	Chaidh dà choinneimh Adhartas nas Luaithe a chumail air-loidhne san t-Sultain 2020 agus sa Ghearran 2021 le Iain Swinney, Leas-prìomh Mhinistear na h-Alba sa chathair. Bha còrr is 50 oifigear an làthair, a' riochdachadh còrr is 20 buidheann poblach. Bha e follaiseach gun robh co-obrachadh math a' dol air adhart eadar buidhnean.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
	Barrachd phlanaichean èifeachdach is air an lìbhrigeadh ann an ùine a tha reusanta.	Gu ruige seo, dh'aontaich am Bòrd ri 106 planaichean reachdail (Eagran 1 – 60, Eagran 2 – 38 agus Eagran 3 – 8) agus aig an àm seo tha oifigearan a' Bhùird ag obair le 34 ùghdarrasan a tha ag ullachadh phlanaichean (Eagran 1 – 7, Eagran 2 – 13, Eagran 3 – 10, Eagran 4 - 4). A bharrachd air seo, dh'aontaich am Bòrd-stiùiridh ri planaichean reachdail aig 5 ùghdarrasan aig nach robh planaichean.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
Iomairt airson buannachdan is cothroman a chur air adhart ann an ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig a bharrachd air faighneachd "dè as urrainn dhomhsa dèanamh airson na Gàidhlig".	Stuthan ùra air an cruthachadh.	Aig an ìre seo tha fòcas air cruthachadh stuthan ùra fo bhratach na h-iomairt #cleachdi a tha a' leantainn an-dràsta. Thathas an dùil gum bi dlùth ceangal ann eadar an gnìomh seo agus na planaichean a th' ann airson bhideothan gu math coltach ris am fear "Scottish Gaelic Explained" a chruthachadh a bhios ag amas air sgoilearan ann am bun-sgoiltean agus ann an àrd-sgoiltean, tro mheadhan na Gàidhlig agus tro mheadhan na Beurla.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd
Obair an co-bhonn leis na pàrtaidhean poilitigeach uile gus dealas a bharrachd a bhrosnachadh dhan Ghàidhlig.	Gealltanasan Gàidhlig nas fhaicsinnich ann am manifestothan nam pàrtaidhean poilitigeach airson an taghaidh Albannaich ann an 2021.	Tha gealltanasan Gàidhlig sna manifestothan aig na prìomh pàrtaidhean poilitigich le iomradh air obair BnG aig KPI 7 gu h-àrd.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd

Seisean Fosgailte
Cuspair 4.1

3. A' Cur na Gàidhlig air Adhart	Gnìomhan 2020-21	Adhartas gu 31/03/21	Coileanadh gu 31/03/21	Dùil aig 31/03/21	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Orainds/Uaine		
	Dèanamh cinnteach gum bi cudromachd na Gàidhlig fhathast ri faicinn.	Tha Bòrd na Gàidhlig air a bhith ag obair ann an co-bhonn le Holyrood Magazine agus an Herald, le pìosan mu dheidhinn na Gàidhlig air a bhìth anns na h-irisean seo rè na bliadhna. Tha obair air meadhanan sòisealta a' Bhùird a' leantainn air adhart cuideachd is brathan naidheachd mu obair a' Bhùird gan sgaoileadh gu tric.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd

4. Deagh Riaghladh

4. Good Governance

Prìomhachas Ro-Innleachdail 4: Gun cùm Bord na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige	**Strategic Priority 4:** Bòrd na Gàidhlig continues to develop how it works

▪ **Ciamar a tha an t-adhartas a' cuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh na lèirsinn?**	Tha an t-adhartas gu ruige seo a' cur ri ar lèirsinn tro: Trèanadh is leasachadh airson an sgioba air fad; prògram leasachadh a' leantainn air aithisgean luchd in-sgrùdaidh. Tha suidheachadh a thaobh obair bhon taigh a' ciallachadh gu bheil sinn a' dèanamh tòrr adhartais a thaobh na h-àrainneachd. Tha an aithisg sgrùdaidh bhliadhnail a' dearbhadh gu bheil adhartas air a bhith ann agus a' sealltainn far a bheil barrachd leasachadh ri dhèanamh. Bha an t-Àrd-neach-Sgrùdaidh riaraichte leis an aithisg sgrùdadh bhliadhnail agus rinn e co-dhùnadh nach biodh Aithisg Earrann 22 a dhith air an sgrùdadh 19/20.
▪ **A bheil adhartas mu choinneamh na lèirsinn mar a bhiodh dùil?**	Tha e air a bhith dùbhlanach an t-adhartas a bu mhath leinn a dhèanamh a dhèanamh leis gu bheil barrachd obair ann air sgàth 's gu bheil sinn sgapte agus tha sin fhèin ag adhbharachadh obair a bharrachd. A dh'aindeoin sin, tha deagh adhartas air a bhith ann.

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 31/03/21	Coileanadh gu 31/03/21	Dùil aig 31/03/21	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Orainds/Uaine		
Prìomh Chomharra Coileanaidh 8: Barrachd den luchd-obrach againn ag aontachadh ris a' bheachd "Tha m' obair aig Bòrd na Gàidhlig a' toirt toileachas dhomh agus tha i a' dèanamh diofar" More of our staff agreeing with the statement "My work at Bòrd na Gàidhlig is fulfilling and makes a difference"	Tha luachan na buidhne againn air fhighe a-steach san dòigh-obrach againn	Tha sinn a' cleachdadh nan luachan mar phàirt den t-siostam measadh coileanaidh pearsanta, agus aig tòiseach coinneamhan m.e. Dè tha Dol			Ceannard
	Thathar a' toirt an trèanaidh is na taice a tha a dhìth don luchd-obrach	A bharrachd air a' cho-labhairt, chùm sinn a' chiad seisean leasachaidh leth-latha nuair a choimhead sinn air cuspairean eadar-dhealaichte (air am moladh leis an sgioba) agus toraidhean suirbhidh bliadhnail aig an luchd-obrach agus suirbhidh sunnd (gach cairteal). Dh'aontaich am bòrd-stiùiridh gun tèid eòlaiche 'change management' a thrusadh gus taic a thoirt dhan bhuidhinn gus barrachd atharrachadh a dhèanamh. Thig na tòraidhean bho cheisteachan luchd-obrach 2021 sa Chèitean is bidh fios ann an uair sin an robh adhartas ann gus nach robh.			Ceannard
Prìomh Chomharra Coileanaidh 9: Tha barrachd den luchd-ùidh againn ag aontachadh ris a' bheachd "Tha Bòrd na Gàidhlig a' coileanadh a dhleastanasan gu h-èifeachdach agus tha e a' cur ris na tha sinn a' dèanamh" More of our stakeholders agreeing with the statement "Bòrd na Gàidhlig is effective in its role and contributes to what we do"	Cliù corporra ciatach le luchd-ùidh air daingneachadh	Tha an siostam a-nise leantainneach gu bheil coinneamhan a' bhùird-stiùiridh agus comataidhean air an cumail gu poblach, le fiosrachadh air na meadhanan-sòisealta ro làimh; agus pàipearan rim fhaighinn. Bha an Cathraiche is an Ceannard air beulaibh Comataidh PAPLS far an do bhruidhinn iad air obair Bhòrd na Gàidhlig. Thèid ceisteachan luchd-ùidh fhoillseachadh air-loidhne sa Chèitean is bidh fios againn air na toraidhean às dèidh sin.			Ceannard
	Cleachdaidhean fallain a thaobh stiùireadh ionmhais is cunnairt gan glèidheadh	Choimhead Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd agus am Bòrd-stiùiridh air a' chlàr mhì-chinntean ro-innleachdail gach cairteal tron bhliadhna. Chaidh in-sgrùdadh a dhèanamh air smachdan ionmhais is solarachadh s/t 28/09/2020 is fhuair sinn aithisgean math – smachdan ionmhais gun mholadh sam bith; aithisg air solarachadh le 3 molaidhean meadhanaich is trì molaidhean ìosail.			Ceann an Ionmhais
Prìomh Chomharra Coileanaidh 10:	Bun-loidhne de dh'eimiseanan carboin is targaidean lùghdachaidh air bhonn agus gan ruigsinn	Tha an sgioba rianachd ag obair air seo an-dràsta agus seo am fiosrachadh as ùire a th' againn.			Manaidsear Gnìomhan

Seisean Fosgailte
Cuspair 4.1

Lùghdaichidh sinn na h-eimiseanan carboin againn gach bliadhna, a' ruigsinn meidh-neoni (*net zero*) de dh'eimiseanan cho luath 's a ghabhas agus ro 2045.		ScotRail - 216 bookings, 57,553 mìltean sa bhliadhna agus le eimiseanan CO2 de 3414.09 kg. Loganair - chan urrainn dhaibh an fhiosrachadh sin a thoirt dhuinn aig an àm seo. Leis gu bheil Taigh a' Ghlinne Mhòir dùinte an-dràsta, chan eil e comasach aig an ìre seo fiosrachadh fhaighinn mu dheidhinn siubhal le càraichean.			
	An dòigh-obrach againn mar bhuidheann air atharrachadh gus tighinn gu meidh-neoni ann an eimiseanan cho luath 's a ghabhas	O thoiseach na bliadhna 20/21, chan eil neach sam bith sa bhuidhinn air a bhith a' siubhail. Ged nach thaghadh sinn seo, leis gu bheil na dòighean eile airson coinneamhan a chumail ag obair gu math, bidh sinn gan cumail fiu 's nuair a bhios e ceadaichte dhuinn a bhith a' siubhal.			Manaidsear Gnìomhan

Cothroman Ùra Dè na gnìomhan eile a dh'fhaodadh cuideachadh le adhartas leis an lèirsinn
Chaidh eòlaichean stiùireadh atharrachaidh a thrusadh agus tha iadsan ag obair leis a' bhuidhinn gus ceum eile a dhèanamh ann an leasachadh leantainneach. Bheir seo taic mhòr a thaobh leasachadh na buidhne, an dà chuid tro eòlas sònraichte agus barrachd capacity gus cùisean a ghluasad air adhart. Chùm LPM coinneamhan le riochdairean coimhearsnachd far an robh BnG an làthair is bha iomradh an sin air an obair a tha a' bhuidheann a' dèanamh. Cuideachd, bha BnG mar phàirt den Summit a chaidh a chumail le LPM san Dùbhlachd 2020 agus bha cothrom ann gus bruidhinn air obair BnG. Bha coinneamh eile ann 01/02/2021.

4.1 Gnìomhan 2020-21

4. Deagh Riaghladh	**Gnìomhan 2020-21**	**Adhartas gu 31/03/21**	**Coileanadh gu 31/03/21**	**Dùil aig 31/03/21**	**Oifigear-stiùiridh aithris**
			Dearg/Orainds/Uaine		
Leasachadh sgilean is comasan nam ball is an luchd-obrach	Prògram inntrigidh air a dhèanamh foirmeil airson luchd-obrach is buill ùra a' bhùird agus brosnachadh fiosrachadh a thoirt air ais thugainn airson leasachadh leantainneach.	Thoisich dithis ùra o chionn beagan mhìosan is thèid measadh a dhèanamh air ciamar a chaidh leis an inntrigeadh aca. Fhuair am ball ùr inntrigeadh dhan bhuidhinn air-loidhne.			Manaidsear Gnìomhan & Ceannard
	Leasachadh Plana Trèanadh na buidhne gus toirt a-steach trèanadh an luchd-obrach is feumalachdan leasachaidh.	Tha sgioba de thriùir air a bhith ag obair air seo agus cha mhòr gu bheil dreachd deiseil. Tha trèanadh air a bhith a' dol air adhart tron bhliadhna, eadar cùrsaichean foirmeil agus seiseanan leasachaidh neo-fhoirmeil le duine fa leth, le sgiobaidhean agus leis a' bhuidhinn air fad.			Manaidsear Gnìomhan
Dèanamh cinnteach gu bheil com-pàirteachadh agus conaltradh èifeachdach tron bhuidhinn air fad	Sgrùdadh an luchd-obrach a' sealltainn gu bheil piseach air tighinn air gnothaichean bhon uiridh [Cuir bun-loidhne ris bhon sgrùdadh sa Mhàrt 2020, nuair a tha sin crìochnaichte]	Tha sgrùdadh an luchd-obrach a' leantainn air mar a bhathar an dùil. Chaidh aithisg air toraidhean don Chomataidh Phoileasaidh is Ghoireasan san Lùnastal2020. Chaidh suirbhidh a dhèanamh a thaobh sunnd agus ag obair bhon taigh sa Lùnastal is tha còmhraidhean air a bhith air gnìomhan a' leantainn air sin. Dhùin ceisteachan bliadhnail an luchd-obrach air 26/04/2021; chaidh a lìonadh le 100% den luchd-obrach is bidh na toraidhean rim faighinn sa Chèitean .			Ceannard
Togail agus cumail cùrsa ionmhais leantainneach airson Bòrd na Gàidhlig	Plana Ionmhais Meadhan-ùine (MTFP) air ath-sgrùdadh is ath-nuadhachadh gus stiùireadh ionmhais ro-innleachdach nas èifeachdaich a chur air bhonn	Chaidh IMU dhan bhòrd-stiùiridh sa Ghearran 21 agus ghabh iad ris. Cuideachd, chaidh adhbhar-gnothachais dhan Riaghaltas a' sireadh airgead a bharrachd airson barrachd luchd-obrach agus buidseat leasachaidh.			Ceann an Ionmhais
A bhith cunntachail, èifeachdach is buadhmhor agus sinn a' cleachdadh stuthan gus luach an airgid a dhaingneachadh	Prògram de sgrùdaidhean is molaidhean a bhuineas dhaibh air an cur an gnìomh	Chaidh prògram in-sgrùdaidh a dhèanamh le deagh thoraidhean; agus chaidh a' mhòr chuid de na molaidhean a thàinig bhon sgrùdadh a chur an gnìomh.			Ceannard
	Faighinn beachdan air ais bho cho-chomhairleachadh am measg an luchd-ùidh a ghabhas cur gu feum a thaobh cleachdadh maoineachaidh	Chaidh co-comhairleachadh am measg luchd-ùidh a thaobh cleachdadh maoineachaidh air adhart anns an Dàmhair 2020, chaidh pàipear a chur gu coinneamh Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan sa Ghearran 2021 is chaidh aontachadh gus buidheann-obrach stèidheachadh gus coimhead air mar as urrainnear dòighean-obrach maoineachaidh a' Bhùird atharrachadh gus freagairt air prìomh teachdaireachdan bhon cho-comhairleachadh.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd

Seisean Fosgailte
Cuspair 4.1

4. Deagh Riaghladh	Gnìomhan 2020-21	Adhartas gu 31/03/21	Coileanadh gu 31/03/21	Dùil aig 31/03/21	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Orainds/Uaine		
Faighinn fianais air beachdan nas ciataiche bhon luchd-ùidh	Sgrùdadh an luchd-ùidh gu bhith a' sealltainn gu bheil co-dhiù 70% gu tur no gu ìre mhòr riaraichte leis a' bharail "Tha Bòrd na Gàidhlig èifeachdach san ròl aige agus a' cur ris na tha sinne a' dèanamh." [Bun-loidhne: 2019/20: 65%]	Bidh dàil ann an sgrùdadh an luchd-ùidh sa Ghiblean 2020 air sgàth COVID-19. Thèid sgrùdadh a ruith sa Chèitean 2021.			Ceannard
Comharrachadh targaidean lùghdachaidh ann an eimiseanan carboin airson Bòrd na Gàidhlig	Bun-loidhne de dh'eimiseanan carboin air a comharrachadh is air a cleachdadh airson targaidean lùghdachaidh a shònrachadh thar nan 5 bliadhnaichean ri teachd	Tha obair air a bhith a' dol air fiosrachadh a chruthachadh air tursan rèile ach cha bhi e comasach dhuinn fiosrachadh a chruthachadh air tursan rathaid (tha fiosrachaidh bhon bhliadhna an-uiridh air pàipear san oifis) no air tursan-plèana (chan eil am fiosrachadh seo ri fhaighinn bhon chompanaidh adhair).			Ceannard
	Plana àrainneachd Bhòrd na Gàidhlig air ùrachadh gus na targaidean seo a thoirt a-steach	Plana air ùrachadh is air a chur fo chomhair Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan taobh a-staigh 6 mìosan. San dàrna leth den bhliadhna plana gnìomh a chruthachadh a chuirear an gnìomh 2021/22. Leis nach robh e comasach fiosrachadh fhaighinn air bun-loidhne de dh'eimiseannan carboin, cha robh e comasach am plana àrainneachd ùrachadh gus na targaidean seo a thoirt a-steach.			Ceannard
Atharrachadh san dòigh-obrach againn airson a bhith a' toirt a-steach cheumannan gus carbon a lùghdachadh	Lùghdachadh co-dhiù 25% san àireimh de choinneamhan aghaidh ri aghaidh far a bheil siubhal a dhìth ann an 2020-21 an taca ri 2019-20	Leig Covid-19 leinn seo fheuchainn a-mach agus thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air èifeachdas; aon uair is gu bheilear air ais san oifis nithear co-dhùnaidhean air mar a lùghdaichear an àireamh de choinneamhan aghaidh ri aghaidh san àm ri teachd.			Manaidsear Gnìomhan
	Foillseachadh cairt èiginn ghnàth-sìde airson na buidhne gus an dùil againn a shoilleireachadh a thaobh sgioba Bòrd na Gàidhlig agus mar a bhios sinn ag obair le com-pàirtichean air an taobh a-muigh.	Chaidh seo aontachadh aig coinneamh a' Bhùird-stiùiridh air 24/02/2021.			Ceannard
	Dèanamh cinnteach gu bheil stiùireadh meatragsan sgòraidh airson gach sgeama maoineachaidh an 2021-22 a' toirt a-steach beachdachadh air ceumannan gus carbon a lùghdachadh mar shlat-tomhais maoineachaidh	Tha an dà sgeama maoineachaidh airson 2021/22 air dùnadh, is aon eile beò, is iad faighneachd ceist a thaobh na h-àrainneachd is lùghdachadh carboin is buaidh air seo mar shlat-tomhais anns na meatragsan sgòraidh airson pròiseactan a mheasadh.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd

Dearg Orains Uaine

Bidh aithisgean adhartais gu tric a' dèanamh feum de shiostam le 'solais trafaig' gus sealltainn dè an t-adhartas a thathar a' dèanamh le pròiseactan. Ge-tà, tha cho èifeachdach 's a tha an goireas measaidh seo gu tur an urra ris cho dìcheallach 's a tha am manaidsear le uallach air a shon agus cho fìor 's a tha an ìre-adhartais a chaidh a chomharrachadh airson a' phròiseict. Cha bu chòir siostam nan solas-trafaig a chleachdadh gus trioblaidean fhalach, agus 's e an t-amas a th' aige adhartas a chomharrachadh agus sealltainn gu soilleir nuair dh'fheumas an Sgioba-stiùiridh/am Bòrd-stiùiridh rudeigin a dhèanamh mu chion adhartais – m.e, a' tomhas adhartas, a' cur ghnìomhan an sàs gus cùisean a chur ceart, agus a' cumail fios ris an Sgioba-stiùiridh agus ris a' Bhòrd-stiùiridh.

	Adhartas sa bhliadhna seo gu ruige seo	Ro-mheasadh air an t-suidheachadh a bhios ann aig deireadh na bliadhna ionmhais
	• Cha do thòisich an obair seo fhathast. • Tha duilgheadasan mòra ann leis a' phròiseact seo. • Feumaidh manaidsearan cùisean a leasachadh sa bhad.	• Tha cunnart ann nach bi am pròiseact deiseil nuair a bu chòir dha a bhith • Feumar gnìomhan leasachaidh a chur an sàs airson a' phròiseict gus cinn-uidhe ghnothachais a choileanadh agus/no gus dèanamh cinnteach gun tèid an obair thoirt gu buil • [Nota: 1: Ma tha manaidsear an dùil gum bi ìre-adhartais dhearg ann aig deireadh na bliadhna, bu chòir dhaibh innse dè na goireasan is gnìomhan a tha dhìth gus an ìre-adhartais atharrachadh, agus/no carson nach gabh am pròiseact a choileanadh.] • [Nota 2: Bu chòir don Sgioba-stiùiridh coimhead air a' ghnìomh, còmhla ris a' mhanaidsear le uallach air a shon, gus faicinn dè as coireach gu bheil ìre-adhartais dhearg ann agus gus plana gnìomh a dhealbh airson dèanamh cinnteach nach fhàs cùisean nas miosa agus gus an cron a nì an cion adhartais air cliù na buidhne agus air a' bhuidhinn san fharsaingeachd a lùghdachadh gu ìre cho beag 's as urrainn.]
	• Chan eil e air a choileanadh, thathar a' dèanamh adhartas. • Tha obair air tòiseachadh air seo. • Tha an obair a' dol air adhart mar a bhathar an dùil.	• Thathar an dùil gum bithear air adhartas nach beag a dhèanamh air seo aig deireadh na bliadhna, ach cha bhi an gnìomh air a choileanadh gu tur. • [Nota 3: Bu chòir don Sgioba-stiùiridh coimhead air a' ghnìomh, còmhla ris a' mhanaidsear le uallach air a shon, gus bruidhinn air dè na gnìomhan/goireasan a dh'fhaodadh cuideachadh le bhith a' coileanadh na h-obrach gus an gabh e comharrachadh mar Uaine.]
	• Tha an gnìomh seo air a choileanadh, agus chan eil duilgheadasan ann.	• Thathar an dùil gun tèid an gnìomh a choileanadh a rèir a' chlàir-ama/plana/buidseat a chaidh aontachadh.

Seisean Fosgailte
Cuspair 5.1

A' freagairt ri	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-latha na Coinneimh	18/05/2021
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	5.1

Tiotal a' Phàipeir	Amasan Àrd-ìre	
Moladh do Bhuill	Ri Aontachadh	
Neach labhairt:	Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	07/05/2021	Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 - PGR066 EO4 VisitScotland PT2 - PGR013 EO3 Comhairle Dhùn Phrìs is Gall-Ghàidhealaibh PT3 - PGR016 EO2 Comhairle Inbhir Chluaidh PT4 - PGR026 EO2 Comhairle Shruighlea	

1.0	**Adhbhar**
1.1	A' sireadh aonta na Comataidh airson dreachd de na h-amasan àrd-ìre airson 4 ùghdarrasan poblach.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Chaidh an dreachd de na h-amasan àrd-ìre ann am PT1 – PT4 ullachadh ann an com-pàirteachas leis na h-ùghdarrasan poblach seo.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Tha na h-amasan àrd-ìre ann an dà phàirt – 1) Amasan Àrd-ìre agus 2) Amasan airson Seirbheisean Corporra
3.2	Tha na h-Amasan Àrd-ìre stèidhichte air na prìomhachasan anns a' Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-23.
3.3	Tha na h-Amasan airson Seirbheisean Corporra stèidhichte air an t-seòrsa amasan a tha air nochdadh gu tric ann am planaichean gu ruige seo.
3.4	Thathas ag amas gum bi gach ùghdarras poblach ann an Alba aig a bheil plana Gàidhlig ag obair a dh'ionnsaigh nan aon amasan airson seirbheisean corporra a chur an gnìomh.
3.5	Bidh gach ùghdarras aig diofar ìrean tron t-slighe seo a rèir an t-suidheachaidh aca fhèin ach aig a' cheann thall, tha sinn ag amas gum bi am poball ann an Alba a' faighinn seirbheis nas cunbhalaiche.
3.6	Ma thèid aontachadh ris na h-amasan àrd-ire seo, thèid iad gu Ministear na h-Alba le uallach airson na Gàidhlig airson fiosrachadh.
4.0	**Moladh**

4.1	Aire a thoirt don fhiosrachadh ann am PT1 – PT4.
4.2	Aonta a chur ris na h-amasan àrd-ìre agus ris na h-amasan airson seirbheisean corporra ann am PT1 – PT4.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas** Chan eil buaidh ionmhais ann.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach** Cha bhi buaidh mhì-àbhaisteach ann air an luchd-obrach.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh** Chan eil buaidh ann air trèanadh.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachail agus Corporra** Tha planaichean Gàidhlig reachdail air aon dè na prìomh dhòighean anns am bi am Bòrd a' cur a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig agus Plana Corporra na buidhne an gnìomh. Bidh na planaichean seo a' cur air adhart nam prìomh amasan anns a' phlana chorporra aig Bòrd na Gàidhlig gu sònraichte mar a leanas:- *"A' dèanamh cinnteach gum bi buaidh nas motha aig Planaichean Gàidhlig air cùisean agus a' toirt taic do dh'Ùghdarrasan Poblach gus sanasachd a dhèanamh air an obair a nì iad don Ghàidhlig"*
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☒	Clann	☒
Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		

5.6	**Buaidhean air Cliù** Le bhith a' co-obrachadh leis na h-ùghdarrasan poblach seo gus na h-amasan àrd-ìre a chur ri chèile, bidh seo a' neartachadh a' cheangail eadar Bòrd na Gàidhlig agus na h-ùghdarrasan.

5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd** Chan eil buaidh air slàinte is sàbhailteachd
5.8	**Buaidhean Laghail** Tha am pròiseas seo stèidhichte air na dleastanasan reachdail aig Bòrd na Gàidhlig gus Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a chur an gnìomh. Tha dleastanasan aig cuid de na h-ùghdarrasan seo cuideachd fo sgèith Achd an Foghlaim (Alba) 2016.
5.9	**Buaidhean air Co-ionannas** Chan eil buaidh dhìreach air co-ionannas tro na h-amasan àrd-ìre seo ach bidh oifigearan a' Bhùird a' cumail sùil air cùisean co-ionannachd mar phàirt den phròiseas dearcnachaidh ann an co-bhonn leis na h-ùghdarrasan seo.
5.10	**Buaidhean air an Àrainneachd** Cha bhi buaidh air an àrainneachd.

Cuspair 5.1 PT1

1. Amasan àrd-ìre | High-level aims

Amasan Àrd-Ìre	High-level Aims
Amasan àrd-ìre airson a' cheathraimh eagrain de Phlana Gàidhlig VisitScotland (VS).	**High-level aims for the fourth edition of VisitScotland's (VS) Gaelic Language Plan.**
Amas tar-ruigheach	**Overarching aim**
Stèidhichidh VS Buidheann Plana Gàidhlig, le Cathraiche aig ìre Stiùiriche, le riochdachadh bho gach roinn aig VS gus sùil a chumail air leasachadh agus lìbhrigeadh plana Gàidhlig VS. Thèid aithisgean adhartais cunbhalach a chur a-steach gu Bòrd VisitScotland.	VS will establish a Gaelic Language Plan Group, chaired at Director level, with representation from all VS departments to oversee and report on the development and delivery of the VS Gaelic language plan. Regular progress reports will be submitted to the VisitScotland Board.
A' cleachdadh na Gàidhlig	**Using Gaelic**
Bidh VS a' brosnachadh agus a' toirt taic do chleachdadh nas motha de Ghàidhlig tro bhith an sàs le gnìomhachasan turasachd agus prìomh luchd-ùidh eile tro lionsa Ro-innleachd Turasachd na Gàidhlig do dh'Alba.	VS will encourage and support the increased usage of Gaelic through engagement with tourism businesses and other key stakeholders through the lens of the Gaelic Tourism Strategy for Scotland.
Brosnaichidh VS toirt a-steach iall Gàidhlig ann an ro-innleachd ath-bheòthachadh turasachd; agus a' toirt a-steach Gàidhlig ann am modhan ùra a thaobh turasachd às dèidh Covid-19, le fòcas sònraichte air conaltradh leis a' choimhearsnachd.	VS will encourage the introduction of a Gaelic strand in the tourism recovery strategy; and inclusion of Gaelic in new approaches to tourism post-Covid-19, with particular focus on community engagement.
Ag ionnsachadh na Gàidhlig	**Learning Gaelic**
Bidh VS ag obair le com-pàirtichean gus cothroman obrach turasachd agus gnìomhachais turasachd Gàidhlig a bhrosnachadh do sgoilearan Gàidhlig.	VS will work with partners to promote Gaelic tourism career and business opportunities to Gaelic students.
Bidh VS a' toirt a-steach Gàidhlig anns an Ro-innleachd Turasachd Chunntasach aige a thaobh in-ghabhalachd agus com-pàirteachadh coimhearsnachd.	VS will include Gaelic in its Responsible Tourism Strategy in terms of inclusiveness and community engagement.
A' cur na Gàidhlig air adhart	**Promoting Gaelic**
Bidh VS ag ùrachadh na Ro-innleachd Turasachd Gàidhlig do dh'Alba ann an 2023, a' cumail fòcas air a bhith a' brosnachadh na Gàidhlig do ghnìomhachasan turasachd agus do luchd-tadhail.	VS will renew the Gaelic Tourism Strategy for Scotland in 2023, maintaining a focus on promoting Gaelic to tourism businesses and to visitors.
Gus taic a thoirt do dh'adhartas san àm ri teachd, leanaidh VS air a' tional fiosrachaidh mun Ghàidhlig ann an turasachd mar phàirt de dh'obair Rannsachaidh is Lèirsinnean na buidhne.	To inform future progress, VS will continue to gather information on Gaelic in tourism as part of its Research and Insights function.

2. Amasan seirbheisean corporra | Corporate Service Aims

Amasan airson Seirbheisean Corporra	Corporate Service Aims
Àrd Phrionnsapalan	**Overarching Principles**
Spèis Cho-ionann A h-uile gealladh anns a' Phlana Ghàidhlig air a lìbhrigeadh dhan aon ìre anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla.	**Equal Respect** Gaelic language plan commitments delivered to an equal standard in both Gaelic and English.
Cothroman Follaiseach Gnìomhan practaigeach gus dèanamh cinnteach gu bheil fios aig luchd-obrach na buidhne agus am poball daonnan air na cothroman a th' ann gus Gàidhlig a chleachdadh leis an ùghdarras phoblach.	**Active Offer** Practical measures to ensure that staff and public are kept regularly informed of all opportunities that exist to use Gaelic in relation to the work of the public authority.
Treas Pàrtaidhean A' dearbhadh gum bi ALEOs agus cunnradairean eile ag obair gus plana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich a chur an gnìomh.	**Third Parties** Ensure that Arm's Length Executive Organisations and other contractors help with the delivery of the public authority Gaelic language plan.
Gàidhlig na nì àbhaisteach Geallaidhean bhon phlana Ghàidhlig air an gabhail a-steach ann an structaran an ùghdarrais phoblaich tro thìde, le sgrùdadh cunbhalach airson cothroman a chomharrachadh taobh a-staigh bhuidseatan stèidhichte gus Gàidhlig a thoirt air adhart.	**Normalisation** Gaelic plan commitments are normalised within the structures of the public authority over time, with opportunities to grow Gaelic within existing budgets constantly assessed.
Pàrantan Corporra Gu bheilear mothachail air na dleastanasan a th' ann mar Pàrant Corporra gum bi a h-uile pàiste is neach òg fo chùram no a b' àbhaist a bhith fo chùram le Gàidhlig a' faighinn na h-aon cothroman 's a tha clann le cànain eile.	**Corporate Parenting** That the authority is aware of the duties of a Corporate Parent to ensure that looked after children and young people and care leavers with Gaelic receive the same opportunities as those with other languages.
Inbhe	**Status**
Suaicheantas Ag amas air suaicheantas corporra anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla a chruthachadh nuair a thig a' chiad chothrom agus mar phàirt den phròiseas ùrachaidh.	**Logo** Aim to render the corporate logo in both Gaelic and English at the first opportunity and as part of any renewal process.
Soidhnichean Prìomh shoidhnichean air an dèanamh dà-chànanach nuair a thathar gan ùrachadh.	**Signage** Prominent signage will include Gaelic and English as part of any renewal process.
Conaltradh leis a' phoball	**Communicating with the public**

Brosnachadh Teachdaireachdan gu bheil fàilte air conaltradh sa Ghàidhlig bhon poball daonnan.	**Promotion** Positive message that communication from the public in Gaelic is always welcome.
Conaltradh sgrìobhte Fàilte ga cur air conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) daonnan agus bidh freagairt ann sa Ghàidhlig, a rèir clàr-ama conaltraidh àbhaisteach na buidhne.	**Written Communication** Written communication in Gaelic is always accepted (post, email and social media) and replies will be provided in Gaelic in accordance with the general policy.
Ionad-fàilte agus am fòn Far a bheil luchd-obrach le Gàidhlig ann airson seo a thoirt seachad, gheibh iad taic airson seo a dhèanamh agus thèid sanasachd a dhèanamh air t-seirbheis dhan phoball.	**Reception and phone** Where Gaelic speaking staff are capable of providing this service, they are supported to do so and the service is promoted to the public.
Coinneamhan Cothroman airson coinneamhan dà-chànanach no sa Ghàidhlig a chumail air an rannsachadh gu cunbhalach agus air am brosnachadh.	**Public meetings** Opportunities to hold public meetings bilingually or in Gaelic are regularly explored and promoted.
Fiosrachadh	**Information**
Fiosan-naidheachd Prìomh fhiosan-naidheachd agus fiosan-naidheachd mu dheidhinn na Gàidhlig air an cuairteachadh sa Ghàidhlig agus sa Beurla.	**News releases** High profile news releases and all news releases related to Gaelic are circulated in both Gaelic and English.
Meadhanan sòisealta Stuth Gàidhlig ga sgaoileadh tro na meadhanan sòisealta gu cunbhalach, le stiùir bho ìre cleachdaidh no cleachdadh a dh'fhaodadh a bhith ann.	**Social Media** Gaelic content distributed regularly through social media, guided by the level of actual and potential users
Làrach-lìn Stuth Gàidhlig air làrach-lìn an ùghdarrais phoblaich, le prìomhachas air na duilleagan le faicsinneachd mhòr.	**Website** Gaelic content should be available on the public authority's website, with emphasis given to the pages with the highest potential reach.
Irisean Corporra Irisean corporra sa Ghàidhlig agus Beurla le prìomhachas air sgrìobhainnean le faicsinneachd mhòr.	**Corporate Publications** Produced in Gaelic and English, with priority given to those with the highest potential reach.
Taisbeanaidhean Cothroman airson taisbeanaidhean dà-chànanach no sa Ghàidhlig a chumail air an rannsachadh gu cunbhalach agus air am brosnachadh, le prìomhachas air an fheadhainn aig a bheil a' bhuaidh as motha.	**Exhibitions** Opportunities to deliver public exhibitions bilingually or in Gaelic should be explored on a regular basis, with priority given to those with the highest potential impact.

Luchd-obrach	Staff
Sgrùdadh Luchd-obrach Sgrùdadh cunbhalach air sgilean Gàidhlig agus iarrtasan airson trèanadh Gàidhlig tro bheatha gach plana.	**Internal audit** Conduct an internal audit of Gaelic skills and training needs through the life of each plan.
Inntrigeadh Eòlas air a' phlana Ghàidhlig mar phàirt den phròiseas inntrigidh.	**Induction** Knowledge of the public authority's Gaelic language plan included in new staff inductions
Trèanadh cànain Trèanadh ann an sgilean Gàidhlig ga thabhann agus ga bhrosnachadh, gu sònraichte a thaobh a bhith a' cur plana Gàidhlig na buidhne an gnìomh.	**Language training** Gaelic language skills training and development offered to staff, particularly in relation to implementing the public authority's Gaelic language plan.
Trèanadh le Fiosrachadh mun Ghàidhlig Trèanadh le fiosrachadh mun Ghàidhlig, le prìomhachas air stiùirichean, buill bùird, comhairlichean agus luchd-obrach air a bheil dleastanas a bhith a' conaltradh leis a' mhòr-shluagh.	**Awareness training** Gaelic awareness training offered to staff, with priority given to directors, board members, councillors and staff dealing directly with the public.
Fastadh A' toirt aithne is spèis do sgilean Gàidhlig mar phàirt den phròiseas fhastaidh. Gàidhlig ainmichte mar sgil a tha na buannachd agus/no a tha riatanach gus seirbheisean Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a rèir na comhairle laghail aig Bòrd na Gàidhlig. Sanasan-obrach dà-chànanach no sa Ghàidhlig airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig ainmichte mar sgil riatanach.	**Recruitment** Recognising and respecting Gaelic skills within the recruitment process. Gaelic named as an essential and / or desirable skill in job descriptions in order to deliver the Gaelic language plan and in accordance with the Bòrd na Gàidhlig recruitment advice. Bilingual or Gaelic only job adverts for all posts where Gaelic is an essential skill.
Corpas na Gàidhlig	**Gaelic Language Corpus**
Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig Leanaidh an t-ùghdarras Poblach Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig as ùire mar stiùir airson a h-uile rud sgrìobhte aca.	**Gaelic Orthographic Conventions** The most recent Gaelic Orthographic Conventions will be followed in relation to all written materials produced by the public authority.
Ainmean-àite Iarrar stiùireadh bho Ainmean-Àite na h-Alba agus cumar ris an stiùireadh sin.	**Place names** Gaelic place name advice from Ainmean-Àite na h-Alba is sought and used.

Bòrd na Gàidhlig

Amasan Àrd-Ìre Comhairle Dhùn Phrìs is Gall-Ghàidhealaibh

Dumfries and Galloway Council High Level Aims

Gaelic Language Plan Edition 2

Amasan Àrd-Ìre	High-level Aims
Airson an cur a-steach do dh'eagran 2 de Phlana Gàidhlig Comhairle Dhùn Phrìs is Gall-Ghàidhealaibh	**For inclusion in edition 2 of Dumfries and Galloway Council's (DGC) Gaelic Language Plan**
A' cleachdadh na Gàidhlig	**Using Gaelic**
Cuir taic ri buidhnean cànan is cultar na Gàidhlig, a tha ùr no a tha ann mar-thà, ann an sgìre na Comhairle gus cuideachadh le fàs a thoirt air ìomhaigh agus cleachdadh na Gàidhlig.	Support existing and new Gaelic language and culture groups in the DGC area to help grow the profile and use of Gaelic.
Ag ionnsachadh na Gàidhlig	**Learning Gaelic**
Bruidhinn ri luchd-ùidh mu dheidhinn na leanas: - Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a stèidheachadh - Comas airson solarachadh Foghlam Gàidhlig do Luchd-ionnsachaidh (FLi) a chur am meud aig ìre na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile, a' gabhail a-steach goireasan E-sgoil aig ìre àrd-sgoile. - Comas airson solarachadh tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig a stèidheachadh agus a' cumail taic ri teaghlaichean agus buidhnean coimhearsnachd aig a bheil ùidh ann an solarachadh tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig a chruthachadh.	Engage with stakeholders regarding the following: - Establishment of Gaelic Medium Education - Potential to increase the provision of Gaelic Learners Education (GLE) at primary and secondary level with the inclusion of E-sgoil facilities at secondary level. - Potential to establish Gaelic Early Years provision and support families and community groups with an interest in developing Gaelic Early Years

Obair còmhla ri com-pàirtichean gus cothroman ionnsachaidh Gàidhlig a chur air adhart agus a leasachadh taobh a-staigh ar coimhearsnachdan. Brosnaich agus tabhainn cothroman ionnsachaidh Gàidhlig don luchd-obrach againn.	Work with partners to promote and develop Gaelic language learning opportunities within our communities. Actively promote and facilitate Gaelic language learning opportunities for our workforce.
A' cur na Gàidhlig air adhart	**Promoting Gaelic**
Bruidhinn ri luchd-ùidhe gus mothachadh na Gàidhlig a chur am meud tro ghnìomhachd ciùil, chultarach agus cànain. Cuir air dòigh agus glèidh sgioba buileachadh na Gàidhlig le riochdairean aig àrd-ìre bho gach roinn aig a' Chomhairle.	Engage with stakeholders to increase awareness of Gaelic through musical, cultural and linguistic activities. Establish and maintain a Gaelic language plan implementation group with senior representation from all Council directorates.

Amasan Sheirbheisean Corporra | Corporate Service Aims

Amasan airson Seirbhisean Corporra	Corporate Service Aims
Àrd Phrionnsapalan	**Overarching Principles**
Spèis Cho-ionann A h-uile gealladh anns a' Phlana Ghàidhlig air a lìbhrigeadh dhan aon ìre anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla.	**Equal Respect** Gaelic language plan commitments delivered to an equal standard in both Gaelic and English.
Cothroman Follaiseach Gnìomhan practaigeach gus dèanamh cinnteach gu bheil fios aig luchd-obrach na buidhne agus am poball daonnan air na cothroman a th' ann gus Gàidhlig a chleachdadh leis an ùghdarras phoblach.	**Active Offer** Practical measures to ensure that staff and public are kept regularly informed of all opportunities that exist to use Gaelic in relation to the work of the public authority.
Treas Partaidhean A' dearbhadh gum bi ALEOs agus cunnradairean eile ag obair gus plana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich a chur an gnìomh.	**Third Parties** Ensure that Arm's Length Executive Organisations and other contractors help with the delivery of the public authority Gaelic language plan.
Gàidhlig na nì àbhaisteach Geallaidhean bhon phlana Ghàidhlig air an gabhail a- steach ann an structaran an ùghdarrais phoblaich tro thìde, le sgrùdadh cunbhalach airson cothroman a chomharrachadh taobh a-staigh bhuidseatan stèidhichte gus Gàidhlig a thoirt air adhart.	**Normalisation** Gaelic plan commitments are normalised within the structures of the public authority over time, with opportunities to grow Gaelic within existing budgets constantly assessed.
Pàrantan Corporra Gu bheilear mothachail air na dleastanasan a th' ann mar Pàrant Corporra gum bi a h-uile pàiste is neach òg fo chùram no a b' àbhaist a bhith fo chùram le Gàidhlig a' faighinn na h-aon cothroman 's a tha clann le cànain eile.	**Corporate Parenting** That the authority is aware of the duties of a Corporate Parent to ensure that looked after children and young people and care leavers with Gaelic receive the same opportunities as those with other languages.
Inbhe	**Status**
Suaicheantas Ag amas air suaicheantas corporra anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla a chruthachadh nuair a thig a' chiad chothrom agus mar phàirt den phròiseas ùrachaidh.	**Logo** Aim to render the corporate logo in both Gaelic and English at the first opportunity and as part of any renewal process.
Soidhnichean Prìomh shoidhnichean air an dèanamh dà-chànanach nuair a thathar gan ùrachadh.	**Signage** Prominent signage will include Gaelic and English as part of any renewal process.

Conaltradh leis a' phoball	Communicating with the public
Brosnachadh Teachdaireachdan gu bheil fàilte air conaltradh sa Ghàidhlig bhon poball daonnan.	**Promotion** Positive message that communication from the public in Gaelic is always welcome.
Conaltradh sgrìobhte Fàilte ga cur air conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) daonnan agus bidh freagairt ann sa Ghàidhlig, a rèir clàr-ama conaltraidh àbhaisteach na buidhne.	**Written Communication** Written communication in Gaelic is always accepted (post, email and social media) and replies will be provided in Gaelic in accordance with the general policy.
Ionad-fàilte agus am fòn Far a bheil luchd-obrach le Gàidhlig ann airson seo a thoirt seachad, gheibh iad taic airson seo a dhèanamh agus thèid sanasachd a dhèanamh air t-seirbheis dhan phoball.	**Reception and phone** Where Gaelic speaking staff are capable of providing this service, they are supported to do so and the service is promoted to the public.
Coinneamhan Cothroman airson coinneamhan dà-chànanach no sa Ghàidhlig a chumail air an rannsachadh gu cunbhalach agus air am brosnachadh.	**Public meetings** Opportunities to hold public meetings bilingually or in Gaelic are regularly explored and promoted.
Fiosrachadh	**Information**
Fiosan-naidheachd Prìomh fhiosan-naidheachd agus fiosan-naidheachd mu dheidhinn na Gàidhlig air an cuairteachadh sa Ghàidhlig agus sa Beurla.	**News releases** High profile news releases and all news releases related to Gaelic are circulated in both Gaelic and English.
Meadhanan sòisealta Stuth Gàidhlig ga sgaoileadh tro na meadhanan sòisealta gu cunbhalach, le stiùir bho ìre cleachdaidh no cleachdadh a dh'fhaodadh a bhith ann.	**Social Media** Gaelic content distributed regularly through social media, guided by the level of actual and potential users
Làrach-lìn Stuth Gàidhlig air làrach-lìn an ùghdarrais phoblaich, le prìomhachas air na duilleagan le faicsinneachd mhòr.	**Website** Gaelic content should be available on the public authority's website, with emphasis given to the pages with the highest potential reach.
Irisean Corporra Irisean corporra sa Ghàidhlig agus Beurla le prìomhachas air sgrìobhainnean le faicsinneachd mhòr.	**Corporate Publications** Produced in Gaelic and English, with priority given to those with the highest potential reach.
Taisbeanaidhean Cothroman airson taisbeanaidhean dà-chànanach no sa Ghàidhlig a chumail air an rannsachadh gu cunbhalach agus air am brosnachadh, le prìomhachas air an fheadhainn aig a bheil a' bhuaidh as motha.	**Exhibitions** Opportunities to deliver public exhibitions bilingually or in Gaelic should be explored on a regular basis, with priority given to those with the highest potential impact.

Luchd-obrach	Staff
Sgrùdadh Luchd-obrach Sgrùdadh cunbhalach air sgilean Gàidhlig agus iarrtasan airson trèanadh Gàidhlig tro bheatha gach plana.	**Internal audit** Conduct an internal audit of Gaelic skills and training needs through the life of each plan.
Inntrigeadh Eòlas air a' phlana Ghàidhlig mar phàirt den phròiseas inntrigidh.	**Induction** Knowledge of the public authority's Gaelic language plan included in new staff inductions
Trèanadh cànain Trèanadh ann an sgilean Gàidhlig ga thabhann agus ga bhrosnachadh, gu sònraichte a thaobh a bhith a' cur plana Gàidhlig na buidhne an gnìomh.	**Language training** Gaelic language skills training and development offered to staff, particularly in relation to implementing the public authority's Gaelic language plan.
Trèanadh le Fiosrachadh mun Ghàidhlig Trèanadh le fiosrachadh mun Ghàidhlig, le prìomhachas air stiùirichean, buill bùird, comhairlichean agus luchd-obrach air a bheil dleastanas a bhith a' conaltradh leis a' mhòr-shluagh.	**Awareness training** Gaelic awareness training offered to staff, with priority given to directors, board members, councillors and staff dealing directly with the public.
Fastadh A' toirt aithne is spèis do sgilean Gàidhlig mar phàirt den phròiseas fhastaidh. Gàidhlig ainmichte mar sgil a tha na buannachd agus/no a tha riatanach gus seirbheisean Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a rèir na comhairle laghail aig Bòrd na Gàidhlig. Sanasan-obrach dà-chànanach no sa Ghàidhlig airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig ainmichte mar sgil riatanach.	**Recruitment** Recognising and respecting Gaelic skills within the recruitment process. Gaelic named as an essential and / or desirable skill in job descriptions in order to deliver the Gaelic language plan and in accordance with the Bòrd na Gàidhlig recruitment advice. Bilingual or Gaelic only job adverts for all posts where Gaelic is an essential skill.
Corpas na Gàidhlig	**Gaelic Language Corpus**
Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig Leanaidh an t-ùghdarras Poblach Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig as ùire mar stiùir airson a h-uile rud sgrìobhte aca.	**Gaelic Orthographic Conventions** The most recent Gaelic Orthographic Conventions will be followed in relation to all written materials produced by the public authority.
Ainmean-àite Iarrar stiùireadh bho Ainmean-Àite na h-Alba agus cumar ris an stiùireadh sin.	**Place names** Gaelic place name advice from Ainmean-Àite na h-Alba is sought and used.

Bòrd na Gàidhlig

Cuspair 5.1 PT3

Amasan Àrd-Ìre Comhairle Inbhir Chluaidh

Inverclyde Council High Level Aims

Gaelic Language Plan Edition 2

Amasan Àrd-Ìre	High-level Aims
Airson an cur a-steach do dh'eagran 2 de Phlana Gàidhlig Comhairle Inbhir Chluaidh	**For inclusion in edition 2 of Inverclyde Council's Gaelic Language Plan**
A' cleachdadh na Gàidhlig	**Using Gaelic**
Cuir taic ri buidhnean cànan is cultar na Gàidhlig, a tha ùr no a tha ann mar-thà, ann an sgìre Inbhir Chluaidh gus cuideachadh le fàs a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig anns a' choimhearsnachd. Cuir air dòigh cothroman ionnsachaidh agus cleachdaidh Gàidhlig do luchd-obrach na Comhairle, a' cleachdadh sgilean an luchd-obrach agus goireasan a tha ann mar-thà, ag amas air fàs ann an cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na Comhairle.	Support existing and new Gaelic language and culture groups in the Inverclyde area to help grow the use of Gaelic in the community. Establish Gaelic learning and usage opportunities for Council staff, utilising existing staff skills and resources, with the aim of increasing the use of Gaelic internally.
Ag ionnsachadh na Gàidhlig	**Learning Gaelic**
Cuir am meud an àireamh de chlann a tha a' faighinn Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig aig ìre tràth-bhliadhnaichean gach bliadhna. Cuir am meud an àireamh de chlann a tha a' faighinn Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig aig ìre na bun-sgoile le co-dhiù 15% gach bliadhna.	Increase the numbers of children accessing Gaelic Medium Early Years Education each year. Increase the numbers of children accessing Gaelic Medium Education at primary level by at least 15% each year.

Bòrd na Gàidhlig,
Taigh a' Ghlinne Mhòir, Rathad na Leacainn,
Inbhir Nis, IV3 8NW

Bòrd na Gàidhlig,
Great Glen House, Leachkin Road,
Inverness, IV3 8NW

+44 [0] 1463 225454
oifis@gaidhlig.scot
www.gaidhlig.scot

Lorg chothroman, ann an co-bhonn le Bòrd na Gàidhlig agus ùghdarrasan eile, taobh a-staigh a' chiad 18 mìosan den phlana agus cuir air dòigh mholaidhean freagarrach airson solarachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig aig ìre na h-àrd-sgoile a stèidheachadh taobh a-staigh sgìre Comhairle Inbhir Chluaidh. Cuir am meud solarachadh Foghlam Gàidhlig do Luchd-ionnsachaidh (FLi) aig ìre na bun-sgoile agus ìre na h-àrd-sgoile.	Explore opportunities, in partnership with Bòrd na Gàidhlig and with neighbouring authorities, within the first 18 months of the plan and make appropriate recommendations for the development of Gaelic Medium Education provision at secondary level within the Inverclyde Council area. Increase the provision of Gaelic Learners Education (GLE) at primary and secondary level.
A' cur na Gàidhlig air adhart	**Promoting Gaelic**
Cuir air dòigh agus glèidh sgioba buileachaidh na Gàidhlig le riochdairean aig àrd-ìre bho gach roinn aig a' Chomhairle.	Establish and maintain a Gaelic language plan implementation group with senior representation from all Council departments

Amasan Sheirbheisean Corporra | Corporate Service Aims

Amasan airson Seirbhisean Corporra	Corporate Service Aims
Àrd Phrionnsapalan	**Overarching Principles**
Spèis Cho-ionann A h-uile gealladh anns a' Phlana Ghàidhlig air a lìbhrigeadh dhan aon ìre anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla.	**Equal Respect** Gaelic language plan commitments delivered to an equal standard in both Gaelic and English.
Cothroman Follaiseach Gnìomhan practaigeach gus dèanamh cinnteach gu bheil fios aig luchd-obrach na buidhne agus am poball daonnan air na cothroman a th' ann gus Gàidhlig a chleachdadh leis an ùghdarras phoblach.	**Active Offer** Practical measures to ensure that staff and public are kept regularly informed of all opportunities that exist to use Gaelic in relation to the work of the public authority.
Treas Partaidhean A' dearbhadh gum bi ALEOs agus cunnradairean eile ag obair gus plana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich a chur an gnìomh.	**Third Parties** Ensure that Arm's Length Executive Organisations and other contractors help with the delivery of the public authority Gaelic language plan.
Gàidhlig na nì àbhaisteach Geallaidhean bhon phlana Ghàidhlig air an gabhail a- steach ann an structaran an ùghdarrais phoblaich tro thìde, le sgrùdadh cunbhalach airson cothroman a chomharrachadh taobh a-staigh bhuidseatan stèidhichte gus Gàidhlig a thoirt air adhart.	**Normalisation** Gaelic plan commitments are normalised within the structures of the public authority over time, with opportunities to grow Gaelic within existing budgets constantly assessed.
Pàrantan Corporra Gu bheilear mothachail air na dleastanasan a th' ann mar Pàrant Corporra gum bi a h-uile pàiste is neach òg fo chùram no a b' àbhaist a bhith fo chùram le Gàidhlig a' faighinn na h-aon cothroman 's a tha clann le cànain eile.	**Corporate Parenting** That the authority is aware of the duties of a Corporate Parent to ensure that looked after children and young people and care leavers with Gaelic receive the same opportunities as those with other languages.
Inbhe	**Status**
Suaicheantas Ag amas air suaicheantas corporra anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla a chruthachadh nuair a thig a' chiad chothrom agus mar phàirt den phròiseas ùrachaidh.	**Logo** Aim to render the corporate logo in both Gaelic and English at the first opportunity and as part of any renewal process.
Soidhnichean Prìomh shoidhnichean air an dèanamh dà-chànanach nuair a thathar gan ùrachadh.	**Signage** Prominent signage will include Gaelic and English as part of any renewal process.

Conaltradh leis a' phoball	Communicating with the public
Brosnachadh Teachdaireachdan gu bheil fàilte air conaltradh sa Ghàidhlig bhon poball daonnan.	**Promotion** Positive message that communication from the public in Gaelic is always welcome.
Conaltradh sgrìobhte Fàilte ga cur air conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) daonnan agus bidh freagairt ann sa Ghàidhlig, a rèir clàr-ama conaltraidh àbhaisteach na buidhne.	**Written Communication** Written communication in Gaelic is always accepted (post, email and social media) and replies will be provided in Gaelic in accordance with the general policy.
Ionad-fàilte agus am fòn Far a bheil luchd-obrach le Gàidhlig ann airson seo a thoirt seachad, gheibh iad taic airson seo a dhèanamh agus thèid sanasachd a dhèanamh air t-seirbheis dhan phoball.	**Reception and phone** Where Gaelic speaking staff are capable of providing this service, they are supported to do so and the service is promoted to the public.
Coinneamhan Cothroman airson coinneamhan dà-chànanach no sa Ghàidhlig a chumail air an rannsachadh gu cunbhalach agus air am brosnachadh.	**Public meetings** Opportunities to hold public meetings bilingually or in Gaelic are regularly explored and promoted.
Fiosrachadh	**Information**
Fiosan-naidheachd Prìomh fhiosan-naidheachd agus fiosan-naidheachd mu dheidhinn na Gàidhlig air an cuairteachadh sa Ghàidhlig agus sa Beurla.	**News releases** High profile news releases and all news releases related to Gaelic are circulated in both Gaelic and English.
Meadhanan sòisealta Stuth Gàidhlig ga sgaoileadh tro na meadhanan sòisealta gu cunbhalach, le stiùir bho ìre cleachdaidh no cleachdadh a dh'fhaodadh a bhith ann.	**Social Media** Gaelic content distributed regularly through social media, guided by the level of actual and potential users
Làrach-lìn Stuth Gàidhlig air làrach-lìn an ùghdarrais phoblaich, le prìomhachas air na duilleagan le faicsinneachd mhòr.	**Website** Gaelic content should be available on the public authority's website, with emphasis given to the pages with the highest potential reach.
Irisean Corporra Irisean corporra sa Ghàidhlig agus Beurla le prìomhachas air sgrìobhainnean le faicsinneachd mhòr.	**Corporate Publications** Produced in Gaelic and English, with priority given to those with the highest potential reach.
Taisbeanaidhean Cothroman airson taisbeanaidhean dà-chànanach no sa Ghàidhlig a chumail air an rannsachadh gu cunbhalach agus air am brosnachadh, le prìomhachas air an fheadhainn aig a bheil a' bhuaidh as motha.	**Exhibitions** Opportunities to deliver public exhibitions bilingually or in Gaelic should be explored on a regular basis, with priority given to those with the highest potential impact.

Luchd-obrach	Staff
Sgrùdadh Luchd-obrach Sgrùdadh cunbhalach air sgilean Gàidhlig agus iarrtasan airson trèanadh Gàidhlig tro bheatha gach plana.	**Internal audit** Conduct an internal audit of Gaelic skills and training needs through the life of each plan.
Inntrigeadh Eòlas air a' phlana Ghàidhlig mar phàirt den phròiseas inntrigidh.	**Induction** Knowledge of the public authority's Gaelic language plan included in new staff inductions
Trèanadh cànain Trèanadh ann an sgilean Gàidhlig ga thabhann agus ga bhrosnachadh, gu sònraichte a thaobh a bhith a' cur plana Gàidhlig na buidhne an gnìomh.	**Language training** Gaelic language skills training and development offered to staff, particularly in relation to implementing the public authority's Gaelic language plan.
Trèanadh le Fiosrachadh mun Ghàidhlig Trèanadh le fiosrachadh mun Ghàidhlig, le prìomhachas air stiùirichean, buill bùird, comhairlichean agus luchd-obrach air a bheil dleastanas a bhith a' conaltradh leis a' mhòr-shluagh.	**Awareness training** Gaelic awareness training offered to staff, with priority given to directors, board members, councillors and staff dealing directly with the public.
Fastadh A' toirt aithne is spèis do sgilean Gàidhlig mar phàirt den phròiseas fhastaidh. Gàidhlig ainmichte mar sgil a tha na buannachd agus/no a tha riatanach gus seirbheisean Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a rèir na comhairle laghail aig Bòrd na Gàidhlig. Sanasan-obrach dà-chànanach no sa Ghàidhlig airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig ainmichte mar sgil riatanach.	**Recruitment** Recognising and respecting Gaelic skills within the recruitment process. Gaelic named as an essential and / or desirable skill in job descriptions in order to deliver the Gaelic language plan and in accordance with the Bòrd na Gàidhlig recruitment advice. Bilingual or Gaelic only job adverts for all posts where Gaelic is an essential skill.
Corpas na Gàidhlig	**Gaelic Language Corpus**
Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig Leanaidh an t-ùghdarras Poblach Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig as ùire mar stiùir airson a h-uile rud sgrìobhte aca.	**Gaelic Orthographic Conventions** The most recent Gaelic Orthographic Conventions will be followed in relation to all written materials produced by the public authority.
Ainmean-àite Iarrar stiùireadh bho Ainmean-Àite na h-Alba agus cumar ris an stiùireadh sin.	**Place names** Gaelic place name advice from Ainmean-Àite na h-Alba is sought and used.

Leas-phàipear A | Appendix A

Amasan Àrd-Ìre	High-level Aims
Amasan àrd-ìre airson na dàrna eagrain de Phlana Gàidhlig Comhairle Shruighlea (2021-2026).	**High-level aims for the second edition of Stirling Council's (2021-2026) Gaelic Language Plan.**
A' cleachdadh na Gàidhlig	**Using Gaelic**
Cruthaich cothroman cosnaidh tro bhun-phreantasachdan, nua-phreantasachdan agus cothroman obrach do luchd-ceumnachaidh gus fàs a thoirt air sgilean Gàidhlig anns a' Chomhairle agus seirbheisean Gàidhlig a leudachadh don phoball.	Create employment opportunities through foundation apprenticeships, modern apprenticeships and graduate placements to increase Gaelic skills within the organisation and increase Gaelic services offered to the public.
Ag ionnsachadh na Gàidhlig	**Learning Gaelic**
Tro phlanadh san àrd-sgoil, leudaich an àireamh de chuspairean a tha rim faotainn tro mheadhan na Gàidhlig.	Through secondary school planning, increase the subject availability through the medium of Gaelic.
Leudaich solar foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig ann an sgìre na Comhairle, is beachdaich air sgoil 3-18 a stèidheachadh.	Expand the current Gaelic Medium provision in the council area, with consideration for the establishment of a 3-18 Campus.
Stèidhich aonta le Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann gus àiteachean ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a thabhainn dhaibh gu h-eadar-amail.	Establish an agreement with Clackmannanshire Council to offer access to Gaelic medium education on an interim basis.
An Dleastanas a th' ann an Achd an Fhoghlaim (Alba) 2018 a ghabhail os làimh gus foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus Foghlam Gàidhlig luchd-ionnsachaidh a bhrosnachadh do luchd-còmhnaidh sgìre CS mar a thathar a' meas iomchaidh, a' gabhail a-steach a' chothruim a th' ann do phàrantan iarraidh gun tèid foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FtG) a stèidheachadh.	Undertake the duty under the Education (Scotland) Act 2016 to promote and support, as appropriate, the potential for Gaelic medium and Gaelic learner education to SC residents, including the opportunity that exists under this Act for parents to request the establishment of Gaelic Medium Education (GME).
A' cur na Gàidhlig air adhart	**Promoting Gaelic**
Stèidhich buidheann buileachaidh na Gàidhlig gus taic a chumail ris a' phlana a' cur an gnìomh tron Chomhairle air fad.	Establish a Gaelic Implementation Group to support the implementation of commitments throughout the council.

Cuspair 5.1

Leas-phàipear B | Appendix B

Amasan airson Seirbhisean Corporra	Corporate Service Aims
Àrd Phrionnsapalan	**Overarching Principles**
Spèis Cho-ionann A h-uile gealladh anns a' Phlana Ghàidhlig air a lìbhrigeadh dhan aon ìre anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla.	**Equal Respect** Gaelic language plan commitments delivered to an equal standard in both Gaelic and English.
Cothroman Follaiseach Gnìomhan practaigeach gus dèanamh cinnteach gu bheil fios aig luchd-obrach na buidhne agus am poball daonnan air na cothroman a th' ann gus Gàidhlig a chleachdadh leis an ùghdarras phoblach.	**Active Offer** Practical measures to ensure that staff and public are kept regularly informed of all opportunities that exist to use Gaelic in relation to the work of the public authority.
Treas Partaidhean A' dearbhadh gum bi ALEOs agus cunnradairean eile ag obair gus plana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich a chur an gnìomh.	**Third Parties** Ensure that Arm's Length Executive Organisations and other contractors help with the delivery of the public authority Gaelic language plan.
Gàidhlig na nì àbhaisteach Geallaidhean bhon phlana Ghàidhlig air an gabhail a- steach ann an structaran an ùghdarrais phoblaich tro thìde, le sgrùdadh cunbhalach airson cothroman a chomharrachadh taobh a-staigh bhuidseatan stèidhichte gus Gàidhlig a thoirt air adhart.	**Normalisation** Gaelic plan commitments are normalised within the structures of the public authority over time, with opportunities to grow Gaelic within existing budgets constantly assessed.
Pàrantan Corporra Gu bheilear mothachail air na dleastanasan a th' ann mar Pàrant Corporra gum bi a h-uile pàiste is neach òg fo chùram no a b' àbhaist a bhith fo chùram le Gàidhlig a' faighinn na h-aon cothroman 's a tha clann le cànain eile.	**Corporate Parenting** That the authority is aware of the duties of a Corporate Parent to ensure that looked after children and young people and care leavers with Gaelic receive the same opportunities as those with other languages.
Inbhe	**Status**
Suaicheantas Ag amas air suaicheantas corporra anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla a chruthachadh nuair a thig a' chiad chothrom agus mar phàirt den phròiseas ùrachaidh.	**Logo** Aim to render the corporate logo in both Gaelic and English at the first opportunity and as part of any renewal process.
Soidhnichean Prìomh shoidhnichean air an dèanamh dà-chànanach nuair a thathar gan ùrachadh.	**Signage** Prominent signage will include Gaelic and English as part of any renewal process.

Cuspair 5.1

Conaltradh leis a' phoball	Communicating with the public
Brosnachadh Teachdaireachdan gu bheil fàilte air conaltradh sa Ghàidhlig bhon poball daonnan.	**Promotion** Positive message that communication from the public in Gaelic is always welcome.
Conaltradh sgrìobhte Fàilte ga cur air conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) daonnan agus bidh freagairt ann sa Ghàidhlig, a rèir clàr-ama conaltraidh àbhaisteach na buidhne.	**Written Communication** Written communication in Gaelic is always accepted (post, email and social media) and replies will be provided in Gaelic in accordance with the general policy.
Ionad-fàilte agus am fòn Far a bheil luchd-obrach le Gàidhlig ann airson seo a thoirt seachad, gheibh iad taic airson seo a dhèanamh agus thèid sanasachd a dhèanamh air t-seirbheis dhan phoball.	**Reception and phone** Where Gaelic speaking staff are capable of providing this service, they are supported to do so and the service is promoted to the public.
Coinneamhan Cothroman airson coinneamhan dà-chànanach no sa Ghàidhlig a chumail air an rannsachadh gu cunbhalach agus air am brosnachadh.	**Public meetings** Opportunities to hold public meetings bilingually or in Gaelic are regularly explored and promoted.
Fiosrachadh	**Information**
Fiosan-naidheachd Prìomh fhiosan-naidheachd agus fiosan-naidheachd mu dheidhinn na Gàidhlig air an cuairteachadh sa Ghàidhlig agus sa Beurla.	**News releases** High profile news releases and all news releases related to Gaelic are circulated in both Gaelic and English.
Meadhanan sòisealta Stuth Gàidhlig ga sgaoileadh tro na meadhanan sòisealta gu cunbhalach, le stiùir bho ìre cleachdaidh no cleachdadh a dh'fhaodadh a bhith ann.	**Social Media** Gaelic content distributed regularly through social media, guided by the level of actual and potential users
Làrach-lìn Stuth Gàidhlig air làrach-lìn an ùghdarrais phoblaich, le prìomhachas air na duilleagan le faicsinneachd mhòr.	**Website** Gaelic content should be available on the public authority's website, with emphasis given to the pages with the highest potential reach.
Irisean Corporra Irisean corporra sa Ghàidhlig agus Beurla le prìomhachas air sgrìobhainnean le faicsinneachd mhòr.	**Corporate Publications** Produced in Gaelic and English, with priority given to those with the highest potential reach.
Taisbeanaidhean Cothroman airson taisbeanaidhean dà-chànanach no sa Ghàidhlig a chumail air an rannsachadh gu cunbhalach agus air am brosnachadh, le prìomhachas air an fheadhainn aig a bheil a' bhuaidh as motha.	**Exhibitions** Opportunities to deliver public exhibitions bilingually or in Gaelic should be explored on a regular basis, with priority given to those with the highest potential impact.

Cuspair 5.1

Luchd-obrach	Staff
Sgrùdadh Luchd-obrach Sgrùdadh cunbhalach air sgilean Gàidhlig agus iarrtasan airson trèanadh Gàidhlig tro bheatha gach plana.	**Internal audit** Conduct an internal audit of Gaelic skills and training needs through the life of each plan.
Inntrigeadh Eòlas air a' phlana Ghàidhlig mar phàirt den phròiseas inntrigidh.	**Induction** Knowledge of the public authority's Gaelic language plan included in new staff inductions
Trèanadh cànain Trèanadh ann an sgilean Gàidhlig ga thabhann agus ga bhrosnachadh, gu sònraichte a thaobh a bhith a' cur plana Gàidhlig na buidhne an gnìomh.	**Language training** Gaelic language skills training and development offered to staff, particularly in relation to implementing the public authority's Gaelic language plan.
Trèanadh le Fiosrachadh mun Ghàidhlig Trèanadh le fiosrachadh mun Ghàidhlig, le prìomhachas air stiùirichean, buill bùird, comhairlichean agus luchd-obrach air a bheil dleastanas a bhith a' conaltradh leis a' mhòr-shluagh.	**Awareness training** Gaelic awareness training offered to staff, with priority given to directors, board members, councillors and staff dealing directly with the public.
Fastadh A' toirt aithne is spèis do sgilean Gàidhlig mar phàirt den phròiseas fhastaidh. Gàidhlig ainmichte mar sgil a tha na buannachd agus/no a tha riatanach gus seirbheisean Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a rèir na comhairle laghail aig Bòrd na Gàidhlig. Sanasan-obrach dà-chànanach no sa Ghàidhlig airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig ainmichte mar sgil riatanach.	**Recruitment** Recognising and respecting Gaelic skills within the recruitment process. Gaelic named as an essential and / or desirable skill in job descriptions in order to deliver the Gaelic language plan and in accordance with the Bòrd na Gàidhlig recruitment advice. Bilingual or Gaelic only job adverts for all posts where Gaelic is an essential skill.
Corpas na Gàidhlig	**Gaelic Language Corpus**
Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig Leanaidh an t-ùghdarras Poblach Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig as ùire mar stiùir airson a h-uile rud sgrìobhte aca.	**Gaelic Orthographic Conventions** The most recent Gaelic Orthographic Conventions will be followed in relation to all written materials produced by the public authority.
Ainmean-àite Iarrar stiùireadh bho Ainmean-Àite na h-Alba agus cumar ris an stiùireadh sin.	**Place names** Gaelic place name advice from Ainmean-Àite na h-Alba is sought and used.

Seisean Fosgailte
Cuspair 6.1

A' freagairt ri	Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-latha na Coinneimh	18/05/2021
Àite:	Air-loidhne
Nì air a' Chlàir-ghnothaich	6.1

Tiotal a' Phàipeir	Ùrachadh: Ro-innleachd airson Leasachadh na h-Ìre as Àirde taobh a-staigh FtG aig ìre na h-Àrd-sgoile	
Moladh do Bhuill	Mar fhiosrachadh*	
Neach-labhairt:	Seumas Whannel, Stiùiriche Foghlaim	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	07/05/2021	Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	Tagradh sgrìobhte air FtG dhan Ath-sgrùdadh Nàiseanta air a' Churraicealam	

1.0	**Adhbhar**
1.1	Gus am fios as ùire a thoirt do bhuill na Comataidh mu adhartas a' leantainn air *Aithisg Leasachaidh na h-Ìre às Àirde* a chaidh a thoirt dhan Chomataidh air 11 Samhain 2019.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Tha an t-Ath-sgrùdadh Nàiseanta air a' Churraicealam air tighinn gu crìch agus tha Riaghaltas na h-Alba a' beachdachadh air Aithisg Ath-sgrùdadh OECD aig an àm seo. Ghabh Bòrd na Gàidhlig pàirt ann an seisean fòcais air-loidhne mu FhTG san Dàmhair 2020 còmhla ri Comann nam Pàrant Nàiseanta agus Fèisean nan Gàidheal . Chaidh aontachadh aig an t-seisean seo gun rachadh tagradh sgrìobhte a chur a-steach. Stiùir an Stiùiriche Foghlaim deasachadh an tagraidh sgrìobhte ann an com-pàirteachas le Comunn nam Pàrant agus Fèisean nan Gàidheal agus a' cleachdadh fios air ais bho phrìomh chleachdaichean FtG aig ìre na h-Àrd-sgoile air feadh na h-Alba (air a chur a-steach 16.11.20). Gu mi-fhòrtanach, às dèidh dhuinn sin a dhèanamh, chaidh innse dhuinn nach rachadh gabhail ri tagradh sgrìobhte. A dh'aindeoin seo, tha am pàipear an cois seo a' sealltainn phrìomh raointean far am molamaid gnìomhan a bharrachd.
2.2	Tha lèir-sgaoileadh Covid-19 air buaidh a thoirt air lìbhrigeadh foghlaim air fad. Tha coltas ann gun lean a' bhuaidh seo air adhart an dà chuid san t-seisean làithreach (2020-21), ann an seisean 2021-22 a tha ri thighinn agus às dèidh sin.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Is e prìomh eileamaid den obair againn a bhith a' brosnachadh Planadh Leasachaidh Àrd-sgoile FtG bliadhnail agus Aithrisean Bliadhnail air Inbhean agus Càileachd Foghlam Àrd-sgoile FtG. Tha sinn air taisbeanaidhean a thoirt do GhLAN cho math ri sreath de dh'ùrachaidhean mu bhith a' tabhann taic agus comhairle shònraichte do dh'Ùghdarrasan Ionadail fa leth tro Sheiseanan 19-20 agus 20-21. Chaidh taic shònraichte a thoirt do CnES, Peairt agus Ceann Rois, Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.
3.2	Tha sinn air ar misneachadh le fios air ais bho Earra-Ghàidheal is Bòd far a bheil Planadh FtG stèidhichte ann am frèam an Ùghdarrais Ionadail airson planadh sgoile a-nis.
3.3	Mar a bha dùil, cuiridh sinn suirbhidh gu Roinn FtG san Àrd-sgoil as t-Samhradh 2021 agus cuiridh sinn aithisg nàiseanta ri chèile mu adhartas a thaobh Planadh Leasachaidh Sgoiltean agus air an fhianais air adhartas a chaidh a chlàradh san Aithisg Inbhean agus Càileachd Sgoile. Cuiridh sinn barrachd mholaidhean air adhart às dèidh dhuinn a' chiad gheàrr-aithisg a chur ri chèile.
3.4	Leanaidh sinn oirnn a' tabhann comhairle agus taic phroifeasanta a bharrachd do dh'Oifigearan aig Ùghdarrasan Ionadail aig a bheil uallach airson FtG / FLi. Tha sinn air aontachadh le GLAN gun toir sinn seachad 3 seiseanan trèanaidh leth-latha gach bliadhna do dh'Oifigearan aig Ùghdarrasan Ionadail (an Gearran / an t-Ògmhios / an Dàmhair gach seisean). Bidh an seisean san Ògmhios 2021 a' gabhail a-

	steach taisbeanadh mun chleachdadh as fheàrr air Planadh Àrd-sgoile airson FtG ann an Earra-Ghàidheal is Bòd.
3.5	Tha conaltradh air leantainn le Foghlam Alba tron ghalar lèir-sgaoilte. Chaidh stad a chuir air a' phròg̀ram sgrùdaidh air sgàth Covid-19. Leanaidh sinn oirnn a' sioncronachadh na h-obrach againn a thaobh Planadh agus Aithris air FtG san Àrd-sgoil le pròg̀ram Sgrùdaidh Foghlam Alba nuair a thèid chuingealachaidhean Covid-19 fhuasgladh.
3.6	Chomharraich sinn gur e prìomh ghnìomh a bh' ann an cruthachadh stiùireadh air FtG / FLi agus planadh is aithris sa phàipear a chaidh a thoirt seachad san t-Samhain 2019. Cha bhiodh seo iomchaidh aig àm a' ghalair lèir-sgaoilte. A bharrachd air a bhith a' cruthachadh geàrr-aithisg nàiseanta air Planadh agus Aithris airson FtG san Àrd-sgoil, nì sinn ath-sgrùdadh air a' ghnìomh seo agus bheir sinn moladh dhan ath choinneimh den Chomataidh.
3.7	Tha an galar lèir-sgaoilte air buaidh a thoirt air raon farsaing de chùisean a' gabhail a-steach lìbhrigeadh foghlaim air-loidhne. Tha sinn air pròg̀ram de choinneamhan ceangail air-loidhne a chur air dòigh le sgioba E-sgoil agus le co-obraichean bho Sgioba Gàidhlig agus Albais Riaghaltas na h-Alba agus bheir sinn seachad fiosrachadh mu chùisean a' buntainn ri E-sgoil agus iomairtean mar #Cleachdiaigantaigh aig an ath choinneimh den Chomataidh.
4.0	**Moladh**
4.1	Gun toir a' Chomataidh fa-near dhan phàipear seo agus dhan tagradh dhan Ath-sgrùdadh Curraicealam aig OECD agus gun cur i fàilte air ùrachadh eile aig an ath choinneimh, a bhios a' gabhail a-steach fiosrachadh ùraichte mun ath-sgrùdadh air planadh agus aithris ann an roinn FtG na h-àrd-sgoil.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas** Cha bhi buaidh ann
5.2	**Buaidh air Luchd-obrach** Cha bhi buaidh ann
5.3	**Buaidh air Trèanadh** Cha bhi buaidh ann
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra** Tha an stiùireadh seo a' cur ris an gnìomh: "A' toirt comhairle seachad air poileasaidhean agus a' toirt stiùireadh don obair gus ro-innleachdan a dhealbh airson foghlam na Gàidhlig.
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

Ar n-Adhbhar	Ar Luachan
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean Daonna	☐	Clann	☐
Cultar	☐	Coimhearsnachd	☐
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☐
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			☐

5.6	**Buaidhean air Cliù**

	Tha e cudromach gu bheil Bòrd na Gàidhlig air pàirt ann an Lèirmheas Curraicealaim OECD, ann an co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile, gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' beachdachadh air foghlam Gàidhlig san obair sin.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd** Cha bhi buaidh ann
5.8	**Buaidhean Laghail** Tha dleastanasan reachdail aig Bòrd na Gàidhlig fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016. Tha an obair sa phàipear seo a' cur ri bhith coileanadh nan dleastanasan sin, gu sònraichte a thaobh an Stiùiridh Reachdail air Foghlam Gàidhlig.
5.9	**Buaidhean air Co-ionannas** Cha bhi buaidh ann

** Nì fiosrachaidh a ghabhas deasbad aig a' choinneimh.*

GLAN – Gaelic Local Authority Network

OECD – Organisation for Economic Co-operation and Development

FtG/FLi – Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig / Foghlam Luchd-ionnsachaidh

Cuspair 6.2

A' freagairt ri	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-latha na Coinneimh	17/05/2021
Àite:	Air MS Teams
Nì a' Chlàir-ghnothaich	6.2

Tiotal a' Phàipeir	Trusadh is Glèidheadh Luchd-teagaisg	
Moladh do Bhuill	Airson Fiosrachadh*	
Neach labhairt:	Jim Whannel	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba Stiùiridh	07/05/2021	Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	Chan eil	

1.0	**Adhbhar**
1.1	Trusadh is Glèidheadh Luchd-teagaisg
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Plana Nìaseanta 2018-2023: Thèid coimhead air dòighean ùra gus tidsearan Gàidhlig a thrusadh, a ghleidheadh is oideachadh agus sanasachd a dhèanamh air teagasg Gàidhlig mar dhreuchd, agus thèid sùil a thoirt air na dòighean a th' ann a-cheana feuch a bheil uireasbhaidhean ann. Feumar cuideachd aire a thoirt do luchd-obrach eile leithid luchd-obrach TCC agus luchd-taice cànain.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Tha taic agus comhairle phroifeiseanta do dh'Oilthigh Srath Chluaidh a' leantainn air adhart gus Pìleat ATQ (Additional Teaching Qualification) Gàidhlig do Luchd-ionnsachaidh a thoirt gu buil ann an co-bhann le Comhairle Baile Ghlaschu. Tha an clàr-ama fhathast ag amas air a' chùrsa a thòiseachadh ann an Lùnastal 2021. A bharrachd air sin, Tha an sgioba a' cumail ann an conaltradh gu cunbhalach le gach oilthigh a bhios a' tabhann ITE agus a' sanasachd nan cothroman aca, 's ag obair leotha airson cùisean a leasachadh. Thèid bliadhnaichean bogaidh a thabhann do luchd-teagaisg agus luchd-obrach Ionnsachadh Tràth is Cùram-chloinne (ITC) am-bliadhna, ann an com-pàirteachas le Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean (OGE) is Oilthigh Ghlaschu a-rithist. Dùinear an sgeama 21/22 air 6mh An Cèitean 2021. Chaidh seisean fiosrachaidh airson seo agus Sgeama Tabhartasan Foghlaim le tidsearan o ghrunn ùghdarrasan ionadail sa Mhàrt. Chaidh maoineachadh luach £84,476 a thoirt seachad do 51 neach tron sgeama maoineachadh Tabhartasan Foghlaim ann an 2020-21. Chuir seo taic ri oileanaich teagaisg, luchd-obrach ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig airson cùrsaichean eadar-dhealaichte agus luchd-obrach ann am foghlam tro mheadhan na Beurla gus na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh. Thèid an sgeama a chum Tha an sgioba air a riochdachadh air buidheann a bhios a' coimhead ris na toraidhean bhon t-suirbhidh a rinn Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba (GTCS) am measg luchd-teagaisg clàraichte ann an 2020. 'S e prìomh amas an t-suirbhidh sgrùdadh a dhèanamh air sgilean Gàidhlig am measg luchd-teagaisg, cia mheud aig a bheil ùidh Gàidhlig ionnsachadh agus dè na prìomh bacaidhean a bha romhpa. Chaidh a' choinneamh airson beachdachadh air na toraidhean a chumail air 16/02/2021.

Cuspair 6.2

	Chaidh cùmhnant airson iomairt shanasachd nàiseanta gus dreuchdan ann am foghlam Gàidhlig a bhrosnachadh a thoirt don chompanaidh Stand ann an Glaschu. Tha an iomairt ga riochdachadh an-dràsta ged a thàinig dàil oirre ri linn COVID ach bidh an iomairt seo a ruith tharais air a bhliadhna 2021-22 agus ga cur air bhog san Ògmhios 2021. Bidh an sgioba a' cur gu feum nam meadhan-sòisealta gu minig airson dreuchdan bàna, cothroman leasachaidh agus goireasan a shanasachd. Bidh an sgioba cuideachd a' sanasachd cinn-là airson UCAS airson cùrsaichean teagaisg, agus cùrsaichean Gàidhlig san fharsaingeachd, le fios gu bheil barrachd oileanaich Ghàidhlig a' ciallachadh barrachd luchd-teagaisg aig a' cheann thall. Thèid Co-labhairt nan Tidsearan Ùra 2021 a chumail air loidhne a-rithist air 24 is 25 An Cèitean 2021. Tha an sgioba air a bhith ann an conaltradh le CLAS gus an lìonraidh airson tidsearan àrd-sgoil a neartachadh thairis air 2020/21, agus bidh iad a' taisbeanadh aig a' cho-labhairt. Cuideachd, bidh oileanaich agus oidean on chùrsa STREAP a' bruidhinn aig a' cho-labhairt – a' cuideachadh thidsearan ùra a bhith a' coimhead ri leudachadh ann an sgilean proifeiseanta tràth sa chuairt-obrach aca.
4.0	**Moladh**
4.1	Airson fiosrachaidh
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Chaidh an t-airgead airson an iomairt sanasachd aontachadh ann an 2020/21 Tha glè bheag de chosgaisean mu choinneamh co-labhairtean agus seiseanan air-loidhne
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Tha am Manaidsear Foghlaim agus an t-Òifigear Leasachaidh (Tidsearan) a' dèiligeadh ris a' mhòr-chuid de na gnìomhan an seo.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
	Key Performance Indicator 4: More opportunities for people to enhance their Gaelic skills Key Performance Indicator 5: More people agreeing with the statement 'I have enhanced my Gaelic skills'
5.5	**Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	**AR LUACHAN**
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann	☐
Cultar	☐	Coimhearsnachdan	☐
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-Nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☐
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			☐

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	Tha na pròiseactan seo a' togail chom-pàirteachasan làidir agus a' cur gu mòr ri cliù a' Bhùird
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Cha bhidh buaidh ann.
5.8	**Buaidhean Laghail**
	Cha bhidh buaidh ann.
5.9	**Buaidhean air Co-ionannas**

Cuspair 6.2

	Tha tachartasan air loidhne a' ciallachadh gum faigh daoine ann o gach ceàrn a dh'aindeoin cruinn-eòlas.
5.10	**Buaidhean air an àrainneachd**
	Tha tachartasan air loidhne a' lughdachadh carboin.

*Fosgailte airson deasbad aig a choinneamh

Seisean Fosgailte
Cuspair 6.3

A' freagairt ri	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-latha na Coinneimh	18/05/2021
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	6.3

Tiotal a' Phàipeir	Buaidh bho thaic BnG air obair òigridh
Moladh do Bhuill	Airson Fiosrachadh*
Neach labhairt:	Steven Kellow,

Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	07/05/2020	Ri Aontachadh

Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 – Clàr de phròiseactan a fhuair taic BnG ann an 2020/21 co-cheangailte ri òigridh

1	**Adhbhar**
1.1	Gus fiosrachadh a thoirt do bhuill na Comataidh mun bhuaidh a th' aig phròiseactan a gheibh taic-airgid bho Bhòrd na Gàidhlig air obair òigridh sa Ghàidhlig.
2.	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Tha am pàipear seo a' freagairt air gnìomh ann am plana obrach na Comataidh gus lèirmheas a dhèanamh air buaidh taic-airgid BnG air obair òigridh, is mar ùrachadh den fhiosrachaidh a chaidh a thoirt seachad aig coinneamh 9 Ògmhios 2020.
3.	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Tha am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig agus Plana Chorporra Bhòrd na Gàidhlig a' cur prìomhachas air obair òigridh, gus dhaoine òga a bhrosnachadh gus an cànan a chleachdadh taobh a-muigh na sgoile le amas gum bi iad a' cleachdadh na Gàidhlig nas trice, is a' cumail orra leis a' chleachdadh sin às dèidh dhaibh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig fhàgail.
3.2	Tro obair nan tabhartasan aig Bòrd na Gàidhlig, thathar a' cur an aon phrìomhachas seo air obair òigridh tro na diofar sgeamaichean a thathar a' ruith. Gheibhear iomradh gu h-ìosal air na prìomhachasan aig na diofar sgeamaichean a tha ag amas gu sònraichte air taic a chumail ri daoine òga: **Taic Freumhan Coimhearsnachd 2021/22** • "A' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig agus tar-chur eadar-ghinealach sa choimhearsnachd" • "A' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-muigh na sgoile airson sgoilearan foghlam tro mheadhan na Gàidhlig" • "A' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig anns an dachaigh" **Colmcille 2021/22** • "A' toirt luchd-labhairt òga na Gàidhlig is na Gaeilge còmhla tro thachartasan no pròiseactan sgoile **GLAIF 2021/22** • "A' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig is a' togail chomasan airson leasachadh na Gàidhlig anns a' choimhearsnachd, gu h-àraidh am measg dhaoine òga"

Seisean Fosgailte
Cuspair 6.3

3.3	A bharrachd air na phuingean gu h-àrd, thathar cuideachd a' ruith sgeama Tabhartasan nan Tràth-bhliadhnaichean ann an co-bhann le Comann nam Pàrant, le taic-airgid bhon sgeama CYPEIF is ALEC aig Corra Foundation (is airgead airson an sgeama sin a' tighinn bho Riaghaltas na h-Alba), is tha seo stèidhichte gu tur air cothroman cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig a thabhann do chlann òga.
3.4	Thathar a' tomhais thairis air na sgeamaichean taic-airgid air fad gun deach timcheall air £1.3 millean de thaic-airgid (timcheall air trian de bhuidseat leasachaidh a' Bhùird) a ghealltainn ann am bliadhna-ionmhais 2020/21 do thimcheall air 116 phròiseactan no bhuidhnean a tha an sàs gu dìreach ann a bhith a' cur taic ri tachartasan no gnìomhan airson dhaoine òga. Tha seo faisg air na h-àireamhan a bha ann airson 2019/20.
3.5	Tha tuilleadh fiosrachaidh air na phròiseactan sònraichte seo ri fhaighinn ann am PT1.
3.6	Airson tòrr de na phròiseactan seo bha atharraichean rin dèanamh ri linn bacaidhean a' choròna-bhìorais, ach airson a' mhòr-chuid dhiubh bha e comasach obair leantainn air-loidhne, brìgh na h-obrach atharrachadh no gealladh a thoirt seachad gun gabhadh am pròiseact a choileanadh ann an 2021 nuair a thathar an dùil is an dòchas nach bi riaghailtean cho teann a dhìth.
3.7	A thuilleadh air na pròiseactan a thathar a' maoineachadh tro sgeamaichean taic-airgid, tha cuid mhath de na Buidhnean Lìbhrigidh Com-pàirteach cuideachd a' cur taic ri gnìomhan a bhios a' cumail taic ri cleachdadh na Gàidhlig am measg òigridh.
3.8	'S e am prìomh eisimpleir de seo an lìonra Iomairtean is pròg̀ram thachartasan nàiseanta air an ruith le Comunn na Gàidhlig, is fhuair a' bhuidheann £336,200 airson seo an-uiridh.
3.9	Tha buidhnean com-pàirteach eile a' cur taic san roinn seo: • Fèisean nan Gàidheal (Fèis sgoil, 5 latha, Sgoil Samhraidh Dràma) • An Comunn Gàidhealach (Mòdan ionadail is seiseanan ullachaidh airson a' Mhòid Nàiseanta) • Comhairle nan Leabhraichean (Leugh is Seinn le Linda) • Ionad Chaluim Chille Ìle (Clubaichean Òigridh) • Theatre Gu Leòr (Seiseanan aig Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu is Captain Cora)
3.10	Ann an 2020/21, bliadhna far an robh buaidh cho mòr aig a' choròna-bhìoras air beatha àbhaisteach na h-òigridh, thàinig na buidhnean seo agus com-pàirtichean eile leithid eSgoil còmhla fo stiùir Bòrd na Gàidhlig airson an iomairt #cleachdiaigantaigh a chur air dòigh mar phròg̀ram coileanta de thachartasan air-loidhne do dh'òigridh.
3.11	Tha am fios air ais bhon iomairt #cleachdiaigantaigh air a bhith air leth taiceil, is pàrantan is an òigridh fhèin ga moladh mar dòigh fheumail gus clann a chumail a' dol le cleachdadh na Gàidhlig nuair a tha iad air cothroman den leithid a chall air sgàth dùnadh nan sgoiltean.
4.	**Moladh**
	Thathar ag iarraidh air Buill na Comataidh am fiosrachadh sa phàipear a leughadh agus na pàipearan-taice a thoirt fa-near.
5.	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Chan eil gin ann.

5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Chan eil gin ann.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Chan eil gin ann.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
	Tha obair òigridh na prìomhachas do Bhòrd na Gàidhlig, is tha na gnìomhan a leanas bho Phlana Chorporra 2018-23 air an ainmeachadh co-cheangailte ris a' phrìomhachas sin:
5.4.1	**Cleachdadh na Gàidhlig** • "A' cur ris na th' ann de chothroman do dhaoine òga gus sgilean obrach ionnsachadh agus gus cur ri buaidh eaconamach na Gàidhlig, tro cho-obrachadh le buidhnean iomairt is sgilean" • "A' toirt taic do bhuidhnean is daoine fa leth airson barrachd chur-seachadan, thachartasan is ghoireasan a chur air dòigh, agus feadhainn nas fheàrr, do dhaoine òga agus a' toirt taic do dh'fheadhainn a thèid a chur air dòigh le daoine òga" • "A' cur barrachd chothroman, is cothroman nas fheàrr, air adhart far am bi teaghlaichean a' cleachdadh na Gàidhlig anns an dachaigh aca"
5.4.2	**Ionnsachadh na Gàidhlig** • "A' cur iomairtean air dòigh le luchd-compàirt gus barrachd taic a thoirt do theaghlaichean nuair a tha a' chlann aca aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean"
5.4.3	**Cur air adhart na Gàidhlig** • "Ag obair còmhla ri luchd-compàirt airson iomairtean a dhealbh is a chur an gnìomh a bheir taic do dh'ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig"
5.5	**Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	**AR LUACHAN**
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann is Òigridh	☒
Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☒	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach		☒	

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	Bidh na pròiseactan a tha a Bòrd na Gàidhlig a mhaoineachadh co-cheangailte ri obair òigridh Ghàidhlig a' cur ri cliù na buidhne.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Chan eil gin ann.
5.8	**Buaidhean Laghail**
	Chan eil gin ann.
5.9	**Buaidhean air Co-ionannachd**
	Chan eil gin ann.

Seisean Fosgailte
Cuspair 6.3

5.10	**Buaidhean air an Àrainneachd**
	Chan eil gin ann.

Còd	Sgeama	Buidheann	Pròiseact	Taic-airgid	Sgìre
2021/09	Buidheann Cor	Comunn na Gàidhlig	Iomairtean Gàidhlig	£316,200	
2021/09	Buidheann Cor	Comunn na Gàidhlig	Prògram Nàiseanta	£20,000	
2021/10	Buidheann Cor	An Comunn Gàidhealach	Mòdan Ionadail	£5,000	
2021/14	Buidheann Cor	Fèisean nan Gàidheal	Fèis Sgoil	£60,000	
2021/14	Buidheann Cor	Fèisean nan Gàidheal	Sgoil Samhraidh Drama	£20,000	
2021/22	Buidheann Cor	Cànan Graphics Studio	FilmG 2020/21	£19,000	
2021/31	Tabhartasan C	Social Enterprise Academy	Gaelic-medium Dragon's Den	£4,850	A' Ghàidhealtachd
2021/37	Tabhartasan C	Sabhal Mòr Ostaig	Seachdain Teaghlaich	£8,000	A' Ghàidhealtachd
2021/38	Tabhartasan C	Àrd-sgoil Greenfaulds	Cultar Beò ann am Flòdaigearraidh	£3,200	Siorrachd Lannraig a Tuath
2021/39	Tabhartasan C	Urras Leabhraichean na h-Alba	Gaelic Bookbug Primary 1 Teacher Resource Kit	£1,000	Dùn Èideann
2021/48	Tabhartasan C	SPFL Trust	4-4-2 Dùbhlan Leughaidh	£5,000	Glaschu
2021/54	Tabhartasan C	sruth-mara	Oir nan Speur	£1,000	Na h-Eileanan Siar
2021/58	Tabhartasan C	Comhairle nan Leabhraichean	Farpais-sgrìobhaidh Colmcille 1500	£2,500	Glaschu
2021/60	Tabhartasan C	Comunn na Gàidhlig	Spòrs Gàidhlig 2021/22	£45,000	A' Ghàidhealtachd
2021/63	Tabhartasan C	Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig	Bìog Ort	£8,000	Na h-Eileanan Siar
2021/68	Tabhartasan C	Comhairle nan Eilean Siar	Seiseanan Gàidhlig tron Tairgse Nàiseanta	£10,000	Na h-Eileanan Siar
2021/69	Tabhartasan C	Comhairle nan Eilean Siar	Stòiridhean na Clionne Bige	£16,500	Na h-Eileanan Siar
2021/72	Tabhartasan C	Fèisean nan Gàidheal	Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar	£40,000	Na h-Eileanan Siar
2021/75	Tabhartasan C	Comunn na Gàidhlig	Taic sgìreil a bharrachd a' leantainn buaidh COVID-1	£172,218	A' Ghàidhealtachd
2021/78	Tabhartasan C	Oilthigh Obar Tatha	Kilted Otter Initiative	£15,000	Dùn Dè
2021/216	Colmcille	Sgoil Sir E Scott	Sir E Scott School agus Pobalscoil Ghaoth Dobhair	£10,000	Na h-Eileanan Siar
2021/220	Colmcille	Àrd-sgoil Phort Rìgh	Turas Sgoile	£3,000	A' Ghàidhealtachd
2021/IG/CNES	GLAIF	Comhairle nan Eilean Siar	Iomairtean Gàidhlig	£94,300	Na h-Eileanan Siar
2021/IG/EGB	GLAIF	Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid	Iomairtean Gàidhlig	£34,000	Earra-Ghàidheal is Bhòid
2021/IG/GL	GLAIF	Comhairle Baile Ghlaschu	Iomairtean Gàidhlig	£15,500	Glaschu
2021/IG/DE	GLAIF	Comhairle Baile Dhùn Èideann	Iomairtean Gàidhlig	£15,500	Dùn Èideann
2021/3009	GLAIF	Comhairle na Gàidhealtachd	Birth to Three Strategic Partnership	£45,000	A' Ghàidhealtachd
2021/3010	GLAIF	Comhairle na Gàidhealtachd	Prògram Taic BSGP	£6,000	A' Ghàidhealtachd
2021/3011	GLAIF	Comhairle na Gàidhealtachd	Ball-coise Gàidhlig	£3,000	A' Ghàidhealtachd
2021/3012	GLAIF	Comhairle na Gàidhealtachd	Èideadh na Sgeòil	£5,000	A' Ghàidhealtachd
2021/3024	GLAIF	Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an	Promoting development & expansion of Gaelic edu	£7,500	Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Iar
2021/3025	GLAIF	Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an	Promoting Gaelic usage in the community, especial	£15,000	Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Iar
2021/3027	GLAIF	Sabhal Mòr Ostaig	Tachartasan do Dheugairean	£10,000	A' Ghàidhealtachd

Còd	Sgeama	Buidheann	Pròiseact	Taic-airgid	Sgìre
2021/3035	GLAIF	Comhairle nan Eilean Siar	Sgeama Greis Gnìomhachais nan Oileanaich	£11,600	Na h-Eileanan Siar
2021/3040	GLAIF	Comhairle nan Eilean Siar	Gaelic Youth & Communities Programme	£25,000	Na h-Eileanan Siar
2021/3042	GLAIF	Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath	Gaelic Development Officer	£30,000	Siorrachd Lannraig a Tuath
2021/3050	GLAIF	Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath	North Lanarkshire Gaelic Promotional Video	£3,100	Siorrachd Lannraig a Tuath
2021/3055	GLAIF	Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid	Furan Gaelic Centre, Oban	£15,000	Earra-Ghàidheal is Bhòid
2021/4001	Taic Freumhan	Àrd-sgoil Gheàrrloch	Spòrs Gàidhlig - Geàrrloch	£750	A' Ghàidhealtachd
2021/4006	Taic Freumhan	Comann nam Pàrant Peairt	Gaelic Club (After School)	£3,000	Peairt is Cheann Rois
2021/4007	Taic Freumhan	Air Ghleus	Air Ghleus	£3,000	Earra-Ghàidheal is Bhòid
2021/4008	Taic Freumhan	An Comunn Gàidhealach - Meur Loch Aba	Club a' Mhòid	£1,900	A' Ghàidhealtachd
2021/4010	Taic Freumhan	Battle of Prestonpans [1745] Heritage Tru	Sharing & Developing the Gaelic Cultural Legacy of	£3,000	Lodainn an Ear
2021/4012	Taic Freumhan	Àrd-sgoil Uallais	Gàidhlig Spòrsail	£700	Sruighlea
2021/4013	Taic Freumhan	Taigh Dhonnchaidh	Mòd Club	£2,300	Na h-Eileanan Siar
2021/4014	Taic Freumhan	Urras Baile Fhlòdaigearraidh	Clàraidhean thar-ghinealaichean	£3,000	A' Ghàidhealtachd
2021/4015	Taic Freumhan	Bun-sgoil Ghàidhlig Ghleann Dàil	Turas Sgoilear Spòrs Gàidhlig	£1,400	Glaschu
2021/4016	Taic Freumhan	Comann Ceilteach Oilthigh Dhùn Èideann	Turas don Ghàidhealtachd	£1,700	Dùn Èideann
2021/4018	Taic Freumhan	Iomain Cholmcille	Iomain Ghàidhlig	£5,000	A' Ghàidhealtachd
2021/4019	Taic Freumhan	Dannsairean Màiri	Dannsa agus Ceòl na Mara	£500	Na h-Eileanan Siar
2021/4021	Taic Freumhan	Ard-sgoil Sheumais Ghilleasbuig	Fàire – Co-labhairt Òigridh nan Gàidheal	£2,000	Dùn Èideann
2021/4025	Taic Freumhan	Comunn Gàidhealach an Òbain	Mòd Acadamaidh an Òbain	£3,000	Earra-Ghàidheal is Bhòid
2021/4033	Taic Freumhan	Comann nam Pàrant an Òbain	Bun-sgoil Achadh na Creige Spòrs Gàidhlig trip	£150	Earra-Ghàidheal is Bhòid
2021/4035	Taic Freumhan	Fèis Inbhir Narainn	Junior Gaelic Choir	£1,000	A' Ghàidhealtachd
2021/4036	Taic Freumhan	Comann nam Pàrant Dùn Èideann & Loda	Supporting the development of GME in Edinburgh	£2,500	Dùn Èideann
2021/4039	Taic Freumhan	Urras Dìleab an t-Siorraidh	Dìleab mu Dheas	£1,000	Na h-Eileanan Siar
2021/4041	Taic Freumhan	ArtsPlay Highland	Music Matters	£4,200	A' Ghàidhealtachd
2021/4043	Taic Freumhan	Àrd-sgoil a' Phluic	Prògram 2020/21	£1,500	A' Ghàidhealtachd
2021/4044	Taic Freumhan	Alness Academy	Spòrs Gàidhlig	£70	A' Ghàidhealtachd
2021/4050	Taic Freumhan	Fèis Obar Dheathain	Prìomh Fhèis	£2,300	Obar Dheathain
2021/4051	Taic Freumhan	Comann nam Pàrant Chomhghall	Comann nam Pàrant Chomhghall	£5,000	Earra-Ghàidheal is Bhòid
2021/4055	Taic Freumhan	Bun-sgoil Bògha Mhòir	Turas Gàidhlig	£726	Earra-Ghàidheal is Bhòid
2021/4056	Taic Freumhan	Fèis Ghàidhlig Ghlaschu	Fèis Bheag 2020	£500	Glaschu
2021/4058	Taic Freumhan	Comann nam Pàrant Ghlaschu	Teaghlaichean a' cleachdadh Gàidhlig ri chèile 2020	£2,500	Glaschu
2021/4062	Taic Freumhan	Comann nam Pàrant Port Rìgh	Cuairt gu Ùibhist le Club Òigridh Phort Rìgh	£1,750	A' Ghàidhealtachd
2021/4066	Taic Freumhan	Uig Church of Scotland	Na Daraich Bheaga	£1,000	Na h-Eileanan Siar

Còd	Sgeama	Buidheann	Pròiseact	Taic-airgid	Sgìre
2021/4070	Taic Freumhan	Buidheann Disathairne	Buidheann Disathairne	£5,000	Glaschu
2021/4073	Taic Freumhan	Buidheann Dràma Àrd-sgoil Greenfaulds	Buidheann Dràma Àrdsgoil Greenfaulds	£2,000	Siorrachd Lannraig a Tuath
2021/4074	Taic Freumhan	Àrd-sgoil Greenfaulds	Turas Glenmore	£900	Siorrachd Lannraig a Tuath
2021/4075	Taic Freumhan	Ard-sgoil Sheumais Ghilleasbuig	Turas gu Glenmore	£650	Dùn Èideann
2021/4078	Taic Freumhan	Dòchas Dancers	Summer Gaelic Workshops	£2,400	Na h-Eileanan Siar
2021/4082	Taic Freumhan	Theatar Obrach Gàidhlig-Inbhich (Tog-i)	Dealbh-chluich air Taighean sholuis ann an Alba	£2,500	Glaschu
2021/4083	Taic Freumhan	Fèis Air an Oir	Fèis Mhòr Air an Oir 2020	£1,600	A' Ghàidhealtachd
2021/803	Tràth-bhliadhn	Ceuman Beaga Inbhir Nis	Ceuman Beaga Inbhir Nis	£3,350	A' Ghàidhealtachd
2021/804	Tràth-bhliadhn	Pàrant is Pàiste Pollokshields	Pàrant is Pàiste Pollokshields	£2,000	Glaschu
2021/805	Tràth-bhliadhn	Lochcarron 0-5 Gaelic Group	Lochcarron Gaelic 0-5 Group	£1,300	A' Ghàidhealtachd
2021/806	Tràth-bhliadhn	Cluich Gaelic Toddler Group	Cluich Gaelic Toddler Group (Inbhir Nis)	£2,500	A' Ghàidhealtachd
2021/808	Tràth-bhliadhn	Cròileagan Grianach Pàrant is Pàiste	Cròileagan Grianach Pàrant is Pàiste	£12,250	A' Ghàidhealtachd
2021/809	Tràth-bhliadhn	Comhairle Pheairt is Cheann Rois	Cròileagan Obar Pheallaidh	£4,000	Peairt is Cheann Rois
2021/810	Tràth-bhliadhn	Comhairle Pheairt is Cheann Rois	Cròileagan Pheairt	£6,000	Peairt is Cheann Rois
2021/812	Tràth-bhliadhn	Corragan Beaga Mallaig	Corragan Beaga Mallaig	£2,200	A' Ghàidhealtachd
2021/813	Tràth-bhliadhn	Pàrant is Pàiste Obar Dheathain	Pàrant is Pàiste Obar Dheathain	£3,000	Obar Dheathain
2021/816	Tràth-bhliadhn	Nairn Gaelic Parent & Toddler Group	Buidheann Paisdean Inbhir Narainn	£5,800	A' Ghàidhealtachd
2021/817	Tràth-bhliadhn	Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an	Seiseanan Tràth Bhliadhnaichean	£2,000	Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Iar
2021/818	Tràth-bhliadhn	Cròileagan an Ath Leathainn	Cròileagan an Ath Leathainn	£5,000	A' Ghàidhealtachd
2021/822	Tràth-bhliadhn	Ionad Chaluim Chille Ìle	Bogha Frois Ìle	£2,000	Earra-Ghàidheal is Bhòid
2021/826	Tràth-bhliadhn	Comann nam Pàrant Port Rìgh	Cròileagan agus Rionnagan Beaga Phort Rìgh	£12,000	A' Ghàidhealtachd
2021/828	Tràth-bhliadhn	Clann Trang Cille Bhrìde an Ear	Clann Trang	£750	Siorrachd Lannraig a Deas
2021/905	Maoin COVID	An Comunn Gàidhealach - Meur Loch Aba	Loch Abar Digital Mòd	£2,000	A' Ghàidhealtachd
2021/906	Maoin COVID	Fèis Arainn	Rudan Spòrsail agus Stoiridhean aig Fèis Arainn air-	£480	Siorrachd Àir a Tuath
2021/909	Maoin COVID	Comhairle na Gàidhealtachd	Ath-shlànachadh Cànan na Gàidhlig	£4,500	A' Ghàidhealtachd
2021/910	Maoin COVID	Comhairle Aonghais	Digital/cultural support	£8,000	Aonghas
2021/912	Maoin COVID	Co-Roinn Ghàidhlig Mhuile agus Idhe	An Comann Òigridh	£1,200	Earra-Ghàidheal is Bhòid
2021/914	Maoin COVID	Bun-sgoil Beinn Chamshròin	Gàidhlig san Dachaigh	£3,500	Siorrachd Lannraig a Deas
2021/915	Maoin COVID	Artsplay Highland	Seinn air-loidhne	£3,000	A' Ghàidhealtachd
2021/922	Maoin COVID	Dannsairean Màiri	Gàidhlig, Dannsa is Ioga	£3,000	Na h-Eileanan Siar
2021/926	Maoin COVID	Comhairle nan Eilean Siar	Taic Obar-dachaigh	£4,000	Na h-Eileanan Siar
2021/927	Maoin COVID	Comhairle nan Eilean Siar	e-Cèilidh nan Òg	£2,500	Na h-Eileanan Siar
2021/929	Maoin COVID	Bùrach Gaelic Choir	Bùrach 2020	£2,000	A' Ghàidhealtachd

Còd	Sgeama	Buidheann	Pròiseact	Taic-airgid	Sgìre
2021/930	Maoin COVID	Fèis Phàislig	Fèis air-loidhne 2020	£2,000	Siorrachd Rinn Friù
2021/934	Maoin COVID	Àrd-sgoil Phort Rìgh	Sùil air Fàire	£5,000	A' Ghàidhealtachd
2021/939	Maoin COVID	Comhairle Aonghais	Young People and access to Gaelic	£1,000	Aonghas
2021/944	Maoin COVID	Theatre Gu Leòr	Campa Dràma agus Spòrs	£2,000	Glaschu
2021/945	Maoin COVID	Comunn na Gàidhlig	Prògram Sàmhraidh Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu	£3,000	Glaschu
2021/9101	Maoin COVID	Bun-sgoil Chon-Dobharait	Bothan Beag a Ghàidhlig	£775	Siorrachd Lannraig a Tuath
2021/9102	Maoin COVID	Cròileagan Grianach Pàrant is Pàiste	Còmhla ri Caraidean	£3,500	A' Ghàidhealtachd
2021/9105	Maoin COVID	An Comunn Gàidhealach - Meur Loch Ab	Loch Abar Digital Mòd	£3,000	A' Ghàidhealtachd
2021/9109	Maoin COVID	Artsplay Highland	Seinn 's Cluich air-loidhne	£5,000	A' Ghàidhealtachd
2021/9110	Maoin COVID	Comhairle nan Eilean Siar	Taic Obar-dachaigh	£6,000	Na h-Eileanan Siar
2021/9113	Maoin COVID	Oilthigh Srath Chluaidh	Inclusive and accessible Salters' Institute Chemistry	£1,000	Glaschu
2021/9115	Maoin COVID	Comann nam Pàrant (Steòrnabhagh)	Eco resources, outdoor play & learning	£5,000	Na h-Eileanan Siar

Seisean Fosgailte : Open Session
Cuspair 7.1

A' freagairt ri	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-latha na Coinneimh	18/05/2021
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	7.1

Tiotal a' Phàipeir	Plana obrach na Comataidh	
Moladh do Bhuill	Ri Aontachadh	
Neach labhairt:	Shona NicIllinnein, Ceannard	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	07/05/2021	Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 Plana obrach	

1.0	**Adhbhar**
1.1	Gus pròg̀ram-obrach na Comataidh aontachadh
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Tha pròg̀ram-obrach aig an dà Chomataidh agus aig a' Bhòrd-stiùiridh aig BnG. Tha iad feumail ann am planadh agus ann an dearbhadh gun tèid na cuspairean iomchaidh is cunbhalach air beulaibh choinneamhan.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Tha atharrachaidhean sa phlana obrach mar a leanas: A h-uile Coinneamh - Puingean Stèidhichte: • Taisbeanadh bho bhuidhnean lìbhrigidh Deagh Riaghladh: • Suirbhidh Luchd-obrach – a' tighinn dhan Chomataidh san t-Sultain seach san t-Samhain leis gum bi an aithisg deiseil nas tràithe na bhathar an dùil. • Èifeachdas na Comataidh is Aithisg Bhliadhnail na Comataidh – cha robh an dà rud seo air a' phlana obrach ach 's e cùisean cunbhalaich a th' annta. Ionnsachadh: • Àireamhan luchd-teagaisg ùra – chaidh oileanaich teagasg a chur ris; agus chaidh seo a ghluasad air ais chun na Samhna leis nach bi na h-àireamhan rim faighinn gus às dèidh an t-samhraidh. Puingean ad hoc: • Buaidh bho aontaidhean 3-bliadhna – leis gum bi beachdachadh air sin a dhìth mus bi co-dhùnaidhean ann air cùmhnantan ùra.
4.0	**Moladh**
4.2	Aonta a chur ris a' phlana obrach mar a tha e.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas** Chan eil buaidh ann.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach** Bidh am plana obrach a' toirt stiùir dhan sgioba air an obair a tha a dhìth airson aithisgean a chur chun na Comataidh.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh** Chan eil buaidh ann.

5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachdail agus Corporra** Tha am pàipear seo a' cur ris an amas gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann	☐
Cultar	☐	Coimhearsnachdan	☐
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☐	Eaconamaidh	☐
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach		☒	

5.6	**Buaidhean air Cliù** Tha e cudromach do chliù na buidhne gu bheil siostaman ann a bhios a' dearbhadh gu bheil deagh riaghlaidh aig a' bhuidhinn.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd** Chan eil buaidh air slàinte is sàbhailteachd
5.8	**Buaidhean Laghail** Bidh am plana obrach a' cur ri coileanadh nan dleastanasan reachdail agus deagh riaghlaidh aig BnG.
5.9	**Buaidhean air Co-ionannas** Cha bhi buaidh air co-ionannas
5.10	**Buaidhean air an Àrainneachd** Cha bhi buaidh air an àrainneachd.

Seisean Fosgailte
Cuspair 7.1

A' CHOMATAIDH POILEASAIDH IS GHOIREASAN
Plana Obrach 2021/22 (03/05/2021)

	MÌOS	Gear 2021	Màrt 2021	Gibl 2021	Cèit 2021	Ògmh 2021	Iuch 2021	Lùn 2021	Sult 2021	Dàmh 2021	Samh 2021	Dùbh 2021	Faoi 2022	Gear 2022
Ceann-latha Coinneamh na Comataidh					**18mh**				**1mh**		**9mh**		**26mh**	
A h-uile Coinneamh Puingean Stèidhichte	Cùisean Tòiseachaidh / Fàilte													
	Geàrr-chunntas na Coinneimh mu Dheireadh													
	Clàr Ghnìomhan								√		√		√	
	Sùil air a' Phlana Obrach				√									
	Leirmheas air a' choinneamh													
	Taisbeanaidhean													
Deagh Riaghladh	Poileasaidhean Daonna				√				√		√		√	
	Suirbhidh luchd-obrach								√		~~√~~			
	Ro-Innleachd ICT								√					
	Ùrachadh Bun-Riaghailtean na Comataidh				√								√	
	Èifeachdas na Comataidh				√									
	Aithisg Bhliadhnail na Comataidh				√									
	Dàta daonna				√									
	Slàinte is Sàbhailteachd				√									
	Aithisg Bhliadhnail								√					
	Sgrùdadh Ràitheil den Phlana Gnìomh 2020/21				√				√		√		√	
Ionmhas	Aithisg Ràitheil air Ionmhas				√				√		√		√	
	Tabhartasan eadar £50,001 agus £100,000				√				√		√		√	
	Plana ionmhais meadhan-ùine				~~√~~								√	
	Buidseat bliadhnail								√				√	
	Annual Procurement Report				√									
Cleachdadh	Planaichean Gàidhlig				√						√		√	
	Amasan Àrd-ìre				√						√		√	
	Adhartas nam prìomh bhuidhnean lìbhrigidh												√	
	Molaidhean taic-airgid nam prìomh bhuidhnean												√	
	Adhartas le cuir an gnìomh nam planaichean													
Ionnsachadh	Àireamhan foghlam – clann is inbhich										√			
	Àireamhan luchd-teagaisg ùra & oileanaich teagaisg				~~√~~				√					
	Adhartas air foghlaim àrd-sgoile				√						√		√	
	Adhartas air a' Trusadh agus a' Glèidheadh luchd-teagaisg				√								√	
Puingean Ad Hoc	Buaidh bho thaic BnG air obair òigridh				√									
	Buaidh bho aontaidhean 3-bliadhna										√			